I 3711 8
I 382 Indexed

Rev. Roderick MacCowan
Killarlity
Inverness shire

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

# ORAIN
# GHAIDHEALACH.

ENTERED IN

STATIONERS HALL,

According to Act of Parliament.

# ORAIN

# GHAIDHEALACH.

LE

DONNCHADH MACANTSAOIR.

2d Edition

Clo-bhuailt' ann

DUNEIDIUNN,

Gu feim an Ughdair.

M.DCC.XC.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
11 NO
1949

TO THE

RIGHT HONOURABLE

# JOHN CAMPBELL,

EARL OF BREADALBANE AND HOLLAND,

DEPUTY-GOVERNOR OF THE BRITISH SOCIETY

FOR EXTENDING THE FISHERIES,

VICE-PRESIDENT OF THE HIGHLAND SOCIETY

AT EDINBURGH,

*&c. &c. &c.*

THE FOLLOWING

COLLECTION OF GAELIC POEMS

ARE RESPECTFULLY INSCRIBED,

BY HIS LORDSHIP'S MUCH OBLIGED

AND MOST OBEDIENT HUMBLE SERVANT,

DUNCAN M^cINTYRE.

DUNCAN M'INTYRE, Author of the following Poems, was born in Glenorchy, Argyleſhire, in the year 1724. The only amuſement of his youth was fowling and fiſhing. He was for ſome time in the army: Afterwards a Foreſter to the Right Honourable the Earl of Breadalbane, in Coire-Cheathaich and Beinn-Dourain; and thereafter to his Grace the Duke of Argyle, in Buachill-Eite. He was likewiſe, for a conſiderable time, in the City-guard of Edinburgh.—He began to compoſe Songs in the twenty-third year of his age.—Though he has received no education, nor been aſſiſted by any perſon, yet the following Songs, &c. are wholly of his own compoſition.

# AN CLAR.


| | | |
|---|---|---|
| ORAN do bhlar na h Euglais brice | - | 1 |
| Oran do Thailbcart a bha aig Ban-ri Mairi | | 6 |
| Oran do'n Mhusg | - - - | 10 |
| Oran do'n Righ | - - - | 13 |
| Oran do Mhorair Ghlinn-urchaidh | - | 19 |
| Coir'-a-cheathaich | - - - | 27 |
| Cumhadh Choire-cheathaich | - - | 33 |
| Oran seacharan seilg | - - | 39 |
| Oran do Ioin Caimbeul a' bhanc | - | 42 |
| Oran Ghlin-urchaidh | - - - | 49 |
| Oran an t Samhraidh | - - | 52 |
| Oran do Chaiptean Geard Dhuineidin | - | 61 |
| Oran an Taileir | - - - | 67 |
| Cumha' Ghileaspaig Achaladoir | - | 74 |
| Cumha' Chailein Glinn-iuthair | - - | 79 |
| Marbh-rann coilich | - - - | 86 |
| Oran, mar gun deanadh Nian e do Niain eile | | 90 |
| Oran Beinn-Dourain | - - | 92 |
| Oran do Cheile Nuadh-phoisde | - - | 110 |
| Oran do leanabh-altrom | - - | 116 |

*Oran gaoil* - - - 119
*Oran sugraidh* - - - 122
*Oran do chaora a fhuaradh a ghibht o mhnaoi uasail arraid* - - - 127
*Oran luaidh* - - - - 137
*Oran do Ghunna ga nainm Nioc-Coiseam* 141
*Oran Duthcha* - - - 144
*Oran Alistair* - - - 147
*Oran do'n tseann Fhreacadan Ghaileach* 148
*Oran do Reisimeid Earra-ghael* - 152
*Cumhadh Iarla Bhraid-Albann* - 156
*Oran do'n Eideadh Ghaelach* - 161
*Oran, na'm Fineachan a fhuair Fearann o'n Ri* - - - 165
*Oran a Bhotail* - - 171
*Oran a Bhranndi* - - 176

---

*RANN do'n Pha'adh* - - 176
*Rann Arm* - - - - - 177
*Rann do'n Ghae'lic 's do'n Phiob mhoir bliadhna*, 1781 - - 180
*Rann do'n Ghae'lic 's do'n Phiob mhoir bliadhna*, 1782 - - 183

XI.

An cloidheamh braoiſgeach, bh'aig na daoine
Nach d'rinn caonag 's nach d'thug buillean,
Cha ro eugas air an t ſaoghal,
'S mairg a ſhaoruich leis an cumeaſg;
An cloidheamh duth air an ro 'n taimhleas
Gun chrios, gun chrambait, gun duille,
Gun ruinn, gun fhaobhar, gun cheanbheart,
'S mairg a tharladh leis an cunthart.

XII.

Thug mi lium an cloidheamh bearnach,
'S b'olc an an aſuig e ſa' chabhaig,
Bhi ga ghiulan ar mo ſhliaſuid;
'S mairg mi riamh a thug o'n bhail é,
Cha toir é ſtobadh na ſathadh,
'S cha ro é laidir gu gearradh
Gu'm b'e diuthadh a bhuill airm é,
'Se air meirgeadh air an fharadh.

XIII.

Chruinnich uaiſlean Earraghaidheal,
Armailt laidir do mhiliſi, [lach,
'S chuaidh iad mu choinnimh Phrionns' Tear-
'S duil aca r'a champ a bhriſteadh;
S ioma fear a bh' ann ſan ait' ud
Nach ro ſabhailt mur bha miſe,
A'mhead ſa dhfhag ſinn an ſan áraich,
La blár na h Eaglais brice.

## ORAN II.

*Oran do Thailbeart a bha aig Ban-ri Mairi.*

I.

DEOCH ſlainte Ri Deorſa,
Gu'n olainn ar thus,
Le onoir 's le buaidh
Nan daoin uaiſl' tha na chuirt,
Le Seanalair Hawley,
As Maidſear Cochun,
Gun di' chuimhn' air Mairi,
Bean mhálta mo ruin.

II.

Mo bheannachd gu bráth
Aig a Bhan-ri nach beo;
'San aic' a bha Mairi,
G'a h árach 's i og;
Bean ſhiobhalta, ſhamhach,
'S i nárach gu leor:
'Nuair theid mi 'n tigh thairne,
'Si phaigheadh mo ſtóp.

III.

'Stu chumadh an co'throm
'S an onoir 'ud rium,
'S a chuireadh a'm ſporan,
Na dollair 's na crúin,
Ged' a dh' ólainn leann laidir,
Fion Spáinteach as rúm;
'S tu b' urrain a phaigh,
'S tu 'n ait air mo chúl.

IV.

Nuair thiginn leat dathigh,
Thar faithch' an rabhiu,
'S tu sínnt ann am bhreacan,
Bu taitneach leam thu;
Gu'n deanuin do thaſguidh,
Far am faicinn do ghnuis,
Mo Mhairi dhonn mhaiſeach,
Air 'n do leag mi mo rún.

V.

'S ann do nian na Ban-rì
Thug mi grádh as mi óg,
O'n a fhuair mi air laimh i,
Cha ro faillin a'm lón;
Fhuair mi coir ort o'n chaiptein,
Nach tugainn ſeachad air ór,
'S ge do rachuin am blár leat,
Cha 'n fhágain thu beo.

VI.

'S ann a fhuair mis' an toiſeach,
Leis an fhortan a bh' ann,
A bhean as diriche pearſa,
Theid a mach ſa' chommand;
'S a dh'aindeoin na h aoiſe,
Cha dean i h aogas a chall,
Cha chaoluich a caſan,
'S cha mho ghlaſas a ceann.

VII.

Tha Mairi cho boigheach
Ri mnaoi oig a tha 's tír,
'S i gun uireaſbhuidh foghluim,
Uaſal, mordhalach, grinn;
'Se m' aidhir 's mo ſhólas,
Gu'm bheil i póſda rium fhin,
'S ge 'd a thearuig dhuinn ſtóras,
Gheibh ſin ór aig an Ri.

VIII.

Bi ſinn uil' aig Ri Deorſa,
'S cha ghóruiche dhuinn;
O's ann aige tha' n ſtóras
As cóir air a chrún;
Bheir é 'm paigh 'nar dorn duinn,
'S cha 'n iar é oirn dad g'a chion,
Gheibh ſinn anart as aodach
Co ſaor ris a bhúrn.

IX.

Cha 'neil triobloid r'a chunntas,
Air muintir an Ri,
Ach miorag as ſugradh,
'S bi gun churam do ni ;
Ged' a dh' ólainn na galain,
A h uile car a theid diom,
Cha troideadh mo bhean rium,
'S cha leig i an t aran am dhi.

X.

'S ann agams' tha 'n leannan,
Nach 'eil feammach na brein,
'Si 'n uaiſl' tha na mala,
Tha cuir a ceanail an geil,
'S tha mi fad an am barail,
Nach 'eil a coimeas fu' 'n ghrein,
'S ni mi pórſan dith daingean,
Mu bhios i mairthean a'm dheigh.

## ORAN III.

*Oran do 'n Mhusg.*

I.

'SIOMADH car a dh'fheudas tighn air na fearaibh
Is theag' gu'n gabh iad gaol air an té nach fhuigh
iad, [mi,
Thug mi fichead bliadhna do'n chiad té ghabh
Is chuir i 'rithist cúl rium, is bha mi folamh.

II.

Is thainig mi Dhun-eudan a dh'iarraidh lean-
nain, [bhaile,
Is thúirt an Caiptin Caimbeul, 's é 'n geard a
Gu'm b'aithne dha bantrach ann áite falaich,
Is gu'n deanadh é áird air a cur a'm 'charaibh.

III.

Rinn é mar a b' amhaist co'mhaith 's a
ghealladh,
Thug é dhamh air laímh i, 's am páidh marri;
Is ge b'e bhios a feóraich a h ainm no floinneadh,
Their iad ria Seónaid, 's b'e Deorsa fean-aír.

IV.

Tha i ſoitheamh, ſuairce, gun ghruaim, gun
ſmalan,
Is i cho' árd ann uaiſle re mnaoi ſan fhearan,
Is culaidh a m' chumail ſuas i, o'n tha i marrium,
Is mór an t' ádh'r ſmuairein do'n fhear nach
fhuigh i.

V.

Leig me dhiom Nic-cóſhum ge d'tha i mair-
thean,
Is leig mi na daimh chrocach an taobh bha 'n ſaire,
Is thao' mi ris an og mhnaoi, 'ſann lium nach
aithreach,
Cha n'eil mi gun ſtóras on phós mi 'n ainnir.

VI.

Bheir mi fhein mo bhriathr' gu bheil i ro-
mhaith,
Is nach d'athinich mi riamh orra cron am falach,
Ach gu foinneamh, finealta, díreach, fallain,
Is i gun gháoid, gun ghiomh, gun char fiar,
gun chamadh.

VII.

Bithidh i air mo ghiulan, 's gur maith an airidh,
Ni mi fhein a ſgúradh gu maith 's a glanadh,
Chuirinn ri' an t uilleadh ga cumail ceanalt,
Is cuiridh mi ri m' ſhuil i, 's cha diult i aingeal.

VIII.

'Nuair bhios cion an ſtórais air daoinibh ganna,
Cha leigeadh nian Deorſa mo phoca folamh;
Cumaidh i rium ól ann ſna tighibh leanna,
'S páidh i gach ſtópan a ni mi cheannach.

IX.

Ni i mar bu mhian leam a h uile car dhamh,
Cha 'n innis thi breug dhamh, no ſgeul am mearachd; [lium,
Cumaidh i mo theaghlach có-maith 's bu mhaith
Ge nach dean mi ſoathair no obair ſhalach.

X.

Sgíthich mi ri gniomh, ge nach d'rinn mi earras, [ſgaloig,
Thug mi boid nach fhiach leam bhi ann a'm
Sguiridh mi g'am phianadh, o'n thug mi 'n aire,
Gur th' é' n duine diamhaoin is fhaide mhaireas.

XI.

'Si mo bheanag ghaolach nach dean mo mhe-alladh,
Foghnuidh i dhamh daonan a dheanamh arain;
Cha bhi fáilliun eadaich orm no anart,
'S chuaidh curam an tſaoghail a nois' as m'aire,

## ORAN IV.

*Oran do'n Righ.*

I.

'Si deoch ſlaint' an Righ as áil linn,
Sin an ioc-ſhlaint aluinn, uaſal,
Bhi ga h ol a dh'fhión na Spainte,
No do phuinſe laidir, uaibhreach,
'Nuair a bhios i air a ſtráchdadh
Co lán 'ſa chumas na cuachan,
Ge b'e lamh an dean i tachairt,
'S coir gu'm faiceadh é muncuairt i.

II.

'S mor an ſonas th' ann ſan ríoghachd,
Ona chuaidh an Ri ſo chrúnadh,
Ann ſan ait' a bh' aig a ſhinns'reachd,
An d'fhuair a ſhéan-ſeanair cóir dhúthchais,
Albainn, as Saſgunn, as Eirinn,
'Nois' a' géileachduin do 'n aon fhear,
Mar nach fhacas iad riamh roimhe
O'n a chothuicheadh air thús aid.

### III.

'S mor an t ádh a th' áir an oig-fhear,
An treas Deors' a ſhuith ſa' chaithir,
Cha neil Ri ann ſan Roinn-eorpa,
Chumas cómhrag ris le cloidheamh;
'S óg a thoiſich é ri cruadal,
'S tha bhuanachd gu tric na lamhan,
Fearann chaich 'ga ſhír thoirt uatha,
'S na h uil' aite fhuair é ghleidheadh.

### IV.

'S iomadh ait' an ro chuid armailt,
Cliutach, ainmeil 'nuair a thairnt' iad
A choiſichin lúthar, calma,
A's troup meamnach nan each laidir;
Bha Eirionnaich, Gaoill, as Sas'naich,
'Nan gaiſgich ann tir an namhaid,
'S mairg a thach'radh air na fearuibh,
'Nuair a theannadh iad ri lamhach.

### V.

Ann ſa h uile cás a's cunthart,
'S mor an t urram fhuair na Gaidhil,
'S bha'as greis ga 'n cuir an duileachd,
Mar nach buineadh iad do'n phairti;
Ach 'nuair fhuair iad mios as creid'eas,
'Sa chreideadh nach deanadh iad failling,
'Siad bu ſheaſmhaich' air an onair
A thug lann ſholais a ſcábart.

VI.

Bha iad bras a h uile latha,
Ri ám catha dol fna bláruibh,
Chuaidh gach duine dhiu air chruadal,
'S ann orra bha buaidh gach lárach,
Bha commifean aig gach oig-fhear,
'S e toirt órdugh d'a bhratailean,
'S iad cho dileas do Ri Deorfa,
'Sa bhiodh na leoghain dha'n cuid álaich.

VII.

Bha chairt-iuil is cuimhl' an fhortain,
Bha feoid a chogaidh gu leir leat;
Ann fa h uile blár a bh' aca,
Rinn Mars na bu choir dha fein deth:
'N ám do loingis bhi 'gan gluafad,
Chuir Æolus fuaim led' bhréidean;
Thug Neptune co-throm a chuain duit,
'S co bha uait a dheanadh feum dhuit.

VIII.

Bha na gearafdain cho daingean,
'S gu'm b' amaideach dol gan feifdeadh,
Aghaidh laidir air gach balla,
Chum nam barag a bhi gleidhteach,
Rampair árd nach reachta thairis,
Bat'raidh 's canain orra gleufda,
Bu mhairg a bhiodh roimh an anail
'Nuair a theannadh iad ri geifgil.

IX.

Gach Ri a thoifich ad' aghaidh,
Ghabh iad mar roghain an diutha,
'S ionan fin 's mur dh'eirich dhaibhfan,
'S mor a chaill iad air a chúis ud,
Thug thu tarruing bhar an Fhrancaich,
'S fhuair thu ceanglaichin a's cumhnant,
Nach togadh é rithifd t'angar,
Mu'n eireadh aimhleas ni bu mho dha.

X.

Bha Ban-ri Hungary górach,
'Nuair a thoifich i ri ftri riut;
'S cha bu ghlice Ri na Spainte,
Thoifich é gu dana mi-mho'il:
Ged' a bha 'n dithifd ud laidir,
'S Ri no dha a bh'ann fna h innfean;
Fhuair thu dhiu gach cuis a dh'iarr thu,
'S tha na fiachan air an dioladh.

XI.

Tha 'n Ri anoís' mar as aill leis,
Sábhailt a dh' fhaodas é luighe,
Tharruing é gu tír a chamhlach,
'S channeil feum air camp a ghléidheadh
Gach duine bha dha 'nan naimhdean,
Chinn iad da 'nan cairdean matha,
'S tha iad uile dha cho díleas,
'S dh' fhuirich an t fiocha' fin fhathafd.

XII.

An ceithir airdean an t ſaoghail,
Tha fearunn as daoin' aig Deorſa,
'S tha chinn-euglais ann ſgach áite
Chum an ſábhaladh ó dho-bheairt,
Tha lagh a's parlamaid aca,
Chumail ceartais riu a's córach,
'S tha mheirl' ann deigh a caſga,
Sguir na creachan a's an tórachd.

XIII.

Bi' a h uile diuc a's iarla,
Mar as miann leo am fad as beo thu,
'S gheibh gach mor-fhear, as gach tighearn',
A h uile dlitheadh as coir dhoibh ;
Tha daon uaiſl', as tuath an fhearuinn
Mar as math leo thaobh an ſtórais,
Tha luchd ceaird a faotain coſnaidh,
'S channeil duine bochd gun phórſan.

XIV.

Tha toradh am fás na talmhuin,
Gu mioſach, ar' arach, pórach,
Chinn ann ſpreidh gu bliochdach, bainn'cr,
Sona, ſliochdór, ſáilleach, feólór,
Tha ſitheann air ſliabh gach garbhluich,
Sealgairean a faotain ſpórſa,
'S tha tighin air iaſg na fairge,
'S paillt an t airgiod ri linn Dheorſa.

XV.

'S mór a rinn e dh' fhearas-tighe,
Sgaoil é h uile matheas oirne,
Chuir é drochaid air gach álltan,
'S réitich é na ráidean-mora;
Chuir é fcoil fa' h uile gleann,
A los gu'm faigheadh ar clann foghlum,
'S gheibh finn airm a's aodach Gaidh'leach,
O 'fe 's fhear linn gu bhi fporfail.

XVI.

'Se as airde do na flaithibh,
'S am mac-ratha o thús oige,
Ceannard laidir fa' h uil' ionad,
Air gach fineadh 's air gach feorfa;
Titul Bhreattain a's na Fraince,
Tha na banntan fin 'na phóchda,
Stoileadh Eirinn, fteibh a' chreidimh,
G'a chumail creid'eafach ann órdugh.

XVII.

Gu meal thu do chrún 's do chaithir,
D' uinein, do chloidh' 's do mhor-chuis,
'S do theaghlach mór, rioghail, cliutach,
'S an lu chairt am bheil thu chomhnuidh;
Ge b'e uair a thig an aois ort,
Na chaochla's tu bhar an t feoil fin,
Gu'm bi do mhac-oighre fábhailt,
Ann ad' aite mar is coir dha.

## ORAN V.

*Oran do Mhor-fhear Ghlinn-urchaidh.*

I.

SGEUL a b' ait leam r'a innſeadh,
Mu'n og aigeannach, riomhach,
Laoineach, bhaſdalach, phriſeil,
Chaoineil, mhacanta, ſhiobhailt,
A rinn gach beart a bha rioghail,
Ann an ceartas 'ſ'am firinn,
O thoiſeach na ſtri' ſo thainig:
O thoiſeach, &c.

II.

'S ioma ait' am bheil cliu ort,
Nach ro 'm pairti do dhuthcha,
Sheas thu dána gun chúram,
Gun fhailing, gun lúbadh,
Gu neo'-ſgáthach le dúrachd,
Ann ſan aite bu rún leat,
Far na gheall thu o thús a bhi cairdeach:
Far na gheall, &c.

III.

'S ann ám gluaſaid, na carraid,
Bha thu cruadalach, fearail,
Mar bu dual duit o d' ſheanair,
Choiſinn buaidh ann an Gallaibh,
'Nuair a bhuanaich é 'm fearann,
Bha na tuadhaich gun anam,
'N deis an ruagadh 's an gearradh ſan arfhaich':
'N deis, &c.

IV.

Laoich ghleuſda gun tioma,
Bu mhór feum ann ſan iomairt,
Nach geilleadh le giorag,
Fhuair iad réite le milleadh,
'S cha b'i 'n eacoir a ſhir iad;
'S mor d' fheums' air bhi ſgileil,
O 's tu fhein a tha 'n ionad nan armann:
O 's tu, &c.

V.

Sár cheannard gach ſin' thu,
Deagh mhaighiſdir nan gillean,
'S an commandair gun tioma,
An tús ai'-reit no iomart,
Nach dean parladh a ſhireadh
Le d' lanndaibh geur, biorach,
Bhiodh caldach as iomain air nambaid;
Bhiodh, &c.

VI.

'S bidh do chinne mor fhein leat,
Ann ſgach cunn'art an d'theid thu,
'S iad gu fuileachdach, feumail,
Bhualadh bhuilean as ſpéicean,
'S lionar curaidh 'na eideadh,
Bhi'os ullamh gu eiridh,
An ám dhuit bhi 'g eubhach crois-taraidh:
Ann ám, *&c.*

VII.

'S ioma caraid muncuairt duit,
Eadar Bealach a's Cruachan,
Leis 'm bu mhath thu bhi 'n uachdar
Le neart tein' agus luaidhe,
'S nan lann tana, geur, cruaidhe,
Rachadh marriut g'am bualadh,
'Nuair a thogadh tu ſuaicheantas árda:
'Nuair, *&c.*

VIII.

'S 'nuair a ſgaoilte do bhratach,
Ri crann caol, direach, ſnaighte,
Oſcionn dhaoin' air an fhaiche,
Chluinte gleoghraich nam marcach,
Bu ghraodhnaiche tartar;
Na cinn-fheadhna 's na gaiſgich
Le maoim-bheirt' amach leo buaidh lárach:
Le maoim, &c.

IX.

Reacar, ardanach, morchuis,
Duineal ceanſalach, ſeólta,
Marcach árd, nan each móra,
Bu mhor ſrann, 's bu mhaith foghlum;
Faſan Gallta gu leoir ort,
'S maith thig ád a bhil oir dhuit,
Air chúl clannach bu bhoidhche meaſg Ghaidheal;
Air chúl, &c.

X.

Aghaidh mhacanta, chaoineil,
Mhálta, mheachair mar mhaighdin,
Dána, ſmachdail mar ſhaighd-fhear,
Cridhe ſoilleir gun fhoill
Ann ſa chomb is gloine na 'n doimein,
D' aigne uile le ſoiſle,
Mar ghrian chaoineil a boiſgeadh air fáireadh
Mar ghrian, &c.

XI.

Suairce, ſíobhallta, fearail,
Suil liondach, ghorm, mheallach,
Bu chaol, finealta mala
Gruaidh, ghrís-dhearg, channach,
Beul bí a bu taine,
Cneas mín-gheal mar chanach,
Channeil ti a thug barrachd air d'ailleachd;
Channeil, &c.

XII.

Fhuair thu urram gach cúiſe,
On a b' urrain thu ghiulan;
'Nám ſuithe na cúirte
Far 'm bu lion'ora diŭcan,
Bu riomhach do dhiuti,
Bhi caradh a chruin,
Air an Ri d'am bhuil duthchas an aite;
Air, &c.

XIII.

Sár chuirteir na maiſe
Dh'an ro cliu air gach faſan,
Fhuair iul ann an Saſgon
Air na cuiſeannuibh tagraidh,
'Se do thúr a bha beacail,
Tha 'n duthaich lán aitis
On a thainig thu dhathigh le failte:
On a, &c.

XIV.

Sar phoiteir an fhion thu,
'S tu dh' óladh 'ſa dhioladh;
Fhuair thu foghlum gach rioghachd,
Meoir is grinne ni ſgriobhadh,
Bu tu ſealgair na ſithne
Led' chuileabhair caol direach,
'Nuair a tharla' tu 'm fri' nam beann árda:
'Nuair, &c.

XV.

Ann ám dhuit bhi taoghal
Ann ſa' bheinn am bi 'n fhaodhailt,
Leat bu mhiannach a ghreadhain,
Fuaim mhioſar ri h aodhairc,
Gunna glaice do roghainn,
Gairm ghallanaich gaothair,
'Nuair a rachadh é 'n diaigh ſir craice:
'Nuair, &c.

XVI.

'S 'nuair a loiſge tu 'm fúdar,
Leis a ghunna nach diultadh,
Bhiodh na peilearan du'-ghorm,
Le teine 'gan ſtiu'radh
Ri h eilid na ſtuice,
'S bhiodh a ceireannan bruite,
As do ghillean 'ga giulan a faſach:
As do, &c.

XVII.

'S 'nuair a thearnda' gud' bhaile,
Mu oidhche le faram
Bu ghleoghrach an talla,
Tur greadhnach ſin Bhealaich
Mór chaoimhneas air d'aire
Bhiodh loinn air luchd ealaidh
Leis an ſeinnte gach caithream a b' ail leat:
Leis, &c.

XVIII.

Mu chroma' na greine
'Nuair a dhonnadh na ſpeuran,
Gheibhte ſollain as aoibhneas,
Ann tigh ſoilleir na feile,
Gach ceol bu bhinne r'an eiſdeachd,
Co'-fhreagairt a cheile
An fhiadhal, 's na teudan, 'ſa chlárſach:
An, &c.

XIX.

Maduin ſhoileir ag eiridh,
Gheibhte chomaine cheudna,
Piob am follais 'ga ſpeiceadh
Feadain loma 'gan gleuſadh,
Doſa donna ri beus doibh,
Ceol loinneil bu reithe,
Sír chaithe' na feaſd' ann adt áros:
Sír, &c.

XX.

'Si an trompaid 's na h'oragain,
Bu ghlan prondol as monmor,
'Nuair a lomda gach corra-mheur
Nach bu trom air an t ſorachan,
Bu phuncail an toraman,
Gu fonnarach, foirmeil,
Ann an teaghlach a mhorſhir ri ábhachd:
Ann, &c.

XXI.

Talla flaitheasach, rioghail,
A'n ro maitheas, gun mhi-run,
Gheibht' ann tadhaich gu lion'ar,
Do mhaitheamh na rioghachd,
Seol air caithe' an fhiona,
Uisge beatha ann am piosan,
A sír ghabhail sios nan deoch slainte:
A sír, &c.

XXII.

Mar bu mhiannach leat fhaicin,
Bhi gu fialaidh mar chleachd thu,
Miosail, miaghail, gun airceas,
Uaisl' as riomhadh as fasan;
Or lion'ar g'a sgapadh,
Cluiche dian g'a chuir seachad,
Air dhiosnan, air chairtibh, 's air thaileasg:
Air, &c.

XXIII.

Beus nach b' ainneamh led' thioghlach,
Bhi gu farumach, greadhnach,
Ceol as aiteas gach oidhche
Seomar laisde le coinlibh,
'Se Glean urchaidh do staoileadh,
'S thu air Bealach a'd oidhre
Gu méal thu do ghreim air an aite:
Gu meal, &c.

## ORAN VI.

*Coir'-a-cheathaich.*

I.

Sé coir'-a-cheathaich nan aighean ſiúbhlach,
An coire rúnach, a's úrar fonn,
Gu lurach, miad-fheurach, mín geal, ſúghar,
Gach luiſean ſlúar bu chúbraidh leam;
Gu molach dúbh-ghorm, torrach lúiſreagach,
Corrach plúireanach, dlú'-ghlan grinn;
Caoin ballach dítheanach, cannach míſleanach,
Gleann a' mhilltich, is lionmhor mang.

II.

Tha falluing, dhúinte, gu daingeán, dubuilt',
A mhair'eas úine, m' an rúiſg i lom,
Do'n fhéur a 's cúl-fhinne dh' fhás na h úrach,
'S a bhár air lúbadh le drúchda trom,
Mu choire guanach nan torran uaine,
A' bheil luigh is luachair a ſuas g'a cheann,
'S am fáſach guamach ann cás a bhuanadh,
Num b' áite cruaidh é, 'm biodh tuath le'n ſuim.

III.

Tha trufcan faolaidh air cruit an aonaich,
Chuir fult as aoidh air gach taobh a d' chom,
Mín-fheur chaorach is barra bhraonan,
'S gach lus a dh' fheudadh bhi 'n aodain thom.
M'an choir' is aoidheala tha r'a fhaotain,
A chunna daoine an taobh fo 'n Fhraing;
Mur dean é caochladh, b' é 'n t aithir faoghalt
Da ghillean ea-tróm bhi daonan ann.

IV.

'S ann m'an ruadh ais'-righ dh'fhás na cuartagan,
Clúthar, cuaicheanach cuannar, árd,
A h uile cluainéag 's am bár air luafgadh,
'S á ghaoth 'g an fguabadh a nun 's a nall:
Bun na cípe is bár a' mhilltich,
A chuifeag dhíreach, 's an fhíteag cham;
Muran bríoghar, 's an grunnafg lionmhor,
M' an chuilidh dhiomhair, am bi na fuinn.

V.

Tha fliabh na láirig an raíbh mac Bhaidi,
'Na mhothar fáfaich, 's 'na ftráchda trom;
Slios na bán-leachdain; cha 'ni is táire,
'S gur tric a dh' áraich i 'n lán damh donn:
'Sna h aighean dára nach d'theid a 'n bhá-thigh,
A bhios le 'n álach gu h árd 'nan grunn,
'S na laoigh gu h uifcil a lá 'fa dh'oidhche,
'S na h uiread cruinn diubh air druim-clachfionn.

VI.

Do leachda chaoineil gu dearcach braoileagach,
Breac le feireagan 's cruinn dearg ceann;
An creamh 'na chaithrichibh, am bac nan ſtaith-
richean,
Stacan fraoidhneaſach nach bu ghann:
Am bearnan-bríde, 's a' pheighin rioghail,
'S an canach mín geal, 's am miſlean ann;
'S a h uile mír dheth, o'n bhun is íſle
Gu h ionad círean na crích' is áird'.

VII.

'S riamhach cóta na craige móire,
'S cha 'n 'eil am fó'lach a' d'chóir 'ſan ám,
Ach meunan céinich, o 's é bu nóſaire,
Air a chótachadh os is thall:
Na lagain chónard am bun nan ſróineag,
Am bi 'na ſomhraichean, 's neónain fann,
Gu bileach, feórnaineach, milis, roineagach,
Molach, rómach, gach ſeórt' a th' ann.

VIII.

Tha mala ghruamach do'n bhiolar uaine,
M'an h uile fuaran a' th' ann ſan fhonn;
Is doire ſhealbhag aig bun nan garbh-chlach,
'San grinneal gainmhich' gu meanbh-gheal pronn;
'N a ghlugan plumbach air ghoil gun aon teas,
Ach coilich búirn tighin a grund eas lom,
Gach ſtruthan uaſal 'na chuailean cúl-ghorm,
A' ruidh 'na ſpúta, 's na lúba ſteoll.

IX.

Tha braddan tara-ghéal ſa choire gharalaich,
Tha tigh'n o'n fhairge bu ghaileach tonn,
Le luinneis mheamnach a'ceapa' mhean'-chuileag,
Gú neo chearbach le cham-ghob crom :
Air bhuinne borb, as é leum gu foirmeil,
'Na éididh colgail bu ghorm-glas druim,
Le ſhoiſlean airgid, gu h iteach mean'-bhreac,
Gu lannach, dearg-bhallach, earr-gheal ſliom.

X.

'S é coir'-a-cheathaich an t aithir príſeil,
'S an t áite rioghail mu'm bidht' a' ſealg,
Is bi' feidh air ghiulan le lamhach fúdair,
A' cur luaidhe dhú'-ghorm gu dlú' nan calg:
An gunna gleuſda, s' an cuilean ea-trom,
Gu fuileach, feumanach, treubhach, garg,
A ruidh gu ſiúbhlach, a' gearradh ſhurdag,
'S a dol g'a dhúlan re curſan dearg.

XI.

Gheibhte daonnan mu d' ghlacaibh faoine,
Na h aighean maola; na laoigh, 's na mainng,
Súd bu mhiann leinn am maidain ghrianaich,
Bhi dol g' an iarraidh, 's a' ſiadhach bheann,
Ge do thigeadh ſianntain oirnn' uiſg' is díle,
Bha ſeol g'ar didnein mu'n chrích ſan ám,
An creagan iosal am bun na frídhe,
'S an leaba dhiona', 's mi m' ſhíneadh ann.

XII.

Sa' mhadain chiuin-ghil, ann ám dhamh dúſgadh,
Aig bun na ſtúice be' n' ſugra' leam ;
A' chearc le ſgiucan a' gabhail túchain,
'S an coileach cúirteil a' dúrdail crom.
An dreathan ſúrdeil, 's a riobhaid chiuil aige,
A' cur nan ſmúid'deth gu lúthar binn,
An druid 's am brú-dhearg, le moran únaich,
Ri ceilear ſunndach bu ſhiubhlach rann.

XIII.

Bha eoin an t ſleibhe 'n an ealtain ghle ghloin,
A' gabhail bheuſan air ghéig ſa' choill,
An uiſeag cheutach, 's a luinneag fein aice,
Feadan ſpeiſeil gu reidh a ſeinn :
A chuag 's ſmeórach am bár an ógain,
A gabhail órain gu ceolmhor binn :
'Nuair ghoir an cuanal gu loinneil guanach,
'S é 's gloin' a chualas am fuaim ſa' ghleann.

XIV.

'Nuair thig iad cómhla' na bheil a' d' choirſe
Do na h uile ſeórta bu chóir bhi ann ;
Damh na cróice air ſrath na móintich,
'S é gabhail crónain le dreocam árd :
A' dol ſan fheathai' gu bras le h aoibhneas,
A' mire-leumnaich re eildeig dhuinn,
B'i ſin an ribhinn a dh'fhás gu míleanta,
Foinniumh, ſineilte, direach, ſeanng.

XV.

Tha mhaoiſleach chul-bhui air feadh na duſluing,
Aig bun nam fiuran 'g an ruſga' lom,
'S am boc gu h útluidh re leaba chúirteil,
'S é 'ga búrach' le rútan crom;
'S am minnein riathach bu luime cliathach,
Le chuinnean fiadhta, a's fiadhaich ceann,
'Na chodal guamach ann lagan uaigneach,
Fuidh bhár na luachrach 'na chuartaig chruinn.

XVI.

Is lionmhar cruaſachd a bha m'an cuairt duit,
Ri ám am buanadh bu luaineach clann;
Ri tional guamach, gu fearail, ſuairce,
'S a' roinn gu h uaſal na fhuair iad ann:
Ceir-bheach 'na cnuacaibh, 's an nead 'na
chuairtaig,
'S a mhil 'ga buannachd air cruaidh an tuim,
Aig ſeillein riadhcha, breaca, ſrianach,
Le 'n cronan cianail a's fiadhta ſrann.

XVII.

Bha cus r'a fhaotain do chnómhan caoine,
'S cha b' iad na caochagan ea-trom gann
Ach bagailt, mhaola, bu taine plaoiſg,
A' toirt brigh a laoghan 'na mao-ſhlait fann.
Srath nan caochan 'na dhoſaibh caórain,
'Sna phreaſaibh caola, lán chraobh is mheang,
Na gallain úra, 's na faillein dhlútha,
'S am barrach duinte mu chúl nan crann.

XVIII.

Gach áite timchiol 'n am fáſach iom-lan
Mám is fion-ghleann, 's an tuilm 'ga choir;
Meall-tionail láimh ris, gu mollach, tláthail
B'é chulaidh dh'árach an álaich oig,
Na daimh 's na h eildean am madain cheitein.
Gu moch ag eirigh air reidhlein feoir,
Greidhein dhearg dhiubh air taobh gach leargain,
Mu 'n choire gharalaich, 'g an ainm an Ceo.

---

## ORAN VII.

*Cumhadh Choire-cheathaich.*

*Air fonn,* The Flowers of Edinburgh.

I.

'S Duilich leam an caradh
Th' air coire gorm an fháſaich,
Ann raibh mi greis am arach
'S an bhraidhe ſo thall;
'S iomadh fear a bharr orm,
A thaitneadh e r'a nádur,

Na 'm biodh é mar a bha é,
'Nuair dh' fhág mi e nall;
Gunnaireachd is lamhach
Spurt is adhbhar ghaire,
Chleachd bhi aig na h ármuinn
A b'abhaisd bhi sa' ghleann,
Rinn na fir ud fhágail,
'S mac eoghain tanna drásta,
Mar chlach an ionnad cápaig
An aite na bh' ann.

II.

Tha 'n coir' air dol am fáillin,
Ged' ithear thun a bhlair e,
Gun duin aig am bheil cás deth
Mun ait' ann san ám;
Na feidh a bh' ann air fhagáil,
Cha d' fhuirich gin air arruinn,
'Scha 'neil an aite támha
Mar bha e sa ghleann.
Tha 'm Baran air a sharuch'
'S dhartluich air an taladh,
Gun sgil aig air an nadar
Ged' thainic e ann.
B' fhear dha bhi mar b' abhaist,
Oscionn an t soigheich chátha,
'Sa lamhan a bhi lán di,
Ga fasgadh gu teann.

III.

Se múgha' air an t ſaoghal
An coire laoghach gaolach,
A dhol anois air faoin-traigh,
'S am maor a theachd ann :
'S gur h é bu chleachdain riamh dha,
Bhi truſa nan cearc biata,
Gur tric a rinn iad ſiathnail,
Le pianadh do lámh,
Is iad na 'm baidnibh riabhach,
Mu d' amhaich 's ann ad ſgiathan,
Bhiodh iotaillich is ſgiabail
Mu d' fhiaclan ſan ám,
Bu ghiobach thu re riaghailt,
Mu chidſin tighe 'n iarla,
Gar nach b'e do mhiann
Bhi cuir bhian air an ſtaing.

IV.

Ged' tha thu 'nois ſa' bhraighe,
Cha chompanach le cách thu,
'S tha h uile duine táir ort
O'n thainig thu ann ;
'S eigin duit am fágail
Na 's meaſa na mar thainic,
Cha taitinn thu re 'n nádur,
Le cnamhan 's le cainnt ;
Gad fhaiceadh tu ghreidh uallach,
'Nuair rachadh tu mun-cuairt doibh,

Cha dean thu ach am fuadachadh,
Suas feadh nam beann.
Leis a ghunnadh nach raibh buaghar,
'Sa mheirg air a toll cluaise,
Cha 'n eirmis i na cruachan,
An cuaille dubh cam.

V.

Se 'n coire chuaidh an deis-laimh,
O'n tha e nois' gun fheidh ann,
Gun duin aig am bheil speis diu,
Ni feum air an cúl,
On tha iad gun fhear ghlédhte,
Cha n' fhuirich iad ri chéile;
'S ann a ghabh iad an ra-treata
Seach rédhlean nan lúb.
Cha 'n 'eil prís an ruadh-bhuic,
An coille na air fuaran,
Nach b' eigin da bhi gluasad
Le ruaig feadh na duth'ch':
'S cha' n' eil a nois' mun-cuairt da,
Aon spúrt a dheanadh suairceas,
Na thaitneadh re duin-uasal
Ged' fhuasgladh e chú.

VI.

Tha choille bh' ann san fhrí ud,
Na cuislin fada díreach
Air tuitim is air crionadh
Sios as an rúsg;

Na prifein a bha bríoghar
Na dofaibh tiugha lionmhur,
Air feachda' mar gu'n fpiont' iad
A nios as an úir:
Na failleinin bu bhoidhcheadh,
Na flatan is na hógain,
'San t áit' am biodh an fmeórach
Gu módhar a fein ciúil,
Tha iad uil' air coachladh,
Cha d' fhuirich fiodh na fraoch ann;
Tha mullach bhar gach craoibhe,
'S am maor 'ga thoirt diú.

VII.

Tha uifge frath na díge,
Na fhruthladh dúbh gun fiola',
Le barraig uaine liogh-ghlais
Gu mi-bhlafda grannd;
Feur-lochain is táchair
An cinn an duilliag bháite,
Cha 'n 'eil gne tuille fás
An fan ait' ud fan ám;
Glumagan a cháthair,
Na ghluguibh domhain, fámhach,
Co tiugh re fúdhan cáthadh,
'Na láthaich 's na phlám;
Sean bhurn fálach ruodhain
Cha ghloine ghrunnd na uachdar,
Gur coflach re muir ruaidh e,
Na ruaimle feadh ftanng.

VIII.

Tha 'n t ait an raibh na fuarain
Air fás na chroite cruaidhe,
Gun ſóbhrach, gun dail-chuach,
Gun lus uaſal air carn;
An ſliadh an raibh na h éildean,
An aite laidhe 's eiridh
Cho' lom re cauſar féille,
'S am feur chinn e gann;
Chuir Alaſtair le gheiſgeil,
A ghreidh ud as a cheile,
'S thur leam gur mor an éu-coir
An eadail a chall;
Cha lughadh 'n t adhbhar mío-thlachd,
Am fear a chleachd bhi tíorail,
A' tearnadh is a direadh
Re frí nan damh ſeang.

IX.

Ach ma's duine do ſhliochd Phάruic,
A theid a nois' do'n áite,
'S gu 'n cuir e as a láraich
An tách'ran a tha 'nn;
Bidh 'n coire mar a bha e,
Bidh laoigh is aidhein dár ann,
Bidh daimh a dol ſan dámhair,
Air faſach nam beann;
Bi' buic ſna baddan blátha,
Na bric ſan abhuinn laimh riu,

Sna feidh an frath na láir'ge
Ag árach na mang,
Thig gach uile ni g'a ábhaift,
Le aidheir is le ábhachd,
'Nuair gheibh am Baran bairlin,
Sud fhágail gun taing.

---

## ORAN VIII.

*Oran feacharan feilg.*

*Chunnaic mi 'n damh donn 's na h eildean,*
*Direadh a bhealuich le cheile ;*
*Chunnáic mi 'n damh donn 's na h eildean.*

'S mi tearnadh a Coir'-a-cheathaich,
'S mór mo mighean 's mi gun aidhir,
Siubhal frithe ré an látha,
Thilg mi 'n fpraidh nach d'rinn feum dhamh.
*Chunnaic mi*, &c.

Ged' tha bacadh air na h armuibh,
Ghleidh mi 'n Spainteach thun na fealga,
Ge do rinn i orm do chearbaich,
Nach do mharbh i mac na h eilde.
*Chunnaic mi*, &c.

'Nuair a dh'erich mi i ſa' mhaduin,
Chuir mi innte fúdar Ghlaſcho,
Peulair teann is tri puiſt Shas'nach,
Cuiphein aſgairt air a dheidh ſin.
*Chunnaic mi*, &c.

Bha 'n ſpor úr an déis' a breacadh,
Chuir mi úille ris an acfuin,
Eagal driúc bha múdan craicin,
Cumail faſgaidh air mo cheile.
*Chunnaic mi*, &c.

Luidh an eilid air an fhuaran,
Chuaith mi farraſda muncuairt dí,
Leig mi 'n deannal ud m'a tuairmſe,
Leam as cruaidh gu'n d'rinn i eiridh.
*Chunnaic mi*, &c.

Ranuig miſe taobh na bruaiche,
'S chofd mi ria mo chuid luaidhe;
'S 'nuair a ſhaoil mi i bhi buailte,
Sin an uair a b' aird' a leum i.
*Chunnaic mi*, &c.

'S muladach bhi ſiubhal fríthe,
Ri lá gaoith', as uiſg', as díle,
'S ordugh teann ag iarraidh síth'ne,
Cuir nan gimeanach 'nan eigin.
*Chunnaic mi*, &c.

'S mithich tearnadh do na gleannuibh,
O'n tha gruamaich air na beannuibh,
'S ceathach duinte mu na meallaibh,
A' cuir dalladh air ar leirſin.
*Chunnaic mi*, &c.

Bi' ſinn beo ann dóchas ro-mhath,
Gu'm bi' chúis ni's fhear an t ath la',
Gu'm bi' gaoth, as grian, as talamh,
Mur as maith linn air na ſleibhtean.
*Chunnaic mi*, &c.

Bithidh an luaidh ghlas 'na deannuibh,
Siúbhal reith aig conaibh ſeanga,
'S an damh donn a ſileadh fola,
'S ábhachd aig na fearuibh gleuſda.
*Chunnaic mi*, &c.

## ORAN IX.

*Oran do Ioin Caimbeul a' bhanc.*

I.

Ioin Chaimbeul a' bhanca,
Gu'm faiceam thu ſlán,
Fhir a chumail na dáimh,
'Gam buineadh bhi mór ;
Le d' chroidhe ſial, fearail,
A thug barrachd air cách,
Ann iomadaidh cás
A thuilleadh nan ſlógh.
Fhuair thu meas, nach 'eil bichiont,
A meaſg Bhreatonach :
Banc an oir bhi fuidh d' ſgoit,
Ann an cóir dhleaſdanaich,
Na th' ann, cha 'n é 'm beagan
I's é 'm freaſdal re d' ſtait,
Fuidh leagadh do lámh
'S gu freagradh do bheoil.

II.

'S tu marcach nan ſrann-each,
Is farramach ceum,

Le 'm fallaireachd fein
Gu farafta fóil :
Air dhiollait nan cúrfan
Bu dubailte freun,
'S tu bhuidhneadh gach réis,
A fhiubhladh an ród.
Na h' eich bhearrcafach chalma,
Bhiodh garbh cumachdail,
Is iad gu h anmadail meamnach,
Le 'm falbh gruilleamach,
Cruidheach, dlúth thairgneach,
Mear, ainfheafach, fuafgailteach,
Ceann-ardach, cluas-bhiorach,
Uallach gu leoir.

III.

B'e do roghainn a dh'armachd,
An targait chruinn úr,
Gu meanbh-bhallach dlú,
Bui tairgneach cruaidh feolt :
Is cloidheamh chinn airgid
Cruaidh, calma nach lúb,
Lann thana gheur-chuil
Gu daingean a'd dhórn.
Marri dag ullamh ghrad,
A bhiodh a fnap freafdalach,
Nach biodh ftad air a fraid
Ach bhi 'mach freagarach :
Fúdar cruaidh fgeilceara
Am feadan glé dhíreach,

A'd lamhan geal, míne,
'S coliomhar caol, gorm.

IV.

Bu chean-ard air feac thu,
An am gaifgidh no feum;
Fear mífheachail treun
A b' fhiofrach gach feól.
A fhùair fóghlum is fáfan,
Is aiteas g'a reir,
Túr pailte le ceill
A' cur aignidh am móid.
Ann ám fuidhe na cúirte,
No dúbladh an t feifein,
An uchd barra no binne,
'Si t fhirinn a fheafadh:
Deadh theang fhear gu deafput
Bu fhreagarach cainnt,
A bhuidhneadh gach geall
'S a chumadh a choir.

V.

'Se do fhúgradh bha earailteach,
Ceannalta, fuairc,
Ann ám tional nan uaiflean
Marruit a dh' ól,
Gu fáilteachail, furanach,
A cuireadh a fuas,
Gach duine do'n t fluagh,
G'am buineadh bhi d' chóir.

Na diubhcan bu riamhaiche,
A chít ann am Breatan,
Is bu chompanach Rígh thu,
Le firinn 's le teiſtneas,
Fhir ghreadhnuich bu ſheirceala,
Sheaſadh air blár,
Fuidh 'n deiſe bhiodh lán,
Do láſtainean 'oir.

VI.

'S maith thig dhuit ſan fhaſan,
An ád is a ghruag,
Air an dreaſadh a ſuas,
Am faſan an t ſloigh:
Gu camagach daithte,
Lán chaiſreag is chuach;
Gu bach'lach m'an cuairt,
Le maiſhe ro-mhor.
Tha gach ciabh mar do mhiann,
Air an ſniamh cumachdail,
Fiamh dhonn, torrach, trom,
Gun bhonn uireaſbhuidh,
Amlagach, cleachdach,
Cruinne cas-bhuidh tlá,
Co-ghaſda re bár,
Th' air mac ſan Roinn-eorp.

VII.

'Si t aghaidh ghlan, ſhoilleir,
Bha caoineil le ſuairc,

Caol mhala gun ghruaim,
'Suil mheallach bu bhoidhch',
Gnuís ailidh mar chanach,
Bu cheanalta, ſnuagh,
Mín cannach do ghruaidh,
Mar bhara nan rós.
Cha 'n eil áilleachd air cách,
Nach d' thug pairt urram dhuit;
Foinneamh ſinealta, díreach,
Deas, ſior chumachdail,
Calpa cruin comhthromach,
Corrach gu d' ſháil,
Gun chron ort a' fás,
O mhulach gu bróig.

VIII.

Do ſmaointine glice,
Le miſnich 's le ceill,
Do thuigſe ghlan, gheur,
'S deadh thuiteamas beoil;
Gun tuirſneadh, gun bhriſteadh,
Gun triobloid, fo'n ghrein,
A b' fhioſrach mi fein,
Is miſd thu bhi d' choir.
'S ioma gibht a tha 'nois,
Lionmhor tric minig ort,
Iul is fios, muírn 's mios,
Flúr a' mioſg ſinnich thu,
An uaiſle le ſpiorad,
Air mhireadh a' d' cháil,

'S tu iriosal, baidheil,
Cinneadail, coir.

IX.

Gheibhte súd ann ad thalla,
Fion geal is maith tuar,
Deoch thana gun druaip,
Is i fallain gu póit;
Bhiodh sunnd agus sarum
Air aire ann t sluaigh,
Deadh ghean ann san uair,
A teannadh r'a h ól.
Ann san tigh bu mhór seadh,
Leis nach dragh aithnichean,
Muirn is caoin, a bhios air fheadh
Cupa 's gloin, canachan,
Coimhleirein airgid,
Dreois ghailtheach a'n cheir,
Feadh t aitreamh gu leir,
Is iad pailte gu leoir.

X

B'e do mhiann a lucha ealaidh,
Piob sgalanta chruaidh,
Le caithreim cho-luath,
'S a ghearradh' na meoir;
Puirt shiulacha mheara,
Is fior alloil cur suas,
Ann an talla nam buagh
Bu bharrail mu'n stor.

Cruite ciuil, torman úr,
Is é gu dluth ruidh-leumnach,
Feadain lom, chruinne, dhonn,
Thogadh fonn mireanach,
Clárſach le grinneas,
Bu bhian-fhoclach fuaim,
'Sa cha tilleadh tu 'n duais,
'Nuair a ſhireadh tu ceol.

XI.

'S iomadh ait' am bheil do charaid,
A d'fharaid mu'n cuairt,
Ann deas is ann tuath,
Cho' dleas'nach 's bu chóir ;
Diubhc Eara-ghaidh'leach ainmeil,
Ceann armailt' nam buagh,
Leis' na dhearbhadh lamh chrúaidh,
Is ris an d'earbadh gu leoir.
An t Iarlo' cliutach g'an dú'chas,
Bhi 'n tour Bheallaich,
A chuir an ruaig le chuid ſluaigh,
Air na fuar Ghallúich,
Morair Loudon nan ſeang-each,
Ard ſheanoileir caimp,
Fhuair urram command,
Far na bhuidhin na ſeoid.

XII.

Tha iomadh cas eile,
Nach ceilinn ſan uair,

Tha tarruing ort buaidh,
A mhaireas re d' bheo,
Fuil rioghail air lasadh,
Amach ann a'd ghruaidh,
Cuir h aigne a suas
Le aiteas ró-mhor;
Tha buntam as leirsin
Gu leir ann a'd phearsain,
Fhir shunntaich na feile,
Sgeul aobhain a b' ait leam,
Na 'm faicinn a' maireach
Le ábhachd 's le muirn,
Bhi 'd charamh fu' 'n chrún
Ann aite Ri' Deors'.

---

## ORAN X.

*Oran Ghlin-urchaidh.*

I.

Mun d' thig ceann bliadhna tuillè,
Cha bhi sinn uile 'n Tora-mhuilt;
Theid sinn thar na bealaichin,
Do'n fhearann ann raibh 'n tlùs:
Far am bheil ar dislean,
Ann san tír am bheil ar cuid;

'S an 't ait' an cór dhuinn criochnachadh,
'S an tiodhlaicear ar cuirp.

II.

Is ann Clachan-an-diſeirt,
Bu ghrinn bhi ann an diu,
Suidhe 'n eaglais mhior'ailteach,
Ann daſg bu riamhach cur,
Ag eiſdeachd ris na dh'innſeadh dhuin,
Am fear bu ſhiobhailt guth;
Is é toirt ſgeul a phiobail duin,
'S a bhrigh a' tigh'n gu buil.

III.

Gleannan bláth na tioralachd,
Ann ro-mhaith 'n cinn an ſtuth,
Far am bheil na h innſeagan,
Am bheil an ſiol ann cur:
Cinnidh arbhar crao'ach ann
Co'-chaoin gheal ris a' ghruth,
Gu reachdmhar, biadhchar, brioghmhar,
Tróm, torach, liontach, tiuth.

IV.

Bu chriodhail bhi ſa' gheamhradh ann,
Air bainſean gheibhteadh ſpúrt,
Fonn cheol reidh na piobaireachd,
Cha bhiodh ſgios mu a ſgur:
Fuaim nan teud aig ſileirean,
A ſheinneadh ſios na cuir;

'S an luinneag fein aig nionagan,
Bu bhinne mhillse guth.

V.

Gheibhteadh bradan fior-uisg' ann,
A direadh ris gach sruth;
Eoin an t sleibh gu lionmhor,
'S na milltean coileach dubh;
Earba bheag an sgriobain,
Na minnein chrion 's na buic,
'Sa ghlean am bheil na frígheachan,
'S na giomanaich 'n am bun.

VI.

O'n a thainig mi do'n fhearan so,
Cha 'n fhuigh mi pris an eoin,
'S cha 'n 'eil fáth bhi bruidhinn,
Mu'n fhear bhuidh' air am bi 'n cróc:
Cha b'ionnann 's bhi mar b'ámhast damh,
Aig bráigh doire-chró,
Far am bi' na lán-daimh,
A ni 'n damhair ann sa cheo.

VII.

Mo shoruidh do Ghlean-urchaidh
Nan tulchan glasa feoir,
Far am bheil na sealgoirean,
'Sa fhuair iad ainm bhi córr;
A dhíreadh ris na garbhluichean,
Am bidh greidh dhearg na leoir,

'S bhiodh gillean trom le eallchan
A dh'fhágadh tarbhach bórd.

VIII.

'S an uair a thigteadh dhathigh leo,
Gu'm b'fhasanta bhur seól,
A suidhe a stigh-thairne,
'S bhi dannsa marri ceól :
Croidhealas r'a cheile,
'S na béin a bhi 'gan ól ;
'S cha 'n fhaicte cúis 'na h eigin
Ann ám éigheach air an stóp.

---

## ORAN XI.

*Oran an t Samhraidh.*

I.

'Nuair thig an Samhra' geugach oirnn',
'Theid sìann nan speur o'n ghruamaiche,
Thig tlus is blás is aoibhneas. 'Theid
Gach ni g'a reir am buadhalachd.
'Thig feart le neart na greine oirnn',
Ni 'n saoghal gu leir a chuartachadh ;
'Thig teas o slios 'nuair dh'eir'eas i
Ni feum, 's cha treigear uainne é.

II.

Bi'dh pór ann an tír ghraiseirean,
C hur síl ann ſan tím ghnáthaicht' :
A' toirt bridh as an úr nádurra ;
O'n bhlár g'a bhárr a ghluaiſeas é.
Gu reachdmhor, breac, neo-fhailleanach,
Trom-chuinlionach garbh-ghráineanach
Gu diaſach, riathach, cáileanach,
Gu biadhchar, lán, 'nuair bhuainear é.

III.

'S glan ſaileadh nan geug liomhora,
Mu ghárradh nan ſeud lion'ora,
Am biodh áileagain glé riamhacha
Le blás a' ſior-chur ſnuadh' orra.
Gu h úbhlach, peurach, figuſach,
Glan, brioghmhar, diomhair, guaimeiſeach
Gach ſráid' is áillidh gríneachan,
Mar Pheálas Righ r'an cuartachadh,

IV.

'S ro-ghreannar gach gleann fior-mhonaidh,
Cur iomhaigh ghrinn an uachdar air ;
Gach lus le bhár cho'-mhior'ailteach,
A' fas fuidh mhile ſuaicheantas ;
Gu duilleach, lurach, dítheanach,
Glan, riamhach, lionmhor, cuaicheanach,
Gu ropach, doſach, míſleanach,
Gu millteachail, mín uainealach.

V.

Bidh fonn air gach neach nádurra,
Bhi fealltainn gach ni gnáthaichte;
Am blár lom a' cur dreach fáfaich air,
Gach lá cur ftrâchd' neo-thruailli air,
Gu molach, torach, cátuineach,
Gu craobhach, cráfgach, cruafachdach,
Gu h úrar, dú-ghorm, aileanta,
Le fráfa blátha, bruaidleanach.

VI.

Bi'dh gach frí gu liontach, feurach; 's theid
Na feidh 'nan eidi'dh fuaicheanta,
Gu h uallach, binneach, ceumannach,
Grad-leumanach, bior-chluaifeanach,
Gu crócach, caprach, ceir-ghealach;
Gu manngach, eanngach, eildeagach,
'Gan grianadh fa' mhios cheiteanach,
Air flios an t fleibh m'an cuartaich iad.

VII.

Bi'dh lao' re tao' gach aighe dhiubh,
'Nan luidhe mar is cóir dhoibh; bi'dh
Gach damh is manng cho'aithearach,
'Nuair thig Fil-leathan róid orra.
Bu tuille loin is faoghail,
Do gach neach a ghabhadh gaol orra
Bhi tric ag amharc caol orra,
Is ag eifdeachd gaoir an crónanaich.

VIII.

Bi'dh maoifleach a chinn ghuanaich,
A cur dreach is fnuadh is tuar orra,
'Si tilgeadh cuilg a' gheamhraidh,
A chuir gurt is greann is fuachd orra.
O'n thainig blathas an t Samhraidh oirnn,
Cuiridh ife mánntal ruadh orra,
'S tha inntin ghrinn g'a reir aice,
Gu fallain, feitheach, fuafgailteach.

IX.

Bi'dh am minnein úrar meanbh-bhallach,
Gros tioram air a ghnúis bu fgeinmeile;
Gu mireineach, lúthar, aumadail,
Re flìannin na h earb' ann guailleachan.
Bu chlis feadh pris mu an moch iad,
Gu tric fuidh ioc nam mean'-chuileag,
Gu fgrideil, gibeach, gear-mhafach,
An fliochd 'gan ainm na ruaghagan.

X.

Bi'dh gach creatair faillineach,
A bha greis ann cás na fuaralachd,
A togail ann cinn gu h ábhachdach,
O'n a thainig bláthas le buaidh orra.
Na h 'eoin fa' phonnc am b'ámhaift doibh,
Gu ceolmhar, fonnar, failteachail;
Feadh phreas is thom re gáirdeachas
Gun chás a dh'fhágadh truailli iad.

XI.

'S neo-thruaillidh am pór lionmhor ud,
'S gur ſpeiſeil grinn a ghluaiſeas iad;
Le'm beus a 'ſeinn mar fhíleirean,
Gur h aoibhinn binn rem' chluaſaibh iad.
'S glan luinneagach, fior-inntineach,
A' chánmhain chinn thig uatha-ſan:
'S iad gobach, ſgiathach, círeineach,
Gu h iteach, dionach, cluaineiſeach.

XII.

Bi'dh an coileach le thorman tuchanach,
Air chnocana gorm a dúrdanaich,
Puirt fhileanta, cheolmhor, ſhiubhlacha,
Le ribheid a' dlu'-chur ſeoil orra;
Gob crom nam ponnca luthora,
'Sa chneas le dreach air a dhublacha'
Gu ſlios-dubh, girt-gheal, úr-bhallach,
'S dá chirc a ſugradh boidheach ris.

XIII.

Thig a chuag ſa' mhios cheitein oirnn,
'S bi'dh 'n uiſeag 'na ſeuchdan comhluadh ris
'S an dreathan a gleuſadh ſheannſoirean,
Air a gheig a's aird' a mhothuicheas e.
Bi'dh choill gu leir 'ſna gleanntaichean,
Air chrathadh le h'aoibhneas canntoireachd,
Aig fuaim a chuanail cheannſalaich
Feadh phreas, is chrann, is óganan.

XIV.

Na doireachean coill' bu diamhaire,
'S na croinn mu'n iadh na ſmeoraichean,
Theid gach craobh ann ciatoichead
Bi'dh caochladh ſiamh is neoil orra;
Gu meanganach, direach, ſniomhanach,
Theid croidhe nam friamh ann ſóghaireachd,
Le truſgan úr g'a mhiudachadh,
Bar-guc air mhiuraibh nóſara.

XV.

Bi'dh am beatha gu cuiſleach, ſiuranach,
Gu failleanach, ſlatach, úr-fhaſach;
Thig ſnothach fuidh 'n chairt is drúiſealachd,
Bi'dh duilleach is rúſg mar chomhdach air:
Le bruthinn theid brigh na dúſlain ann
Am barrach dlúth nan óganan,
Gu pluireineach, caoin, mao'-bhlaſda,
Mo roghainn do ſhnaoiſean ſroine é.

XVI.

'Sa bhiolaire luidneach, ſhliom-chluaſach
Ghlas, chruinn-cheannach, chaoin, ghormneulach,
Is i fás glan, uchd-ard, gilmeineach,
Fuidh bar geal, iomlan, ſonraichte;
Air ghlaic, bu taitneach cearmonta,
Le ſeamragan 's le neoineanan:
'S gach lus a dh'fheudainn ainmeachadh,
Cuir anbharra dhreach boidhchead air.

XVII.

Gur badanach, caoineil, mílionta,
Cruinn, mopach, mín-chruthach, mongoineach,
Fraoch groganach, dúbh-dhonn, grís-dearg,
Barr cluigeanach, sínteach, gorm-bhileach;
Gu dofach, gafach, uain-neulach,
Gu cluthor, cluaineach, tolmagach;
'Sa mhil 'na fúdar gruaige dha,
'Ga chumail fuas ann fpórfalachd.

XVIII.

'Si gruag an deataich riamhaich i,
'S mór a brigh 's is lionmhor buaidh orra,
Ceir-bheach nan fgeap a cinntin orr',
Seillean breac feadh tuim 'ga chruafachd fud,
Gu cianail, tiamhaidh, frann aige,
Air bharra nam meas a' dranndanaich,
Bhiodh miann bhan óg is bhain-tighearnan
'Na fhárdoich ghreannar, ghuamaifich.

XIX.

Is é gu friteach, riathach, ciar-cheannach,
Breac, buidh, ftiallach, frian-bhallach,
Gobach, dubhanach, riafgach, iargalta,
Ri gniomh gu dian mar thuathanach;
Gu furdail, grunndail, dianadach,
Neo'-dhiomhanach 'na uaireinean;
'Se fáile lufan fiadhaiche
Bhios aige bhiadh 'fa thuarafdal.

XX.

Gach táin a's airde chruinnicheas
Do'n áirigh uile ghluaiſeas iad;
Thig blioc is dáir gun uireaſbhuidh,
Craobh árd air cuman gruagaiche.
Na h aighean a's óige ládaire,
Nach d'fhioſraich trá' nam buaraichean:
Bi'dh luinneag aig righbhin chúl-duinn doibh,
'Gam bríodal ciuin le duanagan.

XXI.

'S fior ionmhuin mu thra' noine
Na laoigh óga choir na buaile ſin,
Gu tarra-gheal, ball-bhreac, bótainneach,
Sgiathach, druim-fhionn, ſroin-fhionn, guailleach,
Is iad gu líth-dhonn, ciar-dhubh, cáraideach,
Buidh, grís-fhionn, crá' dhearg, ſuaichionta,
Seang, ſlios'ora díreach, ſár-chumpach,
Mín, ſlíogta, bárr an ſuanaiche.

XXII.

Bi'dh foirm is colg air creatairean,
Gu ſtoirmeil, gleuſt' 'g ath-nuadhachadh;
Le forgan torchuirt feudalach,
An treud, 's an ſpreidh, 's am buachaille:
An gleann, barrach, bìleach, reidhleanach,
Creamh, rainneach, reiſg, is luachaireach,
'S é caoin, cannach, mín-chruthach, ceutach,
Fireach, ſleibhteach, ſeurach, fuaranach.

XXIII.

Bi'dh mionntain, camomhil, 's fóghraichean,
Géur-bhileach, lónach, luafganach,
Cathair thalamhonta, 's carbhin chróc-cheannach,
Gharg, amlach, rómach, chluas-bhiorach,
Suthan láire, 's fáile ghroifeidean;
Lan liligh' 's rófa cuaicheanach,
Is clann-bheug a trufa' leólaichean,
Buain chór ann cós nam bruachagan,

XXIV.

Bi'dh 'm blár fuidh ftráchd le úraireachd,
Oidhch' iuchair bhruinneach, cheo-bánach,
Gach frábh 'fa bár air lúbadh orra
Le cudthrom an drúchd 's le ló'dalachd
'Na phaideirean lionmhar cúrnaineach,
Gu brioghmhor, fúghmhor, fólafach,
Cuiridh ghrian gu dian 'na fmúidean é,
Le fiamh a gnúis fan óg-mhaduin.

XXV.

'Nuair a dhearfas a gnuís bhaoifgeil,
Gu fial, flathail, fiamh, geal, caoineil oirn',
Thig mhaitheas is gniomh le faibhireachd,
Chuir loinn air an Roinn-eorpa fo;
Le aoibhneas greine foillfeachadh,
Air an fpeur gu reith a fpaoileas i,
Cuir an geil gach feum a rinn i dhuin,
G'a fhoillfeachadh 's g'a mhoideachadh.

## ORAN XII.

*Oran do Chaiptean Geard Dhuineidin.*

I.

A BHLIADHN' a chruinnich an campa,
'Sa thainig an triobloid,
Bha Donnacha óg Caimbeal
Air cheann na milisi;
Fear urramach, seolta,
Bu mhór foghlum as misneach,
G'an tarruing ann órdugh
Ann an coireantuibh miosail.

II.

'S mór do mhios aig na daoine,
Bh'air do thaobh ann san uair sin,
A'dol air an adhairt,
Ann an aghaidh an fhuaghais;
'Nuair bu bhrais a bha 'n teine,
As fras pheileir muncuairt dhuit,
'S ann air thoiseach na h armailt,
A dhearbh thu do chruadal.

III.

Ann an lá Chuíleoidir,
A dol an toiſeach a bhattailt,
'S mor a b'fheaird iad thu rompa,
A thoirt doibh proſnacha facail;
Fir Ghlinn-urchaidh bha 'd dhiaigh,
'S bu tu roghain a Chaiptein,
Ge bu ſheanalair árd thu,
B' fhiach thu an t aite bhi agad.

IV.

'S cha do ſmaointich thu gealltachd,
'S cha b' 'aſan leat cúram,
'S ann a bha t inntin a togail
An ám loſgaidh an fhúdair;
'S nan geur lannan glaſa
Bhi le braiſe 'g an rúſgadh,
Bu tu ceannart an fheuchda
Nach gabhadh feachda na lúbadh.

V.

Bu cheann-faona deus calm thu,
Nach raibh cearbach a 'd ghaiſgeadh,
Tarruing ſuas do chuid daoine,
'Nuair a ſgaoileadh a bhrattach,
Dh'eirich leatſa buaidh lárach,
Ann 'ſgach cás a chuaidh ſeachad,
'S na fhuair thu do phairti
Rinn thu 'n aireamh thoirt da-thigh.

VI.

Ceann na ceill' as na cuideachd,
Bu mhor tuigs' agus riafun,
Am fear mifneachail cliuteach,
Comhlan úr do fhliochd Dhiarmaid;
Tha d' aigne mar leodhan,
Chuir thu moran ann gniomh dheth,
Led' chainnt bhunnailtich phuncail,
Sár chompanach iarl' u.

VII.

Dhearbh thu fein a bhi fuairce,
Ann an uaifl' as an glaoine,
'S ioma car air gach taobh dhiot,
Air am feudainn do fhloinneadh,
Shliochd nan comhlan bu chaoineile,
O thigh Achaloinne,
Do'n fhuil as airde fhliochd Dhiarmaid,
Tha 'n dream chiatfhach g'am bheil thu.

VIII.

'Se meud na h uaifle tha 'd chorp,
Tha sír chuir mofgla a'd inntin,
Bu mhor t fheum ann fa chogadh,
'Nuair a b' oiffigeach Ri thu;
Rinn thu gnothach do chairdean,
Gu natura díleas,
'S cliu a chofnadh o'd naimhdean,
'Nuair a thainic an t fiochaint.

IX.

A Bhliadhn' a thogadh na creachan,
'S a loiſgeadh aitreamh nan garbh-chrioch,
'S mor a rinn thu g'am bacadh,
O luchd nan caſaga dearga,
A liuthad beannachdan bhochdan,
A rinn thu chos'nadh ſan ám ſin,
Tha gu ſiorruidh am freaſdal,
Ri bhi leaſacha' d' anama.

X.

Cha b'e d' fhaſan bhi 'n tí,
Air cuid nam fior dhaoine bochda,
Ach an leigeadh roi' d' lionuibh,
Ann ſgach tír air 'n do chroiſg thu,
'Nuair bhiodh cach ann ſna cúiltibh,
Re ſpúindeadh 's re ropadh,
'S ann a bhiodh tu le d' dhaoinibh
Amach air aodain nan cnocan.

XI.

Bha thu teom' air gach fear-ghleus,
A ſhiubhal garbhluich an t ſleibhe,
Bu tu roghain an t ſealgoir,
A dhol a mharbhadh na h eilte,
Ann am fáſach na coille,
Na 'n doire na geige,
Bu tu namhaid a choilich,
Is moch a ghaoireadh ſa' cheiteain.

XII.

'S maith thig 'éileadh cruinn uasal,
Mun cuairt air do bhreacan,
Bonaid ghorm a bhile shíd ort,
'S peiteag riomhach do'n tartan,
Bróg theann air dheagh chumadh
Mu'n troidh is cuimeir air faiche,
'S air do chalpanna soilleir,
Osain ghaoraid as gartain.

XIII.

'S maith thig cloidheamh geur cuil ort,
Lann úr nan tri chlaisean,
Tana, faobharach, fuileach,
Eu-trom, guineach, geur, sgaiteach,
Dias chuimeir do'n stailein,
'Si spairt ann ceann aisnich,
Ann an iomachar ualach,
'S an crios guailean san fhasan.

XIV.

Paidhir dhag air do ghiulan,
B'é do rún a bhi 'd shiubhal,
Marri cuileabhair deus eu-trom,
Gunna caol a bheoil chuthain,
Aodharc chuimeir an fhúdair,
Flasg chúlbhui 's beul luthaidh,
Sgiath bhreac nam ball dlútha,
Lann scriuta 'na h ubhal.

XV.

Cha mhios' thig dhuit biodag,
Cho'-maith 'sa thigeadh o'n chearduich,
Snioman lion'ora croma,
Air a cois dhromanuich, chargnuich,
'Si gu finealta, sgeanail,
Direach, tana', gle sgeanamail,
Eidir bhonn agus mhuineal,
An taoim 'san duille 's a chrambait.

XVI.

Bha thu uasal a tighin,
Air gach slighe tha 'n taic riut,
'S cha do leig thu fhein a rithisd,
Bonn don d slighe ud seachad;
Fhir bu shiobhalta bruidhin,
Bu tu breitheamh a cheartais,
Sár phoiteir na dithe,
G'an raibh 'n croidhe fial, farsuing.

XVII.

'S gach car a chuaidh dhiotsa,
Ann an rioghachd na h Alba,
Cha chualas do mhi-chliu:
Air do sgriob feadh nan garbh chrioch,
Aig feothas do ghiulain,
Bha chuis ud duit ainmeil,
Le barantas dúbailt,
Fhuair thu cliu na clia-sheanchuidh.

## ORAN XIII.

*Oran an Taileir.*

I.

A DHOMH'UIL Bháin mhic ó Neacain,
Tha 'n droch nátur á d' phearſuin,
Cha ghnáthaich thu 'n ceartas,
Gus am báſaich thu 'n pheacadh,
'S mairg áit' ann s'na thachair,
Am ball-ſampuil gun chneaſtachd,
'A rinn gráineil an ſgaiteach'd ud oirn',
'A rinn graineil, &c.

II.

Fhir a thóiſich re ealaidh,
Bha thu górach a d' bharail,
'Ga ſeóladh ám' charaibh,
'S gun mi t' fheóraich, no t' fharaid,
Chuir thu ſgleó dhiot is fanoíd,
Cho dhiubh 's deoin leat no's ain-deoin,
Tha mi 'n dóchas gu'm faigh thu do leoir,
Tha mi, &c.

III.

Dhamh-ſa b'aithne do bheuſan;
Tha thu ain-eolach, beumnach,
Is do theanga mar reuſar,
Le tainnead 's le-geiread,
Thug thu deannal damh fhein dith,
O's ann agad tha 'n eacoir,
Com' nach paidhin thu 'n 'eirig do ſgeoil,
Com' nach, &c.

IV.

'S tu chraobh ghrodlaich air crionadh,
Lán moſgain, is fhíneag,
A dh'fhás croganach, ioſal,
Gaoraid, crotach, neimh-dhireach,
Stoc thu togairt a'n ghrioſaich,
A thoill do loſgadh mar iobairt,
Leig thu 'n ſoiſgeul air di-chuimhn' gu mór,
Leig thu, &c.

V.

Bu bheag an diúdhail é thachairt,
An lá thúr thu na facail,
Dá phunnd agus cairteal,
A dh'fhúdar cruaidh, ſgairteal,
A bhi á d' bhroin air a chalcadh,
'S bhi 'g ad' ſgáineadh le maitſe,
Gus am ſáſadh tu d' ablach gun deo,
Gus, &c.

VI.

'S blíonach rithinn gun fheum thu ;
Ge do bhitheadh tu 'm feithe,
Coin is fithich a' d' theumadh,
Cha bhiodh an diol beidh ac'.
'S tric thu teann air 'na h eibhlean,
Bhreac do ſhuimeir gu t éiſlich,
Bláth an tein' air do ſhleiſdibh gu mór,
Bláth, &c.

VII.

O nach Táileir is fhiu thu,
Chuir cách as a' chuirt thu ;
Bi'dh tu ghná ann 'ſna cúiltean,
A' cáradh nan lúireach,
Bu tu áſuin nan clútan,
'S tric a ſhúidh thu ſan ſmúrach,
'Nuair a bhithinns' air cúl fir nan cróc,
'Nuair, &c.

VIII.

'S é do choltas r'a innſeadh,
Fear ſop-cheannach, grímeach,
Gun bhonait, gun phior-bhuic,
Gun bhad-mullaich, gun chírean,
L'om uil' air a ſpionadh,
Cár gu t uilinn a ſios ort,
Stráchd na dunach do'n ſgríbich mu'd cheós,
Stráchd, &c.

IX.

'S iomadh áit' ann 's na thachair,
An taileir MacNeacain,
Eidir Albain is Safun,
Bailtean margaidh is machair,
'S tric a fhealg thu air praifich,
O nach d' fhalbh thu le clapa,
Choidh' cha mharbh e duin' aca do'n t flógh,
Choidh', &c.

X.

'S duine dona gun mhios u,
Dh'fhas gun onair gun ghliocas,
Fear gun chomas gun bhriofgadh,
Chaill do fpionnadh 's do mhifneach,
Leis na rinn thu do'n bhidfeachd,
Bu tu 'n flaidhtire mifgeach,
'S cian o'n thoill thu do chuipeadh mu'n ól,
'S cian, &c.

XI.

'S iomadh ceapaire rómais,
Rinn thu ghlacadh a' d' chrógan,
Is bhi ga ftailceadh le d' órdaig,
Ann ad chap dheudach fgórnach,
'S reamhar farfaing do fgórnan,
Brú mar chuilean an ótraich,
Fhuair thu urram nan geócach re d' bheo,
Fhuair, &c.

XII.

Bi'dh na mnathan ag ráit,
'Nuair a rachadh tu 'n airidh,
Gun tolladh tu 'n t áros,
Ann 'ſam bitheadh an cáiſe ;
'Nuair a dh'itheadh tu pairt deth,
'S a bhiodh tu air tráſgadh,
Ann ſa' mhuidhe gu'n ſpárr thu do chróg,
Ann, &c.

XIII.

'S tu 'n tollaran cnáimhteach,
Ge bu ghionach do mhaileid,
Tha do mhionach air t' fhágail,
Gun chrioman deth láthair,
Cochall glogach mu d' áruinn ;
Tha do ſgamhan is d' áinean
Lán galair is fáſlaich, is chós,
Lán, &c.

XIV.

Beul do chléibh air a thachdadh,
Air séideadh 's air brachadh,
'S é gu h 'eididh air malcadh,
'S mór fheum air a chartadh,
Gach aon ea-cail a' d' phearſuin,
Caitheamh, 'eitich, is caſdaich,
Gus an d' eirich do chraicean o' d' fheoil,
Gus, &c.

XV.

Tha do chréuchdun, 's do chuiſlean,
Lán ea-cail is truſdair,
'S thu feumach air furtachd,
Tha 'n deideadh a' d' phluicin,
'S thu t eigin le clupaid
D' anail bhreun, gu trom, murtaidh,
'S mairg a dh' fheachadh dhiot moch-thra do thóchd,
'S mairg, &c.

XVI.

Do dheud ſgrób-bhearnach, cabach,
Am bheil na ſgóir-fhiaclan glaſa,
Moſgain, cóſacha, ſgealpach,
Luibte, grannda, cam, feachta,
A null 's a nall air an tairſinn,
Cuid diubh caillt, air dol aſad,
'S na bheil ann diubh, air ſpagadh do bheoil,
'S na, &c.

XVII.

Bi'dh na ronnan gu ſilteach,
'Nan tonnaibh gorm, ruidhteach,
A gabhail toinneamh o d' liopan,
Thar cromadh do ſmige;
'S dorcha doilleir do chliſneach,
Comh-dubh ris a phice,
Uchd na curra, cean circ' ort, gob geóidh,
Uchd, &c.

XVIII.

Do mhaol chruacach air faileadh,
Gun chluaſan, gun fhaillean ;
Tha thu uainealach tanna,
Co'-chruaidh ris an darach ;
'S thu gun ſuanach, gun anart,
'S adh'r truais thu re d' ghearan,
'S gu fuair thu na gaillean an reót,
'S gur, &c.

XIX.

Tha cean binneach 'na ſtúic ort,
Geocach, leith-cheannach, giugach,
Aodan brucainneach, grugach,
'Srón phlucach na múire,
Tha cruit air do chúlaobh,
'S moran lurcuich a'd' ghlúinibh,
Dá chois chama, chaol, chrúbach, gun treoir,
Dá chois, &c.

XX.

Cha 'n 'eil uiread nan ſáiltean,
Aig á phliutaire ſpágach,
Nach 'eil cuſpach is gágach,
Tha thu d' chrioplach 's a'd' chraigheach,
'Slionmhor tubaiſt an táleir,
Dh' fhág an ſaoghal 'na thráil é,
'S mairg a ſhaóraich air h árach 's tu óg,
'S mairg, &c.

XXI.

Mu's ann do ſhliochd Adhamh thu,
Cha cholſach re cách thu,
Aig olca 's a dh' fhás thu,
O thoiſeach do láithean :
Cha 'd thig cobhair gu bráth ort,
Gus am foghain am bás duit,
'S do chorp ódhar a chàramh fo'n fhóid,
'S do chorp, &c.

---

## ORAN XIV.

*Cumha' Ghileaſpaig Achaládoir.*

I.

Gur muladach tha ſinn,
Mu Mháidſeir Achaladoir ;
E bhi dhí air an aireamh,
'Nuair thainig cách thairis oirn',
Chuaidh gach duine g'an áite,
'S an leith-páigh 'ga tharuing ac',
'S ann tha eiſean air fhágail,
Ann ſan ár-fhaich gun charuchadh.

II.

Bu cheann-feadhna deas calm' thu ;
'N ám dhuit falbh as an fhearann ſo,
Air thoiſeach na h armailt,
Far 'na dhearbh thu do cheann-ardachd,
Chaidh tu null air muir-dhubh-ghuirm,
'S bhi 'ga ſtiubhradh le Maraichean,
Dol ma choinneamh nam Francach,
Is iad 'nan camp air gach Gearaſdan.

III.

Bha thu cruadalach, dána,
Ann ſgach cás a bhiodh barraichte,
A' dol air h adhairt ſna bláruibh ;
Bu neo-ſgáthach 'gan taruing thu,
Thug ſin thu gu áite,
'S theireadh cach gur tu b'airidh air,
Bha do miſneach is d' eolas,
Mar á dh' fhoghnadh do ſheanalair.

IV.

Bha d' aigni mar leomhan,
Ann am mór-chuis, le fearachas ;
Brais is árdan le cheile,
Ann ám feuma no cabhaige,
Lamh chruaidh air chul ſceith,
Cho' treabhach 's a b' aithne dhamh ;
'S ann ám bhualadh nan ſpeicean,
Cha raibh deiſin ann ceangal riut.

V.

Be do mhiann na 'h airm ghaifge,
Bhi gu acuineach, farumach;
Coiliobhar caol fnaithte,
Nach do dhiult a fnap aingeal duit,
Lann thana, gheur, ftailin,
Chruaidh, laidir gu gearradh,
Deigh fpionna do laimhe,
Bhiodh do namhad 'fa gearanach.

VI.

Ann an lá blár champin,
'Nuair bhuail an tacaid an feanalair,
Chuaidh a lot ann fan áraich,
'S dh'fhág cach a call foladh é,
Thug thu mach e air ghiulan,
'Sin an turn nach raibh aithreach dhuit,
'N ám fuithe na cuirte,
'S gach aon chuís be do charaid é.

VII.

'S é la Phealan-houfain
A rinn an diuthail gu 'h ath-ghaoraid,
'Nuair a thuit an commandair,
A' b' aird' air na fearuibh 'ud,
Air a phicaid a bha thu,
Ofcionn chách fhuair thu barantas,
Ann an onoir na rioghachd,
'S an righ fhad 's bu mhairthean thu.

VIII.

Ge do theireadh luchd fáoineachd,
An taobh ſo gu h ain-eolach;
Gu'n do thearuing ſliochd Dhiarmad,
Gun reabadh, gun ghearradh ann,
'Nan ſealladh iad díreach,
'S gu'm bi 'n fhirin a chanadh iad;
'S mór ar call le Rìgh Deorſa,
O'n a thoiſich a charraid ſo.

IX.

Chaidh Gileſpic a bhualadh,
Thain' an luaithe na deannuimh air,
Far nach fhaiceadh é naimhdean,
'S craobhan arda 'gam folach air;
Thuit miſneach na páirti
A bha 'n la' ſin ann caradh dhuit,
Bha 'n taic air am fágail,
'Nuair a bha thu gun anail ac'.

X.

'Nuair a thainig a gháſaid,
Thug fios do bháis thairis duinn,
Bu mhuladach, cráiteach,
Do bhrathair, 's do phearuichean;
Do chleamhnun gu 'h áraid,
'S do chairdean a bharrachd orr';
'S bu mhor an cin-fáth air,
'S 'nu bha air an aire-ſin.

XI.

Bha thu maith ann ám ſiochaint,
Gu ſiobhalta, faraſta,
Cho-uaſal ad' inntin,
'S gu'm bu ghrinn gach ni chanadh tu;
Mar bu dual duit ód ſhins'reachd,
Thaobh gach linn a chaidh tharud diu,
Cruaigh a ſheuſamh na láruch,
'S bhi bláth an ám caruinis.

XII.

Bu tu maighiſdir na tuatha,
'S an deagh uachdaran fearruin,
Ann ám paighe dhuit cíſean,
Cha bhiodh díth air do theanandan;
'Stu nach ſealladh gu míothur
Air an ni thoirt a dh'ain-deoin uap',
'Se bu mhianach led' inntin,
Iad a chinntin mar raineach dhuit.

XIII.

Bu tu croidhe na feile,
Ceann na ceil' is a cheanaltuis,
Bu mhaith labhairt is leirſin,
'Nám dhuit fein bhi meaſg aithnichin,
Sár phoiteir an fhiona,
Lamh dhioladh nan galan thu,
Marcach ſunntach eich cheumnaich,
Bhuithneadh réis ann an cabhaig thu.

XIV.

'S an deireadh an' t ſamhraidh,
Thug do naimhdean an aire dhuit,
'Nuair a fhuair iad o'n champ thu,
Air commaird a mhór challa dhuin;
'S adhbhar mulad as campuir,
Do gach aon duine dhearadh ort,
Bhi cluinntin do bheuſan,
'S gun tu fhein a bhi mairtheán ac'.

---

## ORAN XV.

*Cumha' Chailein Glinn-iuthair*

I.

SMAOINTEAN truagh a th'air m' aigne,
Dh' fhág orm ſmuaïrean, is airſneul,
Ann ám gluaſad am leabidh,
Cha chadal ach dúiſg,
Tha mo ghruaighean air ſeachda',
Gun dion uair air mo roſguibh,
Mu'n ſgeul a chualas o'n Appuin,
A ghluais a chaiſmeachd 'ud duin',

Fear Glinn-iuthair a dhí oirn',
Le puthar luchd mio-rúin,
Mo sgeul duthach r'a innseadh
Thu bhi 'd shíne' san úir,
'S truagh gach duine do 'd dhílsean,
O'n a chuaith do chorp príseil,
Ann ciste chuthainn, chaoil, dionaich,
'S ann an lín-anart úr.

II.

B'e sin an corp áluin,
'Nuair bha thu roimhe so 'd shlainte,
Gun chion cumachd, no fás ort,
Gu foinnimh, daicheil, deus, úr,
Suairce, foisinneach, fáilteach,
Uasal, iorasal, baidheil,
Caoineil, cineadail, cairdeil,
Gun chron r'a gh'rait air a chúl,
Lán do ghliocas, 's do leirsin,
Gu dana, miosnachail, treubhach,
Gach ait' an sirte gu feum thu,
'S ann leat a dh'eireadh gach cúis;
B'e do choimeas an dreagan,
Na 'n t seothag 'sna speurau,
Co bu choslach r'a cheile
Ach iad fein agus tu?

III.

'S cruaidh an teacair a thainic,
'S truagh mar thachair an drásta,

Nach do ſheachuin thu 'n t áite,
'N do ghlac am bás thu air thús;
Suas o chachuile ghàruidh,
Fhuair thu 'n tacaid a chráith mi,
'S gun do thaic a bhi laimh riut,
'Nuair ghabh iad fáth ort o'd chúl,
Air do thaobh 's thu gun chomhradh,
San ám 'n do chaochail an deo uait,
D' úil chraobhach, dhearg, bhoidheach,
A gabhail dorta 'na brúchd,
Le gniomh an amadain ghóraich,
A bha gun aithne gun eolas,
A chreic anam air ſtóras,
Nach do chuir ann trócair a dhúil.

IV.

B'e 'n croidhe gun tioma, gun deiſein,
Gun ádh, gun chineas, gun cheatamh,
A chuir lamh a'd mhille gun reaſan,
Le cion ceil' agus túir,
'Se ghlác mar chomhairl' an eucoir,
'S boc an gnothach mar dh'eirich,
Dh'fhág é ſinne fuidh euſlain,
Is e fein 'na fhear cúirn,
'S ge nach ſámhach a leaba,
Le eagal a ghlacadh,
Cha 'ne tha mi 'g acain,
Ach mar a thachair do'n chúis,
An t armun deus, tlachdmhor,
A tha 'n dráſt' ann Ardchátain,

An deis a chàramh an tasguidh,
Ann àite codail nach dúisg.

V.

'Se do chadal gu sioruidh,
A dh'fhág m' aïgne cho tiomhaidh;
'S tric smaointeana diomhain,
A tigh'n gu dian orm as úr,
'S trom a dh'fhás orm an iargain,
As goirte társa na 'm fiadhrus,
Mo chomh-alt áluin, deus, ciatsach,
An deis a reubadh gu dlú';
Mile molachd do'n laimh sin,
A ghabh cothrum is fáth ort,
A thug an comas do'n lamhach,
'Nuair chuir e 'n Spáinteach r'a shúil,
Sgeula soilleir a b' áil leam,
Gu'n cluinnt' am follais aig cách,
E bhi dol ri crommaig le fáradh,
Gus am miosa dha-sa na dhuinn.

VI.

Ge b'e neach a rinn plót ort,
Le droch dhúrachd o thoiseach,
Bu dana chúis dha tigh'n ort-sa,
Na do lota as úr;
Bha 'na rún bhi gu h olc dhuit,
'S gun a chroidh' aig aodan a nochdadh,
'S ann a thain' é sámhach mu'n chnocan,
'S a ghabh ort socair o'd chúl.

'S é mo dhiúthail a thachair,
Ann ám do'n fhúdar 'ud laſadh,
Nach raibh 'ad chairdean ann taic riut,
Na bheireadh aicheamhail diú';
'Sa liuthad ſiuran deus, tlachdmhor,
Nach gabhadh cúram ro' bhagra,
A chuireadh ſmúid ris an Appuin,
A chion gu'm faiceadh iad thu.

VII.

'S trom a pháigh ſinn an iobairt,
A chuir ar namhaid a dhí oirnn,
Ged' tha 'n aich'mhail gun díoladh,
Thig fhathaſd liondan mu'n chúis,
Chuireas cách ann ſtaid íoſail,
Airſon an aileagain phrioſail,
Bh' ann ſan áite mar fhírean,
A chleachd ſirinn is cliu:
'S boc an nuaidheachd r'a aireamh,
Gur ann an naſguidh a thà thu,
Nach d'thainic fhathaſd mu'n chás 'ud,
Na dheanadh ábhachd thoirt duinn,
Ach air fhad 's gam bi' dáil ann
Comh cheart 's tha mi 'g raite,
Bi'dh an fhalachd 'ud paighte,
Mun d' theid an gamhlas air chúl.

VIII.

'S iad na ſineachan laidir,
Bu mhaith a ghabhail do phàirti,

Ann Righ, is Diuc Earaghaidheal,
Nach fhaiceadh fáilinn ad' chúis,
Iarla dligheach Bhraidealban,
Air thús a tighinn gun chearbuich,
'S gur ioma' fear armach,
A sheas'adh calma r'a chúl;
Mac Caoi 's a luchd leanmhuin,
Leis an eireadh suinn nach bu leanbuidh,
Na laoich buidhneach, mhór, mheamnach,
Le'n lanna ceann-bheartach, cúil;
Mac Dhom'uil duith, 's cloinn Chamroin,
'S gu leoir a thighearnan ainmeal;
'S fhad o'n chuala' sinn seanchas,
Gu'n do dhearbh iad an cliú.

IX.

'S ghabh thu áite le órdugh,
Air páirt do Shrath-lochay,
'S cha b' ann air ghaol stórais,
'Na los am pórsan thoirt diú';
Ach a sheusamh an córach,
Le meud do cheisd air an t seors' ud,
'S an oidhre dleasnach air fogra,
G'am bu choir bhi sa' chúirt:
'S ge do theireadh luchd fáoineachd,
Gu'n raibh 'd aire-sa daonan,
Bhi sgainneart nan daoin ud,
Na 'n leigeadh sgaoilteach air chúl,
Chíte fhathasd a chaochladh,
Num suighe tu saoghal,

Gur é bhi tarruing luchd gaoil ort,
As gach taobh, a bha 'd rún.

X.

Bu tu croidhe na feile,
Dh' fhás gu tighearnail, ceut'ach,
Ann lathair britheamh Dhuineidin,
'S tric a reitich thu cúis;
'S oil leam caramh do cheud-mhna,
'S óg a banntrach ad' dheidh i,
Lion campar gu leir i,
O'n a dheug a ceile deus, úr;
Fhuair mi 'n fealladh nach b' aoibhin,
An uaigh mud' choinnimh 'ga reitich,
'S truagh gach comman thug fpeis dhuit,
O'n chuaidh tu fein ann fan úir,
'S gun dúil a nois' ri thu dh'eiridh,
'Se dh'fhág mife fuidh eu-flain,
Bhi 'n diu ag innfeadh do bheufan,
'S nach d' thig thu dh'eifdeachd mo fgiúil.

## ORAN XVI.

*Marbh-rann coilich.*

I.

An cuala ſibh an t ſealg,
A bha ainmeal air feadh nam bailtean;
Rinneadh i ſan an-moch,
'S cha b' fhear dhuinn i bhi ſa mhaduin;
O'n a' bha i cearbach
Le dearbhadh, 'nuair chuaidh i ſeachad,
Cumaidh ſinn am foirm,
Gu'n raibh'n dorch ann, 's nach fheudta faicinn.
'S olc an obair oidhche,
Le coinnlean, ged' theid an laſadh,
Gunnaireachd dhaoin óga;
'S i ghóraich a thug amach iad.

II.

Chúal iad ſa h uil' aite,
Am breamas a rinn Páraic,
'Nuair a dh'innis é do chách é,
Gu'n d' thainig an croman-lachdan,
Bheireadh' é na bóidean
Gur mór é, 'ſa bhroileach glas air,
Is gu'n do luidh é direach
Air círein mulaich na h aitreabh.

Mur cumadh a' chomhl' é,
Gu'm biodh na h eoin air an fgapadh;
Nach mór a bhiodh beo dhiubh,
Gu'n leon mu'n d' thigeadh a' mhadain.

III.

Sin 'nuair ghlac an fealgair,
An gunna bh' air an ealchain,
'S chuir é luaith gharbh innte,
Dairearach do'n acfuin Shas'naich:
Chum é fúd r'a fhealbhan,
'S gu'm b' fhear gu'n rachadh i feachad,
'S ann a rinn é marbhadh,
A b' ainmic a leithid fhaicinn.
'Nuair a las am fúdar,
'S é 'n dúil gu'n dianadh é thapadh,
'Se coileach an dúnain,
A bha 'n a chrúban fa chlappail.

IV.

B'é fin an coileach boidhéach,
Bha cuid air fiamh an óir dheth,
Cuid eile mar na rófan,
'S bha móran deth mar an fneachda.
Bu leathan a chrógan,
B'é 'n fmógairneach é air faithche,
Bu ro-mhaith na bótan,
An rómaich' a bh' air a chofan;
Bha fpuir air a fpógan,
Bha córr a dh'ionnfuidh a' ghleachdaidh,

'Nuair a thigeadh Di-máirt',
A bhiodh cách a' feuchain an gaisge.

V.

B'é sin an coileach ceutach,
Bha colsach ris a' pheacaig,
'S an uair a chuaidh a reubadh,
B' é 'n déisean leam bhi 'ga fhaicinn,
Cha leighiseadh leigh é,
'Sa chreuchdan a' dol am braisead,
Tonnan g'a fhuil chrao'aich,
A taomachadh as a chraicean.
An t sealg a rinn na daoine,
Gun saoireachadh fad' air astar,
Gun uchdach a dhíreadh,
Ach eidir a ghriósach 's an stairsneach.

VI.

'S an dithisd thug am bínne,
'S a dh' fhág é sin 'na shíneadh,
B' é 'm breitheamh rinn a dhíteadh
'S b'é 'n gíomanach rinn a leagadh,
'S cha 'n fhágadh iad shios é,
Nam suigheadh é fírinn is ceartas:
Cha d'rinn é riamh ea-coir,
'S deadh bheusan aige mar fhasan.
Theannadh é re eigheach,
Gu h eifeachdach 's sinn 'nar codal,
Is dhúisgeadh é gu leir sinn,
'S gu'n eireamaid ann sa mhadain.

VII.

Chuaidh litir a Shrath-eirion,
A dh' ionnfuidh nion Sheumais,
A dh' innfeadh ceart an fgeula,
Do'n té dhiubh air am bheil Sefi.
Gu bheil finn fuidh champar,
O'n ám an d' thainig an fneachda,
Mu'n choileach a chaill finn,
A's gann a dh' fheudar a fheachnadh,
O's té nach 'eil teann i,
'S nach ganndar a rinn i chleachdadh,
Gu'n dean i ruinn fábhor,
O's ámhaift rud a bhi aice.

VIII.

Beannachd aig an righbhinn,
A bha gu fuairce fiobhailt,
Nach do leig air di-chuimhn',
An fgriobha fin a chuir dha-thigh;
Chuir i gill 'an tír fo,
Le fioltaiche do na cearcan,
'S ghiulain é gu riomhach,
A ghibht phríofail ud na achlais.
Tha dreach an fhir a dh' fhág finn,
A fás air an fhear a th' againn,
'S o'n tha e na áite,
Saoilidh cách gur h é mhac é.

## ORAN XVII.

*Oran, mar gun deanadh Nian é do Niain eile.*

I.

Chuir nian du' Raineach orm' farran is mi-
thlachd,
Nach cuir mi dhiom le cabhaig an dráſt,
Ghaoid i mo ſporran, 'ſna dollair gu lionmhor,
Bh' agam fu' 's nioſal feathamh re m' laimh.

II.

Nam biodh a chail' 'ud gu daingeann am príoſan,
Rachuinn g'a díteadh dh'ionnſuidh a bháis;
A chion gu'n do ghaoid i 'n rud beug bha ſa'
chlúdan,
Bh' agam ſa' chúil nach d' innis mi chách.

III.

'S muladach miſe gun fhios ciod é ni mi,
O'n a tha mi gun ſearrach, gun lair,
Gun chaora, gun oiſg, gun ghabhar, gun mhí-
ſeach,
Gun a mart mín a chraoimeas am blár,

IV.

Cha raibh mi gun airgiod gus an d' fhalbh e
go mi-mh'ail,
Leis an te chrion nach do ſheal air mo chás,
Rinn i mo chreachadh 's bu pheacach an ní dhi',
Mis 'a chuir ſios, gun i fein chuir a naird.

V.

Ciomar a cheanuicheas mi camruig na síde,
Na 'n leig mi dhiom é tuille gu bráth;
Ged' thig a marſant le phachda do'n tír,
Cha 'n fhaigh ſinn aon síon bhios aige air dáil.

VI.

Bha mho chuid ſtórais am phoca co-uallach,
'S ged' a bhiodh buaile mhart air mo ſgáth,
'Si rinn an eu-coir a bheiſd a thug uam é,
'S tha mi fu' ghruaim 'o mhaduin Di-mairt.

VII.

A righ nach raibh mairlich na cearna ſo 'n
rioghachd,
Ann ſa mhuir ioſail, fada 'o thráigh;
Is caile dhuth Raineach ſan eummain an iochdar,
Chuideacha bi' do phartan nan ſpág.

## ORAN XVIII.

*Oran Bein-Dourain.*

*Air fonn*, Piobaireachd.

URLAR.

I.

An t urram thar gach beinn
Aig Beinn-dourain;
Na chunnaic me fuidh 'n ghrein,
Si bu bhoidhche leam;
Monadh fada, réidh,
Cuilidh 'm fuighte féidh,
Soilleireachd an t fleibh,
Bha mi fonruchadh;
Doireachan nan geug,
Coill' ann fám bi feur,
'S foineafach an fpreidh,
Bhios a chomhnaidh ann;
Greadhainn bu gheal céir,
Faoghaid air an deigh,
'S laoghach leam an freud,
A bha froineifeach.

'S aigeannach fear ea-trom,
Gun mhór-chuis,
Theid faſanda na eitidh,
Neimh-ſpórſail,
Thá mhanntal uime fein,
Caidhtiche nach treig,
Brattach dhearg mar cheir
Bhios mar chomhdach áir;
'S culuidh g'a chuir eúg,
Duin' a dheanadh teúchd,
Gunna bu mhaith gleús,
Ann glac óganaich,
Spor ann ſam biodh bearn,
Tarran air a ceann,
Snap a bhuaileadh teann
Ris na h orduibh i;
Ochdſhliſneach gun fheall,
Stoc do'n fhiodh gun mheang,
Lotadh an damh ſeang,
Is a leonadh é.
'S fear a bhiodh mar cheaird,
Riu' ſonraichte,
Dh' fhodhnadh dhoibh gun taing,
Le chuid ſeolanain;
Gheibhte fud re ám
Padruic ann ſa' ghleann,
Gillean as coin ſheang,
'S é toirt orduibh dhoibh;
Peileirean nan deann,
Teine g'an cuir ann,

Eilid nam beann árd,
Theid a leonadh leo.

SIUBHAL.

II.

'Si 'n eilid bheag, bhinneach,
Bu-ghunuiche fraonadh,
Le cuinnein geur, biorach,
A fireadh na gaoithe,
Gafganach, fpeireach,
Feadh chreachan na beinne
Le eagal roimh theine,
Cha teirin i 'n t aonach;
Ge do theid i na cabhaig,
Cha ghearain i maothan;
Bha finnfireachd fallain,
'Nuair a fhíneadh i h annail,
'S toil-inntin leam tannafg,
G'a lanngan a chluinntin,
'Si 'g iarraidh a leannain,
'N ám darraidh le caoi'neas,
'S é damh a chin alluidh
Bu gheal-cheireach feaman,
Gu caparach, ceann-árd,
A b' fharumach raoiceadh,
'S é chomhnuidh 'm Beinn-dourain,
'S é eolach m'a fraoinibh.

'S ann am Bein-dourain ;
Bu mhór dhamh r'a innſeadh,
A líuthad damh ceannard,
Tha fanntuin ſan fhrí ud,
Eílid chaol, eangach,
'S a laoighean 'ga leantuin,
Le 'n gaſgana geala,
Re bealach a díreadh,
Re fraoidh choire-chruiteir,
A chuideachda phíceach :
'Nuair a ſhíneas i h iongan,
'S a theid i na' deannaibh,
Cha ſaltradh air thalamh,
Ach barra nan ínean,
Co b'urrain g'a leantuin,
A dh' fhearaibh na rioghachd ?
'S arraideach, farumach,
Carach air gríne,
A chóiſri nach fhanadh
Gné ſmal air an inntin
Ach caochlaideach, curaideach
Caol-chaſach, ullamh,
An aois cha chuir tru'm orra,
Mulad, no mí-ghion ;
'Se ſhlánuich an culaidh,
Feoil mháis, agus mhuineil,
Bhi támhachd am bunailt,
Ann cuilidh na fríthe,
Le áilleas a fuireach,

Air ſáſach 'n an grunnaibh,
'Si 'n áſain a mhuime,
Tha cumail na cíche
Ris na laoigh bhreaca, bhallach,
Nach meathluich na ſiannta,
Le 'n criodhacha meara
Le bainne na cipe,
Groiſeanach, eangach,
Le 'n girteaga geala,
Le 'n corpanna glanna,
Le fallaineachd fior uiſg;
Le farum gun ghearan,
Feadh ghleannan na milltich;
Ge do thigeadh an ſneachda
Cha 'n iarradh iad aitreabh,
'Se é lag a choir'-altrum
Bhios aca g'an diodunn.
Feadh ſtacan, is bhacan,
Is ghlacaga díomhair,
Le 'n leapaichean faſgach,
An taic Ais-an-tíain.

URLAR.

III.

Tha 'n eilid ann ſan fhrí
Mar bu chóir dhi bhi,
Far am ſuigh i millteach
Glan-feórnaineach:

Bruchorachd is cíp,
Luiſean am bi brigh,
Chuireadh ſult is igh
Air a lóineinibh.
Fuaran ann 's am bi
Biolaire gun díth,
'S milſe lea' na 'm fion,
'S é gu'n éladh i.
Cuiſeagan is riaſg,
Chinneas air an t ſliabh,
B' annſadh lea' mar bhiadh
Na na fóghlaichean.
'S ann do'n tiochd-an-tír
A bha ſéghar lea',
Sobhrach is eala-bhi
'S bara neónagan:
Dobhrach bhallach, mhín,
Ghobhlach, bharrach, ſhliom,
Lóintean far an cinn
I 'na móthraichean.
Súd am pórſan bídh
Mhéudaicheadh an clí,
Bheireadh iad a níos
Ri ám dó-iith'chean:
Chuireadh air an druim
Brata ſaille cruinn,
Air an carcais luim
Nach bu lódail.

B' é ſin an caidreamh grinn
Mu thrá' nóine,
'Nuair a thionaladh iad cruinn
Ann ſa' ghlómuinn :
Air fhad 's ga'm biodh an oidhch',
Dad cha d' thigeadh ribh,
Faſgadh bhun an tuim
B' áite cómhnuidh dhaibh.
Leapaichean nam fiadh,
Far an raibh iad riamh,
Ann aonach farſaing fial,
'S ann am mór-mhonadh.
'S iad bu taitneach ſiamh,
'Nuair bu daithte am bian,
'S cha b'i 'n airc am miann,
Ach Beinn-dórain.

SIUBHAL.

IV.

A bheinn luiſeanach, fhailleanach,
Mheallanach liontach,
Gun choi'-meas 'ga falluing
Air thalamh na Crioſd'achd ;
'S ro-neónach tha miſe,
Le bóidhchead a ſlioſa,
Nach 'eil cóir aic' an ciſte
Air tiotal na rioghachd :
'S i air dúbladh le gibhtibh,
'S air lúiſreadh le mioſaibh,

Nach 'eil bichiont' a' brifteadh
Air phrifeanaibh tíre :
Lán trufgan gun deireas,
Le ufgruichean coille,
Bar guc' air gach doire,
Gun choir' ort r'a innfeadh ;
Far an uchd-ardach coileach,
Le fhriutaichibh loinneil,
'S eoin bhuchalach bheag' eile
Le'n ceileiribh lionmhor.
'S am buicean beag fgiulta,
Bu fguibealt' air gríne,
Gun fgiorradh gun tubuift',
Gun tuifleadh gun díobradh,
Crodhanach biorach
Feadh coire 'ga fhireadh,
Feadh fraoich agus firich,
Air mhireadh 'ga dhíreadh ;
Feadh rannoich is barraich
Gu'm b' araideach inntinn,
Ann an íofal gach feadain,
'S air áirde gach creagain,
Gu mireanach, beiceafach,
Eafgonach sínteach.
'Nuair a theid é 'na bhoile
Le clifge fa' choille,
Is é ruidh feadh gach doire,
Air dheireadh cha bhi é.

Leis an eangaig bu chaoile
'S é b' ea-truime sínteag,
Mu chnocanaibh donna
Le ruidh dara-tomain,
'S é togairt ann coinniumh
Bean-chomuinn os 'n iofal.
Tha mhaoifleach beag bhranngach
Sa' ghleannan a chómhnuidh,
'S i fuireach fan fhireach
Le minneinean óga:
Cluas bhiorach gu claifteachd,
Súil chorrach gu faicinn,
'S i earbfach 'na cafan,
Chur feachad na móintich.
Ge do thig Caoilte 's Cuchullin,
'S gach duine do'n t feórs' ud,
Na tha dhaoine 's do dh' eachaibh,
Air fafta' Righ Deórfa,
Nan tearnadh a croicean
O luaithe 's o lafair,
Cha chual' is cha 'n fhac' i
Na ghlacadh r'a beo i;
'S i grad-charach, fad-chofach,
Aigionnach neónach,
Geal-cheireach gafganach,
Gealtach roi' mhadadh,
Air chaifead na leachdainn
Cha faltradh i cómhnard,

'Si noigeanach, groigeaſach,
Gog-cheannach, ſórnach:
Bior-ſhúileach, ſgur-ſhuileach,
Frionaſach, ſurachair,
A fuireach' ſa' mhonadh,
Ann do thuinich a ſeórſa.

URLAR.

V.

B'i ſin a' mhaoiſleach luaineach,
Feadh óganan;
Biolaichean nam bruach
'S áite-cómhnuidh dh'i,
Duilleagan nan craobh,
Bileagan an fhraoich,
Criomagan a gaoil,
Cha b'e 'm fótrus.
A h aigneadh ea-trom ſuairc,
Aobhach ait gun ghruaim,
Ceann bu bhraiſe, ghuanaiche,
Ghóraiche;
A' chré bu cheanalt' ſtuaim,
Chalaich i gu buan
Ann gleann a' bharaich uaine
Bu nóſaire.
'S tric a ghabh i cluain
Sa' chreig mhóir,
O'n is mioſail leatha bhi luan
Is a dhómhnach ann:



NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

Pris an dean i ſuain
Bichionta m'an cuairt,
A bhriſteas a' ghaoth tuath,
'S nach leig deó orra,
Am faſgadh doire-chró,
An taiceadh ris an t ſróin,
Am meaſg nam faillean óg
Is nan cóſagan.
Maſgadh 'n fhuarain mhóir,
'S é pailte gu leór,
'S blaſda lea' na bheoir
Gu bhi póit orra.
Deoch do'n t ſruthan uaſal
R'a ól aice,
Dh' fhágas fallain fuaſgailteach
Ogail i :
Grad-charach re uair,
'S eathlamh bheir i cuairt
'Nuair thachaireadh i'n ruaig
'Sa bhiodh tóir orra.
'S mao-bhuidh daitht' a ſnuagh,
Dearg a dreach ſa tuar,
S gur a h iomadh buaigh
Tha mar chómhluath orra ;
Fulangach air fuachd,
Is i gun chum' air luathas ;
Urram claiſteachd cluas
Na Rinn-Eorpa dh'i.

SIUBHAL.

VI.

Bu ghrinn leam am pannal
A' tarruing ann órdugh,
A' díreadh le fàrum
Ri carraig na fróine.
Eidir fliabh craobh-na-h-ainnis,
Is beul choire-dhaingein
Bu bhiadhchar greidh cheann-ard
Nach ceannaich am pórfan;
Dá thao' choire-rannoich
Mu fgéith fin a' bhealaich,
Coire réidh Beinn-Achaladair
Is thairis mu'n chonn-lon:
Air lurgain na-laoidhre
Bu ghreadhnach a' chóifri,
Mu lárach-na-féinne
'S a' chraig fheilich 'na dheigh fin,
Far an cruinnich na h eildean
Bu neo-fpeifeal mu'n fhóthlach:
'S gu'm b'é 'n aithir is an aoibhneas
Bhi faicheachd air réidhlein
A' comh-mhacnus ri chéile
'S a' leumnaich feadh móintich;
Ann am pollachaibh daimfeir
Le fodradh gu meamnadh,
Gu togarrach mearrachdafach,
Ain-fheafach górach.

'S cha bhiodh íot air an teangaidh
Tao' fhios a' mhili-teanail,
Le fíon-uillt na h Annaid,
Blas meala r'a ól air:
Sruth bríoghmhar geal tana
'S é síothlagh roimh 'n ghaineamh;
'S é 's milfe na 'n caineal,
Cha b' ain-eolach oirn' é.
Súd an íoc-fhlainte mhairtheann,
A thig a íochdar an talamh,
Gheibhte lionmhoireachd mhaith dhith
Gun a cheannach' le ftoras;
Air fárum na beinne
Is dáicheala fealladh,
A dh'fhás ann fa' cheithreamh
A' bheil mi 'n Rinn-Eorpa;
Le gloinid a h uifge,
Gu mao-bhlafda brifg-gheal,
Caoin, caomhail, glan, meafail,
Neo-mhifgeach re póit' air:
Le fuaranaibh grinne
Am bun gruamach na biolair',
Cóineach uaine mu'n iomall,
Is iomadach feórfa.
Bu ghlan uachdar na linne
Gu neo-bhuaireafach mifis,
'Tighn 'na chuartaig o'n ghrinneal
Air flinnein Beinn'-dórain.
'Tha leith-tao' na leachdainn
Le mais' air a cómhdach,

'S am fri'-choirean creagach
'Na ſheaſamh g'a chóir ſin.
Gu ſtobanach ſtacanach,
Slocanach laganach,
Cnocanach crapanach,
Caiteanach rómach ;
Paſgainneach badanach,
Bachlagach bóidheach :
A h aiſeirine' corrach.
'Nam faſraichibh mollach,
'Si b'aſadh dhamh mholladh,
Bha ſonas gu leoir orra :
Cluigeanach gucagach,
Uchdanach cómhnard,
Le díthean glan ruiteach
Breac míſleanach ſultmhor :
Tha 'n fhri air a buſgadh
San truſgan bu chóir dh'i.

URLAR.

VII.

'S am mona' farſaing faoin
Glacach, ſrónagach ;
Lag a' choire fhraoich
Cuid bu bhóidhche dheth.
Sin am fearan caoin
Air an d'fhás an aoidh,
Far am bi na laoigh
'S na daimh chrócach ;

Is é deiſearach re gréin,
Seaſgoireachd g'a reir,
'S neo-bheag air an eildeig
Bhi chómhnuidh ann.
'S glan fallain a cré,
Is banail i 'na beus;
Cha raibh h anail breun,
Ge b'é phógadh i.
'S é 'n coire choſainn gaol
A h uil' óganaich,
A chunna' riamh a thaobh,
'S a ghabh éolas air:
'S lionmhor feadan caol
Air an eirich gaoth,
Far am bi na laoich
Cumail cómhdhalach,
Bruthaichean nan learg
Far am biodh greidh dhearg,
Ceann-uithe gach ſealg
Fad am beo-ſhlaint';
Is é lán do'n h uile maóin,
A thig amach le braon;
Fáile nan ſúgh craobh,
Is nan róſan ann.
Gheibhte tachdar éiſg
Air a córſa,
Is bhi 'gan ruidh le leus
Ann ſna mór-ſhruithean;
Mordha cumhann geur,
Le chrann giuthais fhein,

Aig fir ſhubhach threubhach
'Nan dórnaibh :
Bu ſholaſach a' leum
Bric air buinne réidh,
A' ceapadh chuileag ea-trom
'Nan dorlaichean.
Cha 'n'eil muir na tír
A' bheil tuille' brígh
'S tha feadh do chrích
Air a h órduchadh.

AN CRUNLUAITH.

VIII.

Tha 'n eilid anns a ghleannan ſo,
Cha 'n amadan gun eolas
A leanadh i mar b' aithne dha
Tigh'n faraſda na codhail,
Gu faiteach bhi 'na h earalas,
Tigh'n am faigſe dhi mun caruich i,
Gu faicilleach, gle earraigeach,
Mu'm fairich i ga cóir é ;
Feadh ſhlochd, is ghlac, is chamhanan,
Is chlach a dheanadh fólach air,
Bhi beachdail air an talamh,
'S air a' char a thig na neoil air ;
'S an t aſdar bhi 'ga tharruing air
Cho-macanta 's a b' aithne dha,
Gu'n glacadh é ga h aindeoin i
Le h anabharra ſeóltachd ;

Le túr, gun ghainne baralach,
An t súil a chuir gu danara,
A' stiúbhra' na du'-bannaiche,
'S a h aire ri fear-cróice;
Bhiodh rúdan air an tarruing
Leis an lúbt' an t iarun-earra,
Bheireadh ionnsuidh nach biodh mearachdach
Do'n fhear a bhiodh 'ga seóladh;
Spor úr an déis a teannachadh,
Buill' uird a' sgailceadh daingean ris,
Cha diúlt an t srad, 'nuair bheanas i
Do'n deannaig a bha neónach:
'Sé 'm fúdar tioram tean-abaich
Air chúl an asgairt ghreannaich,
Chuireadh smúid ri acfuin mheallanaich
A baraille Nic-Cóiseam.
B'ionmhuinn le fir cheanalta,
Nach b'aithnealach mu spórsda,
Bhi timchioll air na bealaichibh
Le fearalachd na h óige:
Far am bi na féidh gu farumach,
'S na fir 'nan deigh gu caithriseach,
Le gunna bu mhaith barrandas
Thoirt aingil 'nuair bu chóir dhi;
'S le cuilean foirmeal togarrach,
'G am biodh a stiuir air bhogadan,
'S é miol'airteich gu sodanach
'S nach ob é dol 'n an cómhdhail;

'Na fhurbuidh láidir cofgarrach,
Ra inntinneach, neo-fhoifeannach,
Gu guineach, fgiamhach, gob-eafgaidh
San obair bh' aig a fheórfa ;
'S a fhrioghan cuilg a' tog'ail air,
Gu maildheach, gruamach, doi-chiallach,
'S a gheanachan cnuafaichd fofgailt',
'Comh-bhogartaich r'an fgórnan.
Gu'm b' araideach a' charachd ud,
'S bu chabhagach i 'n cómhnuidh,
'Nuair a fhíneadh iad na h iongannan
Le h athghaoraid na móintich ;
Na beanntaichean 's na bealaichean
Gu'm freagradh iad mac-thalla dhuit,
Le fuaim na gairme gallanaich
Aig farum a' choin rómaich :
'Gan tearnadh as na mullaichibh
Gu linnichean nach grunnaich iad,
'S ann a bhitheas iad feadh na tuinne
Ann fan luineinich 's iad leointe,
'S na cuileinean gu fulafgach
'G an cumail air na muneilibh,
'S nach urrainn iad dol tuilleadh as,
Ach fureach, 's bhi gun deó annt'.
'S ge do thubh'rt mi beagan riu,
Mu'n innfinn uile an dleafd'nas orra,
Chuireadh iad a' m' bhreiflich mi
Le deifimearachd chómhraidh.

## ORAN XIX.

*Oran do Cheile Nuadh-phoiſde.*

I.

A MHARAI bhán og, 's tu 'n óigh th'air m'aire,
Ri'm bheo bhi far am bithinn fhein;
O'n fhuair mi ort cóir cho-mór 's bu mha' leam,
Le póſadh ceangailt' o'n chléir,
Le cúmhnanta teann, 's le banntaibh daingean,
'S le ſnaim a dh'fhanas, nach tréig:
'S é t fhaotain air láimh le grádh gach caraid
Rinn ſláinte mhairtheann a'm' chré.

II.

'Nuair bha mi gu tinn 's mi 'n cinnſeal leannain,
Gun chinnt co theannadh rium fhein,
'S ann a chunna' mi 'n óigh air bord tigh-leanna,
'S bu mhóthar ceanalt' a beus:
Tharruing mi ſuas ria, 's fhuair mi gealladh
O'n ghruagaich bhanail bhi 'm reir:
'S miſe bha aobhach t fhaotain marrum,
'S crobh-laoigh a' bharain a'd' dheigh.

III.

Maduin Di-luain, ge buan an t ſlighe,
'Nuair ghluais mi ruidhinn mar ghaoth,
A dh' fhaicinn mo luaidh 's rud uainn' nar dithiſt
Nach dual da rithiſt gu'n ſgaoil;
Thug mi i 'n uaigneas uair a bhruithinn,
'S ann fhuair an nion mo ghaol,
Is chluinneadh mo chluas an fhuaim a bhitheadh
Aig luathas mo chroidhe ri 'm thaobh.

IV.

Sin 'nuair chuir Cupid an t uldach a'm' bhroilleach,
G'a ſhaighdean corranach caol, [choluinn,
A dhrúith air mo chuiſlean, a chuir luchd air mo
Leis an do thuit mi ge b'oil leam 's gu'n d'aom,
Dh'innis mi ſgeul do'n té rinn m' acain,
Nach leigh a chaiſgeadh mo ghaoid;
'Sé leighis gach creuchd, i fhein le feartan
Theachd réidh a'm' ghlacaibh mar ſhaoil.

V.

Bheir'inn mo phóg do'n óg-mhnaoi ſhomult',
A dh' fhás gu boinneanta, caoin,
Gu mí'leant, cómhnard, ſeócail, foinneamh;
Do chómhradh gheibh mi gu ſaor.
Tha mi air ſheól gu leoir a'd' chomain,
A mhóid 'ſa chuir thu gu faoin
Do m' ſmaointean górach, próis nam boireannach,
'S cóir dhamh fuireach le h aon.

VI.

Chuaidh mi do'n choill' ann raibh croinn as
Bu bhoifgeil fealladh mu'n cuairt, [gallain,
'S bha miann mo fhúl do dh'fhiúran barrúicht'
Ann dlú's nam meanganna fuas,
Geug fu' bhlá' o bár gu talamh,
A lúb mi farrafda nuas:
Bu duilich do chách gu bráth a gearradh,
'S é 'n dán damh 'm failleán a bhuain.

VII.

Shuidhich mi líon air fior-uifg tana,
'S mi ftri' 'ga tharruing air bruaich,
'S thug mi le fgríob air tír a ghealag,
'S a líth mar eal' air a' chuan;
'S toilicht' a dh'fhag é 'n lá fin m' aigne,
An roinn a bh'agam fan uair;
B'i coi'meas mo cheud mhna' reult na maidne,
Mo chéile codail 's mi 'm fhuain.

VIII.

'Sé b'fhafan leat riamh bhi ciallach banail
Ri gniomh, 's ri ceanal mna-uaifl';
Gu páirteach, báigheal, blá', gun choire,
Gun ghíamh, gun ghoinne, gun chruas,
Gu déirceach, daonntach, faoilidh, farrafd',
Ri daoine fanna, boc', truagh;
Is tha mi le'd' fheól, ann dóchas ro-mha',
Gur lón a d' anam do dhuais.

IX.

Chuir mi air thús ort iúl as aithne,
Le ſúgra' ceanalta, ſuairc,
'Nuair theannain riut dlú', bu chúraidh' d' anail
Na úbhlan meala 'gam buain :
Cha bhiodh ſgeul rúin air grunnd mo ſtamaic,
A b' fhiu, nach mealladh i uam ;
Nan cuireadh i cúl rium 's diulta' bailcach,
Bu chúis damh anart as uaigh.

X.

Do bhriodal bla ſdo mharan milis,
Do nadur grinneas gach uair,
Gu bialchair gaireach aluinn coineil,
Gun chás a thoille dhuit fuath,
Chuir i guin bhais fad rái 'm bhuineal
Dh'fhag lan mi mhulad ſa ghruaim
Nuair thuig i mar bha ſa thár mi nulaidh
Ghrad ſpar i 'n cunnart ud uam.

XI.

'S ann thog e mi 'm prís o'n tíom ſo 'n uraidh,
An ní 'ſan urrain a fhuair,
'Sguab do'n íre fhíor-ghloin chruineachd,
An ſíol a's urramach buaidh.
Sin na chuir mi co-riomhach umad ;
Bha d' inntin bunailteach buan :
Líonadh do ſgiamhachd miann gach duine,
An dreach, ſiamh, an cumachd, 's an ſnuagh.

XII.

Do chuach-fhalt bán air fás cho-barrail,
'Sa bhár lán chamag as dhual;
T aghaidh ghlan, mhálta, nárach, bhanail,
Do dhá chaol mhalaidh gun ghruaim;
Súil ghorm, líonntach, mhín-rosg, mheallach,
Gun díth cur fal' ann a'd' ghruaidh,
Deud geal íobhraidh díonach, daingean,
Beul bídh nach canadh ach stuaim.

XIII.

Shiúbhladh tu fásach áiridh glinne
'San áit' an cinneadh an spréidh,
G' am bleothan mu chró, 's bhi chóir na h innis,
Laoigh óg a' mireadh 's a' leum;
Cha mhiosa do lámh 's tu láimh re coinnil
Na 'n seómar soilleir ri gréin,
A' fuaidheal 's a' faithmeadh bhann as phionar,
An ám chur grinnis air greus.

XIV.

Do chneas mar an éiteag glé ghlan, fallain,
Corp seamh mar chanach an t sléibh;
Do bhráigh co-mhín, 's do chíochan corrach
S iad líontach, soluist le chéil':
Gaoirdeine tlá' geal lámh na h ainnir,
Caol mheoir, glac thana, bas réidh;
Calpa deas úr, troigh dhlú' 'm bróig chuimir
Is lúthar innealta ceum.

XV.

'S ann fhuair mi bhean chaoin aig taobh Mhám-
charraidh,
'Sa gaol a'm' mhealladh o'm chéill'; [tharruing;
Bha do chroidhe dhamh ſaor, 'nuair dh'fheud mi
Cha b'fhaoin damh bhar'ail bhi d' reir:
'S ioma' fuil uaſal, uai'reach, fharumach,
Suas ri d' cheann-aghaidh fhein,
Gad' chumail am prís an Righ 's MacCailein,
'S tu ſhiol nam fear a bha 'n Sléit'.

XVI.

'Nam faighinn an dráſt do chóramh dainneann
Ann áite faluich o'n eug;
Ge d' thigeadh é d' dháil, as m' fhágail falamh
Cha b' áill leam bean eil' a'd' dheigh:
Cha toir mi gu bráth dhuit dranndan teallaich,
Mu'n árdaich aileag do chléibh,
Ach rogha' gach márrain, grádh as furran,
Cho-blá' 'ſa b'urrainn mo bheul.

XVII.

Dheanuinn duit ceann, as crann, as dearrach,
An ám chur ghearran an éill,
Is dheanainn mar chách air tráigh na mara,
Chur áird air mealladh an éiſg:
Mharbhainn duit geoidh, as róin, as eala,
'S na h eoin air bharra nan geug,
'S cha bhi thu ri d' bheo gun ſeól air aran,
'S mi chomhnuidh far am bi féidh.

# ORAN XX.

*Oran do leanabh-altrom.*

I.

Iseabal óg an ór-fhuilt bhuidh,
Do ghruai' mar rós, 's do phóg mar ubhall,
Do bheul dreachmhor meachair grinn,
O'm fuighte na h órain cheólmhor bhinn.

II.

'S tu 's gloine 's is cannaiche bharraile snuadh,
Gur deirge na'n t suthag an ruthadh tha d' ghruaidh,
Do mhín rosg líontach, síobhailt, suairc,
Gnáis mhálta nárach, lán do stuaim.

III.

'S é cosail na h ainnir an eal' air an t snámh,
Do chneas mar an canach co-cheanalta thlá',
Do chíochan corrach air bhroileach geal bán,
Do bhráigh mar ghrian, 's do bhian mar chnáimh.

IV.

Do chuach-fhalt bachallach, cas-bhuidh, dlú',
Gu h amlagach, daithte, lán chaifreag is lúb,
'Na chiabhannaibh cleachdach am pleata' gu dlú',
Air fniamh gu léir mar theuda-ciuil.

V.

'S iomá' fuil uafal gun truaille', gun táir,
Tha togail 'na ftuaidheannaibh fuas ann ad bhárr,
Clann Dómhnail a' chruadail fhuair buaigh ann s gach blár,
Gus an d' thain' an latha fuarach thugadh uath' an deas lámh.

VI.

S' ban-Chaimbeulach dhíreach an ríbhinn dheas óg, [tha beo;
Cha ftríochdadh do dhílfean a luchd míorum
'S gach car tha dol diotfa ga d' fhior-chur am móid
'S thu theaghlach an Iarla fhliochd Dhiarmaid nan frol.

VII.

Tha Cinneadh do fhean-mhath'r mor ainmeil gu leoir,
Na Camronaich mheamnach bu gharg air an toir;
'S iomadh áit' ann s'na dhearbh iad le fearghleus an dórn, [Dheórs',
Bhi marbhtach le'n armachd air dearganaich

VIII.

'Si 'n ainnir bu taitnich' a bh' ac' ann a ſtír,
A thachair bhi agam 'ga h altrom le cích;
'Nuair a ſheaſas i fathaſt air faidhir an righ,
Bi'dh ioma' fear-fearainn a' faraid, Co i?

IX.

Gruagach gheal, ſhomulta, ſhoilleir gu leoir,
'S i finealta foinneamh, gun chroma', gun ſgeôp;
Calpa deas coſail, a choiſicheadh ród,
Troigh chuimir, ſhocair, nach dochuinn a' bhróg.

X.

'S maith thig dhuit ſan fhaſan gún daithte do'n t fról,
Le ſtaidhs 'ga theannadh cho-daingean 's bu chóir,
Fáinneacha daoimein air roinn gach meoir,
Bi'dh rufles is ruibein air Iſeabail óig.

## ORAN XXI.

*Oran gaoil.*

I.

'A Mhárai bhán gur barrail thu,
'S gur barraicht' air gach feòl thu,
O'n thug mi gaol cho-daingean duit,
'S mi t fharraid ann s gach còmh'ail:
'S earbfach mi a d' cheanaltas,
'S na fhuair mi cheana d' chómhradh,
Nach urrainn cách do mhealladh uam
'N déis do gheallaidh dhamh-fa.

II.

'S chuala mi mar fhean-fhocal
Mu'n darach, gur fiodh còrr é,
'S gur geinn dheth fhein 'ga theannachadh
A fpealtadh é 'na òirdnibh:
'S mi 'n dúil, a reir na h ealaidh fin,
Gur maith leat mi bhi d' fheórfa,
Nach tréig thu mi, 's gu 'm faigh mi thu
Le bannaibh daingean pòfaidh.

III.

'S é chum an raoir mi m' aithreachadh
An ſpéis a ghabh mi òg dhiot ;
Bha ſmaointean tric air m' aithre-ſe
Mu'n ainnir a's fhearr fóghlum :
Cha 'n 'eil cron r'a áireamh ort,
O' d' bhárr gu ſáil do bhróige,
Ach ciallach, ſialaidh, fábhorach,
Air ſiamh do gháire 'n còmhnuidh.

IV.

'S do chúl daite lán mhaiſeach
M' an cuairt a d' bhráigh 'n órdugh,
Air ſniamh, mar theuda clárſaiche,
'Na fháinneachaibh glan nóſar :
Gu líth-dhonn, pleatach, ſár-chleachdach,
Gu doſach, fáſmhar, dómhail,
Gu lúbach, dualach, bachlach, guairſgeach,
Snaſmhor, cuachach, ór-bhuidh.

V.

Tha t aghaidh nárach bhanail,
Dá chaol mhaluidh mar ight eoin ort ;
Roſga réidhe fallaine,
'S dá ſhúil ghorm mheallach mhóthar :
Do ghruaidh mar chaoran meangain,
A thug barrachd air na róſan ;
Do dheud geal dreachmhor meachair grinn,
'S do bheul, o'm binn thig óran.

VI.

Tha do phóg mar úbhlan gárraidh,
'S tha do bhráigh mar an neoinein;
Do chíochan líontach mulanach,
'S an sít 'g an cumail cómhnard:
Corp feamh, geal, gneadhail, furanach,
Deadh-chumachdail, neo-fpórfail;
Do chalpa cruinne, lúthora,
'S an troigh nach lúb am feoirnein.

VII.

'S é 'm fáth mu'm biodh tu talach orm,
Gur ra-bheag leat mo ftóras:
'Bha dá-rud-dheug a' tarruing uam
Na thionail mi do phórfan.
Bhiodh ól, is féifd, is banais ann;
Bha ceól, is beus, is ceannaichean,
'N fhéill, 's na gibhte leannanachd,
An amaideachd 's an óige.

VIII.

'S a nis' nam faighinn marram thu,
Cha leanainn air an t feól fin;
Dheanainn áiteach fearainn,
Is crobh bainne chur mu chró dhuit:
Mharainn iafg na mara dhuit,
'S am fiadh fa' bhealach cheòthar
Le gunna caol nach mearachdaich,
'S a mhealladh fear na cróice.

IX.

'S mór an gaol a ghabh mi ort
Le ra-bheagan a d' eólas,
'S mi 'n dúil gur tu bu leannan damh,
'S nach mealladh tu mi m' dhóchas:
Ge d' bhiodh am bás an caraibh dhamh,
Gun bhar'ail ri tigh'n beo uaith,
'S é dh'fhágadh slán mi 'n righbhinn mhálta,
Márai bhán o Lóch-lairig.

## ORAN XXII.

*Oran sugraidh.*

'Si nion mo ghaoil
An nion donn óg;
Nam biodh tu re m' thaobh,
Cha bhithinn fo bhrón.
'Si nion mo ghaoil
An nion donn óg.
'Si Márai Nic-Neachduin
Is dáicheile pearsa,
Ghabh mis' uiread bheachd ort
Ri neach a tha beo.
*'Si nion,* &c.

'Nuair fheallas mi t aodann,
'S mi 'n coinneamh ri t fhaotainn,
Gur maith leam nam feudainn
  Bhi daonann a'd' chóir.
    *'Si nion*, &c.

O'n a thug thu dhamh gealladh,
'S ann duitfe nach aithreach,
'S cha 'n fhaic iad thu 'n ath-bhliadhnn,
  A'd' bhan-araich bhó.
    *'Si nion*, &c.

Cha d' theid thu do'n bhuailidh,
A bhleothan cruibh ghuaill-fhionn;
Cha chuir thu ort cuaran,
  'S gur uallach do bhróg.
    *'Si nion*, &c.

Cha 'n fhoghnadh le m' chruinneig,
A' bhuarach no chuinneag,
'S cha chluinnear gu'n cumadh tu
  Cuman a'd' dhorn.
    *'Si nion.*

Cha d' theid thu Bhad-odhair
A leigeadh nan gabhar,
'S minn bheag as an deothaidh
  'G an deothal mu'n chró.
    *'Si nion*, &c.

Cha leig mi thu 'n fhireach
Thoirt a' chruibh as an innis,
Air eagal na gillean
Bhi ſireadh do phóg.
*'Si nion,* &c.

Cha taobh thu duin'-uaſal,
'S cha 'n áill leat am buachaill',
'S cha 'n fheairde fear-fuadain
Bhi cruaidh air do thóir.
*'Si nìon,* &c.

Cha taobh i fear idir,
Air eagal mo thriobloid;
'S cha toilich té miſe
Ach iſe le deoin.
*'Si nion,* &c.

Si ri'bhinn a bhaile,
Tha síor-thigh'n air m' aire;
Nam bithidh i marrum,
Cha d' fharraid mi ſtór.
*'Si nion,* &c.

Bheir mis' thu Dhún-eudainn
A dh'iunnſacha' beurla,
'S cha 'n fhág mi thu t éiginn,
Ri ſpréidh an fhír mhóir.
*'Si nion,* &c.

A 'nion na gruaige,
Cha chreidinn ort tuailios ;
O'n a tharruing mi ſuas riut,
  Cha 'n fhuath leam do ſheól.
    *Si 'nion, &c.*

'S é mheaduich mo ghaol ort
Gu'n d' fhas thu cho-aobhach,
'S gu'n leumadh tu daonnan
  Cho-eutrom 's na heoin.
    *'Si nion, &c.*

'Si 'n togarrach lao'ach
A thogainn mar roghuinn,
Nam bithinn a' taoghal
  San tigh am bi'n t ól.
    *'Si nion, &c.*

Gu'm b' fheairde daoin'-uaiſle
'N ám thionnda' nan cuach thu,
A thoirt luineagan-luaidh dhoibh
  Mu'n cuairt air an ſtóp.
    *'Si nion, &c.*

'S leat urram an damhſaidh,
'S an fhidheall 'na teann-ruidh ;
Bu chriodhal ſan ám thu,
  'S an dram air a' bhórd.
    *'Si nion, &c.*

'S tu fhreagradh gu h innealltʼ
Am feadan 's an ribheid,
A ſheinneadh gu fileanta
Ruidh-leumnaich ceoil.
*'Si nion*, &c.

'S tu thogadh mo ſpiorad,
'Nuair a theid thu air mhireadh,
Le d' cheileiribh binne,
'S le grinneas do bheoil.
*'Si nion*, &c.

Leis na ghabh mi do cheiſd ort
Am madainn s am feaſgar,
Dheanainn riut cleaſachd
Is beadurra gu leoir:
*'Si nion*, &c.

Dheanainn riut furan
Am bliadhnn is an uraidh,
Bu dócha na'n t uireaſbhuidh,
Tuill' as a' chóir.
*'Si nion*, &c.

## ORAN XXIII.

*Oran do chaora a fhuaradh a ghibht o mhnaoi uasail árraid.*

*Hem o, ho io, ho ro chaora chean-fhionn,*
*Hem o, ho io.*

'S a' chaora fhuair mi o Shiúsaidh,
Gun an cuinn a dhol g'a ceannach;
*Hem o,* &c.

Gu'm bu slán do'n t sár-mhnaoi uasail,
O'n d'fhuaradh a' chaora chean-fhionn;
*Hem o,* &c.

Cuimhnichidh mi do dheoch-sláinte
Sa' h uil' áit' ann ól mi drama.
*Hem o,* &c.

Chaora tháinig a Coir'-uanain
Páirt g'a suanaich mar an canach:
*Hem o,* &c.

Bha cuid dhith air dhath na carnaid,
'S cuid eile mar bhár na bealuidh;
*Hem o,* &c.

'S ann bu chosail ris an t síde
Caora mhín nan casa geala.
*Hem o*, &c.

'S iomadh cuileag hun an íasguich,
Tháinig riamh as a cúl cannach:
*Hem o*, &c.

Cungaidh mhaith nam breacan daora
Ann s a h uile taobh g'a fallsuing;
*Hem o*, &c.

Cuiridh iad i air na cláduibh,
'S áluin i 'nuair theid a tarruing.
*Hem o*, &c.

'S i bu mholaiche na 'n líon
'S fhearr tha cinntinn aig na Galluibh.
*Hem o*, &c.

Bhiodh aice dá uan sa' bhliadhnna
'S bha h uile h aon riamh dhiubh fallain;
*Hem o*, &c.

'S 'nuair a thigeadh míos roimh Bhealltuinn,
B' fheairde mi na bh' aice bhainne;
*Hem o*, &c.

Chumadh i rium gruth is uachdar,
Air fhuairid 's g'am biodh an t earrach:
*Hem o*, &c.

Dh' fhoghnadh i dhamh fad an t ſamhruidh
Chumail annloin rium is aran.
*Hem o*, &c.

Cha raibh leithid hun an eadruidh
Am fad is freagradh do Mhac Cailein.
*Hem o*, &c.

Bhiodh i air thoiſeach an t ſealmhain
A' tighinn 's a' falbh o'n bhaile.
*Hem o*, &c.

'S miſe fhuair an ſgobadh creachuidh
'N la a leag iad i ſan ranuich:
*Hem o*, &c.

'S tric tha mi 'g amharc an áit'
'N raibh i bláth, 's i call a fola:
*Hem o*, &c.

'S ann ſan fhraoch aig taohh Uillt-ghartain,
Rinn i 'n codal as nach d' fhairich:
*Hem o*, &c.

'S diomach mi do'n ghile-mhártuinn,
Bha-cho'-dána 's dol 'na caruibh.
*Hem o*, &c.

Feuduidh na h eunlain bhi róichdeil
Ag itheadh a feóla 's a faille:
*Hem o*, &c.

Cha 'n 'eil eun a laidh air fulachd
Nach raibh umad ann an cabhaig.
*Hem o*, &c.

Am fear ruadh a chuir gu bás i
Thug é páirt dhith hun na garuidh.
*Hem o*, &c.

'Nuair a ránuig mis' an ár-fhaich',
Cha raibh láthair dhiot ach faileas;
*Hem o*, &c.

Bha na cnaimhean air an lomadh,
Is bha 'n olann air a pealladh.
*Hem o*, &c.

O'n a chaill mi 'nois mo chaora,
'S cosail a m' aodach bhi tana:
*Hem o*, &c.

Cia leis a nítear dhamh cóta,
O nach beo a' chaora chean-fhionn.
*Hem o*, &c.

H uile bean a th' ann a s dúthaich,
Tha mi 'n dúil ann dúrachd maith dhamh;
*Hem o*, &c.

'S theid mi dh' iarruidh na faoidh-chlóimhe,
Air mnathan cóire an fhearainn.
*Hem o*, &c.

Taoghluidh mi air Inner-ghínneachd,
'S innſidh mi na bhios air m' aire ;
*Hem o*, &c.

Gheibh mi tlám a chlóimh nan caorach,
O'na tha mi dh' aodach falamh :
*Hem o*, &c.

Gheibh mi rúſg an Tigh-na-ſróine
O'n mhnaoi chóir a bha ſan Arrar.
*Hem o*, &c.

An Gleann-ceitilein an fheoir
Gheibh mi na rúiſg mhóra, gheala.
*Hem o*, &c.

Gheibh mi lán na ſlige-chreachuinn
O nion-Dónuil ghlais an drama ;
*Hem o*, &c.

Cuiridh mi ſúd thar mo rúchan,
'S fheaird' a ghiúlaineas mi 'n eallach.
*Hem o*, &c.

Ruigidh mi bean Cheann loch éite,
Tha mi 'm éigin, 's cha bu mhaith lea' ;
*Hem o*, &c.

Gheibh mi uaithe tlám a dh'fhaoidhe,
Tlám eile a thao' bhi 'm cháraid.
*Hem o*, &c.

'Their an té tha 'n Guala-chuilinn,
'S mór is duilich leam do ghearan;
*Hem o*, &c.

Bheir i nuas an t uiſge-beatha
Dh' fheuchainn an crath é dhiom an ſmallan.
*Hem o*, &c.

Their gach té tha 'n Druim-a-chóthuis,
Gheibh thu rud, 's gur maith an airidh;
*Hem o*, &c.

'Nuair a theid mi dh' Iner-chárnain,
Cha leig aon té th' ann mi falamh.
*Hem o*, &c.

'Nuair theid mi 'n bhail' tha láimh ris,
Gheibh mi tláman ann 's gach talla.
*Hem o*, &c.

Cha'n 'eil té tha 'n Daile-'n-eaſa
Nach d' theid mi 'm freaſdal a-ceanail.
*Hem o*, &c.

Thig mi dhathigh leis na gheibh mi,
'S tomad deth co-mhór ri gearran:
*Hem o*, &c.

Foghnuidh ſúd damh cór as bliadhna
Chumail ſniamh ri nian a' bharain;
*Hem o*, &c.

'S 'nuair a theid é fuidh na ſpáluibh,
Ni i fábhor rium a bhain-fhítheach.
*Hem o,* &c.

'S ioma' té ni aodach guamach
Ach cha luaidh i é gun chearthar.
*Hem o,* &c.

Th' uile gruagach tha 'n Gleann-éite
Dh' fheumainns' iad a thigh'n do'n bhaile;
*Hem o,* &c.

'S 'nuair a chuireas mi air ſeól iad,
'S ann a theid an cló' a theannadh;
*Hem o,* &c.

'Nuair a theannas iad re fúchdadh,
Cha bhi túchadh air an anail;
*Hem o,* &c.

'Nuair a ſhuidheas iad air cléidh,
Gu'n cluinnt' an eughach thar na beannuibh;
*Hem o,* &c.

Nuair a ſheinneas iad na h órain,
Cuiridh iad na h eoin an crannuibh;
*Hem o,* &c.

Nuair a theannas iad ri luinneag,
S binn' iad na guileag na h eala;
*Hem o,* &c.

'S mór is binne fuaim nan níonag
Na ceól píob air thús a' phannail;
*Hem o*, &c.

Bithidh a túrn an láimh gach té dhiubh,
'S bithidh a beul a' ſeinn na h ealaidh;
*Hem o*, &c.

Té ri búrn, as té ri móinidh,
Té a' cur ſeól air an ainneal,
*Hem o*, &c.

Té ga phoſtadh ann an túbadh
Té 'ga luidreadh, té 'ga ghlanadh,
*Hem o*, &c.

Dithis 'ga ſhlachdadh gu láidir,
Dithis 'ga fháſgadh gu gramail,
*Hem o*, &c.

Ach mu'n cuir iad as an lái' é
'S cinnteach mi gu'm fás é daingeann;
*Hem o*, &c.

Theid a thiormachadh air bráighidh
Gárra cháil air am bi barrann.
*Hem o*, &c.

Mur d' thig e 'm ionnſuidh an táileir,
'S nár dha é 's gu'n d' thug ſinn bean da.
*Hem o*, &c.

'S ann an ſin a theid mo chómhdach'
Leis a' chlóimh a rinn mi thional.
*Hem o, &c.*

Gur miſe tha gu duthach
Ri cumha do 'n chaora chean-fhionn,
*Hem o, &c.*

'S beag an t ionghnadh dhamh bhi duilich
Mulad a bhi orm as faran;
*Hem o,* &c.

'Nuair a ſhuidheas mi air tulaich,
'S turaman a bhios air m' aire,
*Hem o,* &c.

A' cuimhneacha' coſail na caorach
Nach raibh h eug'as ann ſan fhearan:
*Hem o, &c.*

Bha i riathach, 's bha i lachdunn,
Bha i cais-fhionn, 's bha i cean-fhionn;
*Hem o,* &c.

Bha i croidh-fhionn, 's bha i bótach;
Bha geal mór air bár a breamain.
*Hem o, &c.*

'Nuair theid mi ſhealltuinn nan caorach,
Iundraichidh mi chaora chean-fhionn;
*Hem o, &c.*

S' mifde mi gu'n d'rinn i m' fhágail,
'S b'fhearrde mi i 'm fad 's a dh'fhan i;
*Hem o*, &c.

Cha do leig i riamh an fháiling'
Ann am árdaich, fhad 's a mhair i;
*Hem o*, &c.

'Nuair a rachuinn chum na h áiridh,
Chuireadh i na tráighean tharum,
*Hem o*, &c.

'S ro-mhaith thogadh i na páifdean,
Bhiodh iad fáthach 'nuair bu mhaith leam.
*Hem o*, &c.

'S mife bha air bheagan faoithreach
'M fad 's a bha mo chaora mairtheann:
*Hem o*, &c.

O'na tháinig ceann a faoghail,
'S eigin damh bhi daor fa' cheannachd.
*Hem o*, &c.

Gu'm bu flán do'n ch// cháta' chaorach
As an d' tháin' a' chaora cheann-fhionn;
*Hem o*, &c.

'S an té o'n d'fhuair mi i 'n toifeach,
'S ro-mhaith chofainn i mo bheannachd.
*Hem o*, &c.

Beannachd leis an rud a dh'fhalbhas;
Cha 'ne 's fhearr dhuinn ach na dh'fhanas;
*Hem o*, &c.

'S fhearr bhi criodhail leis na dh'fhuirgheas,
Na bhi tuirſeach mu na chailleas.
*Hem o*, &c.

---

## ORAN XXIV.

*Oran luaidh.*

Ho ro gu'n togainn air húgan fhathaſd,
Ho ro io mu'n d' theid mi laidhe;
Ho ro gu'n togainn air húgan fhathaſd.

Togamaid fonn air luadh' a' chlóthlain;
Ga'aidh ſinn ceól, is órain mhatha.
*Hem o*, &c.

B' fheaird' an clóth bhi chóir nan gruagach,
A dhéanadh an luadha' le 'n lamhan;
*Ho ro*, &c.

'Nuair a thionndas iad air cléidh é
Chluinnte fuaim gach té dhiubh labhairt.
*Ho ro*, &c.

Orain ghrinne, bhinne, mhíſle,
Aig na ríobhainnean 'g an ga'ail ;
*Ho ro*, &c.

Luinneag ac' air luadh' an aodaich,
Sunndach, ſaothrachail ri maitheas.
*Ho ro*, &c.

Thogamaid fonn gu ceól'ar, ao-trom,
Air a' chlóth bu daoire dathan.
*Ho ro*, &c.

An cloth brionnach, ballach, ciatfhach,
Triuchanach, ſtiallagach, gathach ;
*Ho ro*, &c.

An clóth taitneach, baſſach, boiſgeil,
Laiſde, daoimeineach, 's é leathan
*Ho ro*, &c.

Gu'm bu ſlán a bhios na caoraich
Air an d' fhás an t aodach flathail.
*Ho ro*, &c.

Beannachd aig an lái' a ſhníomh é ;
'Si rinn gniomh na deagh bhean-tighe ;
*Ho ro*, &c.

'S ann is cosail ris an t-síd é
Dh' fhág i mín é, 's rinn i maith é;
*Ho ro*, &c.

Snáth co-rithinn ris na teudan,
S' é co'-réidh 's a dh' fheudta shnaitheadh:
*Ho ro*, &c.

Cha raibh pluc, no meall, no gaog ann,
No gíog chaol, no sliasuid reamhar.
*Ho ro*, &c.

'Nuair a theid an clóth a'n mhargadh,
'S é ni 'n t airgiod air an rathad.
*Ho ro*, &c.

Cha bhi flat a síos a chrún deth,
Miann gach súil é ann san fhaidhir.
*Ho ro*, &c.

Cha bhi suirighich' ann san dúthaich
Nach bidh 'n dúil ri páirt deth fhaighinn.
*Ho ro*, &c.

'S ann a tha 'n toil inntin aodaich
Aig na daoin' a bhios 'ga chaithe'.
*Ho ro*, &c.

Thogainn am fonn a dh'iarradh póitear,
Is luaidhinn an clóth bu mhiann le mnathan.
*Ho ro*, &c.

'S olc an obair luadh' no fúcadh,
Ma bhios túchadh oirn' le padhadh.
*Ho ro*, &c.

Chuireadh é ſunnd air muintir óga,
Suidheadh mu bhórd ag ól gu latha.
*Ho ro*, &c.

Puinſe le gloineacha' lána,
Deochanna'-ſláinte 'gan ga'ail;
*Ho ro*, &c.

Greis air fíon, is greis air branndi,
Greis air dram do'n uiſge-bheatha,
*Ho ro*, &c.

Greis air fídhleireachd 's air dannſa,
Greis air cantaireachd 's air aidhear;
*Ho ro*, &c.

'Nuair theid ſtáirn an áird an aodainn,
'S ro-mhaith 'n t ám do dhaoinibh laidhe.
*Ho ro*, &c.

## ORAN XXV.

*Oran do Ghunna ga nainm Nioc-Coifeam.*

Horo mo chuid chuideachd thu,
Gur muladach leam uam thu,
Horo mo chuid chuideachd thu,
Smi direadh bheann is uchdanan,
Bait leam thu bhi cuidir rium,
Sdo chuidrim air mo ghualinn.

Nuair chuaidh mi do Gleannlocha,
Sa cheannuich mi Nioc-Coifeam,
Smife nach ro gorach,
Nuair chuir mi 'ntor ga fuafgladh.
*Horo,* &c.

Thug mi choire cheathaich thu,
Nuair bha mi fhein a thaich ann,
Stric a chuir mi laidhe leat,
Na daimh fna haidhean ruadha.
*Horo,* &c.

Thug mi Bheinn a chaſtil thu,
Sdon fhaſach atha 'ntaice ria,
Am am is Creug an Aparrain,
Air leaca Beinn nam fuaran.
*Horo*, &c.

Thug mi thu Bheinn-dourain,
'Ncinne na Daimh chrocach,
Nuair theanna iad ri cronan
Bu bhoidheach leam an Nuallan.
*Horo*, &c.

Thug mi choire chruiteir thu,
Os aite grianach tluſeil e,
Gu biachar fearach luiſeanach
Bhiodh ſpurt ann aig daoin uaillſe.
*Horo*, &c.

Ghiulain mi Ghleann-eite thu,
Thog mi ris na creiſean thu,
Se mhead ſa thug mi ſpeus duit
A dhfhag mo cheum cho luaineach.
*Horo*, &c.

Smath am Meall a Bhuiridh thu,
Cho mhioſa 'm Beinn a chrulaiſt thu,
Stric a loiſg mi fudar leat,
An coire chul na cruaiche.
*Horo*, &c.

Thug mi Lairig Gharſtain thu,
Os aluinn an coir altrum i,
Sna feidh a deanamh leabaichean
Air Creachuinn Ghlas a bhuachaill.
*Horo*, &c.

Thug mi thu don fhas ghlaic,
Sa Gleann am bi na lan daimh,
Stric a chuaidh an árach
Mu bhraidhe cloich an tuairneir.
*Horo*, &c.

Chuaidh mi do Dhfheadha chaorinn,
Le aighear Choire-chaolain,
Far an rabh na daoine',
Abha 'n gaol air a ghraoidh ualluich.
*Horo*, &c.

Thug mi Bheinn a chaorach thu,
Shireadh Bhoc is Mhaoiſeach,
Cho beagal gun a faotinn
Siad daonnan ſan tor uaine.
*Horo*, &c.

Nuair theid mi ris a mhona
Stu mo raoghuinn do na Gunnachan
On fhuair thu féin an turram ſin,
Co nois a chumas uait e.
*Horo*, &c.

Gad tha mi gann a ſtoras,
Gu ſuidhe leis na Poitearan,
Gad theid mi do'n tigh Oſda,
Cha nol mi ann a'n cuaich thu.
*Horo*, &c.

---

## ORAN XXVI.

*Oran Duthcha.*

*Horinno ho iririo Horinno ho iririo*
*Horinn o hiri uo ſi mo dhuthaich a dhfhag mi.*

GA'D a tha ſinn car tamuill,
A tamh aig na Gallaibh,
Tha mo Dhuthaich air maire,
'S cho mhail leam a haithcheadh.
*Horinno*, &c.

Ga'd is eiginn dhuinn ga'il,
Leis gach ni thig ſan rathad,
Gum bfhearr na na ſrathan,
Bhi tathaich ſa bhraidhe.
*Horinno*, &c.

Ga'd is comhnard na Sraidean,
Smor a bfhearr bhi air airidh,
Am fri nam Beann arda,
Snam fasaichean blatha.
*Horinno*, &c.

Beurla chruaidh gach aon latha,
Nar cluais o cheann ghrabhuinn,
Se bu dual duinn ór Nathair,
Bhi labhairt na Gaelic.
*Horinno*, &c.

Ga'd is cliuteach a Mhachthir,
Le cunra 's le faſſan
Bé air duthrachd dol Dathigh
'Sbhi 'n taice ra'r cairdean.
*Horinno*, &c.

Bhi 'n Clachan an Diſeirt,
A faicinn air Dillſean
Gum baitt leinn an tir ſin,
O na ſi rinn air nathrach.
*Horinno*, &c.

Cha be faſſan nan daoin ud
Bhi 'nconas na 'n caonnaig,
Ach ſonas an tſaoghail,
'Sbhi gaolach mar bhraithrean.
*Horinno*, &c.

Nam ſuidhe 'ſtigh oſda,
Gu luinneagach ceolar,
Bu bhinn air cuid oran,
'Sbhi gol na'n deoch ſlainte.
*Horinno*, &c.

Luchd dhireadh nan ſtuicean,
Le'n Gunnachan dughorm,
A loiſge am fudar,
Ri udlaiche lan Daimh.
*Horinno*, &c.

Se bu mhiann leis na Macaibh,
Bhi triall leis na ſlattan,
A chuir ſrian ris a Bhraddan
Cha be ſhaſſan am fagail.
*Horinno*, &c.

Gu fiaghach a mhonaidh,
Na dh' iaſgach air buinne,
Ann ſgach gniomh a ni duine
Smor urram na 'n Gaidheil.
*Horinno*, &c.

## ORAN XXVII.

*Oran Aliſtair.*

*Aliſtair nan ſtop ann an ſraid a chuil,*
*Sin an duine coir air am bheil mo run.*

SCOMA leat an ſile, bannſa leat an ſtóp,
Cha'n e ſin bu dochadh ach am botal mor.
*Aliſtair*, &c.

Theid thu don tigh oſda 's oluidh tu gu fial
Cho rabh gainne ſtorais air do phoca riamh.
*Aliſtair*, &c.

Bha thu greis ad aimſir ann an arm an Ri,
Cumaidh ſin riut airgiod s fhearra dhuit e na ni,
*Aliſtair*, &c.

Gheibhe tu le'd cheanal leannan ann ſgach tír
Gad a bhiodh tu ſalamh cho bhiodh bean ad dhi.
*Aliſtair*, &c.

Tha thu maith air fairge, ſtric thu marbha eiſg
Cas a ſhiubhal garalich, theid thu ſhealg an fheidh.
*Aliſtair*, &c.

Gad thu'irt Callum breac nach rabh thu tappi riamh
Co a chreidde ſin ach duine bha gun chiall.
*Aliſtair*, &c.

Nuair a theid mi Ghlaſcha ſtaitneach leam bhi gól,
Ann an tigh mo charraid Aliſtair nan ſtóp.
*Aliſtair*, &c.

---

## ORAN XXVIII.

*Oran do'n tſeann Fhreacadan Ghaileach.*

I.

Deoch Slainte an *Fhreacadain*, 's aill leinn gun cheiſt i,
'Si an fhailte nach beag oirnn dhol deaſal ar cleibh,
Cha'n fhag ſinn am feaſt i, ón tha ſinn co dleaſdanach,
Do na h armain bu Sheirc' eile Sheaſamh an Sreud,
Na curai' ean calma, gam buineadh bhi 'n Albainn,
Feadh mhoninnean garbhlaich a' ſealg air na Feidh,
Fhuair mis' orra ſeanachas, nach mios' an cois Fairg' iad,
Bhithidh an eitcheanan tarbhach le marbha' an eiſg.

II.

Buaidh gu brath air na Fleafgaich, fhuair an árach
am Breattann,
Chuaidh air Sail o cheann ghreis uainn, dhol am freafdal
re feam,
An loingeas laidir thug leis iad, nach Saruiche beagan
Muir a' gárrach gan greafa 'si freagradh dhoibh fein,
Chuir gach lamh mar bu deife, buill do'n charcaich
bu treife,
Ri barr nan crann Seafmhach re leath-taobh gach breid,
'Si 'gimtheachd air chuantain, 'n uair a dheirich gaoth
tuath le
B'ainmeil air luathas i, 'fi gluafad gu reidh.

III.

'N uair a chuir iad na h ármainn air tir ann an
*Flagh'ras*,
'Siad fada o'm pairti, 'fo'n áiteachan fein,
Bha onoir nan gaidheil an earbfa r'an tabhachd,
Bha fin mar a b'abhaift gun fhaillinn fui' 'n ghrein,
Tha urram an draft aig' gach tir ann fan d'fhas iad,
Le feabhas an abhaift an naduir fam beus,
Bhi dilis d'an cairdean, cur fios air an naimhde,
'S iomadh rioghachd an d'fhag iad, fuil bhla' air an
fheur

IV.

'Se la *Fontenoi* thug onoir gu leoir dhoibh,
'N uair a chruinnich iad co' la Sa thoifich an Streap,
Bu tart'rach ar Cornail, cur ghaifgeach an ordu ;
Na lafcairean oga, chuaidh deonach na dheigh,

Na gleachdairean co'ruig is fearr th'aig' Righ *Deorsa*,
A fhuair fason is foghlum is eolas ga reir.
'Sé duil am bheil mise 'nam rusgadh na trioplaid,
Gun d'tugadh a fichead dhiubh brisеadh a' ceud.

V.

Fir aigeannach mheamnach, le glas-lann an ceann-bheart,
S i Sgaiteach ga bar-dheas, 'si an-barrach geur,
An taice re targaid, crios breac nam ball airgiod,
San dag nach roibh cearbach, gan tearmunn nan Sge,
Le'n gunnacha glana, nach diultadh dhoibh ainneal,
Spuir úr air an teannadh gu daingeann nan gleus,
Gu cuingseorach biodagach, fudarach miosarach,
Adharcach miosail, gu misneachail treun.

VI.

Na spealpan gun a'adh a chleachd bhi ri sgathadh,
Nach seachna, dol fhathasd an rathad sin fhein,
'N tasdar a gha'il sa 'nceartas a thathaich,
Tri chlaiseach na'n lamhan leis an caithe iad beum
Dol maidinn gu mathas cha niarradh iad aithis;
Gu deire an latha 'sam laidhe don Ghrein,
'Sdeas fhaclach an labhairt le caismeachd chatha,
Se 'n Caisteal a'n claidhe, ga 'ngleidhe gun bheud.

VII.

Fir acuinneach armach, le'm brataichean ball-bhreac,
Bu tlachdmhor an armailt' iad, 's b'ainmeil am feum,
Sliochd altrom nan garbh-chrioch, am feachd a tha earbsach,
Nach coisgear an aineas gu'n dearbh iad nach geill,

Leinn is fad o na dh' fhalbh Sibh air aſtar an
*Ghermailt*.
Chur as do gach cealgoir chuir fearg oirbh fein,
An glacadh 's amarbhadh, ſan ſgapadh mar mheana-
chro'
Sna madaidh gan leanmhuinn air leargainn an t Sleibh.

VIII.

Sliochd ſineachan uaſal a ghin o na tuathaich,
San iomairt bu dual dhoibh dol ſuas air gach ceum,
Gach cas mar bu luaithe, 's gach lamh mar bu
chruaidhe,
San ardan an uachdar a'bualadh nan Speic,
Bu ghna' le'n luchd fuatha, bhi ſan ár-fhaich gun
ghluaſad,
Sa phairt dhiubh dhalbh uatha, bhi an ruaig air an
deidh,
Le lamhach nan Gillean, 'ſle lanntan geur biorach,
Bhithidh an naimhdean air iomain a' ſilleadh nan creac.

IX.

Bu chliutach na laſcairean úra deas gaſtadh,
Mionn ſul iad r'an faicinn do gach neach leis an leir,
Gach ſeol mar a chleachd iad, le'n co'ducha
dreachmhor,
Le n oſana breaca, 's le'm breacana'n fheil,
Tha mo dhuil r'an ti'inn dhathigh, gun an uin' a
bhi fada,
Le cumhnanta ceartais fir *Shaſſann* gu leir,
Le ſdiuradh an Aigeil, muir dhubh-ghorm chur ſeachad,
'Snach cum an cuan fairſing orra bacadh, no * eis.

* Maille.

X.

'Nuair a thainig an trioploid 'ſi a * *dha* ſan *da fhicheod,*
Bha dana le miſneach, 's le mios orra fein,
Bras ardanach fioſrach, gun fhaillinn gun bhriſeadh,
'S cuid, airidh ga'n gibhtean, bhi'n gliocas San ceill,
Tha tálanndan tric' aig' a phairti úd bithchionnt,
Sna h uil' ait 'ann ſan tig iad, na idir a theid,
Co ann dráſt a their miſe, thig an aird ribh a chliſge,
Mar fag ſibh e nois, aig' an t Sliochd thig' nar deigh.

* 42d.

---

## ORAN XXIX.

*Oran do Reiſimeid Earra-ghael.*

I.

A RI gur mi tha aithearach,
Mu'n nuaidheachd ſo tha úr ann;
Tha m' inntinn air a h ardachadh
O'n thainig fir mo dhú'cha':
Guidheamſa buai'-lárach leibh
'S gach áite 'n loiſg ſibh fúdar,
Toilinntinn aig air cairdean
'S 'air naimhdean a bhi túirſeach.

II.

Nuair thainig Mór'ear Frederic,
Thug Dun-eideann cliu dha,
Gur Confpull air cheann fluaigh e,
Nuair ghluaifeas iad r'a chul-thaobh,
Sár cheann-feadhna treubhach
'S e leirfinneach 'g an ftiuradh,
Ag im'eachd leis an Reifimeid
'S e fein a' deanadh iuil doibh.

III.

Tha oighichearan gafda
Co math 'f a tha fu'n chrún ann,
'S math a thig an airm-ghaifge dhoibh
'S iad fafanta ga'n giulan.
'S toil-inntinne r'am faicinn
Na lafgairean glan úra,
Nuair thog iad píob is brataichean
Air machraichean nan dú-ghall:

IV.

Is innfidh mi le barantas
O'n a b'aithne dhomh o thús fibh,
Air chruas an áit' an tachair fibh
Cha chéim air ais air dú'chas:
Sliochd nan curaidh calma,
Bh'anns na h-armailtean bha cliuiteach,
Ri'n goireadh cách na h-Earra-ghaelich
'S am fearg cha bu chúis fhúgraidh.

V.

Tha buaidh air feachd Earra-ghael
Cha ghabh iad ſgá no cúram,
'S iad neartmhor beachdail ardanach
Gu reachdmhor láidir lúgh'or.
'S daoin' uaiſle ceart tha fás ann
Nach eil fáillinneach na lúbach,
'S neo-ſheachantach na h-armuinn ſin
Ag iomain cháich gu'n dú'lan.

VI.

'S math thig dol na'n éide' dhoibh
'S tha reuſan air a chúis ud
Tha gunnachan dea-ghleuſd' aca,
S cha'n 'eil té dhiu' dhiúltas,
An crioſ-gualann fein orra
'S an cloidhe' gle-gheur cúil ann,
Bu mhath ann ám an fheime iad
Nuair a leumadh ſibh ga'n rúſgadh.

VII.

Tha iad leathan mu na broillichean,
Fir chothromach 's iad dúmhail,
Le 'n calpanna deas díreach,
'S iad líontach fu' na glúinean;
Oſain ghairid bhreaca
Le dreach air an cur umpa,
'S math thig gartain charnaid doibh
Is fearr a th' anns na búithin.

VIII.

Is lionmhor bain-tighearn' innealta,
Nach ſireadh i le dúrachd
Ach cead bhi anns na bileidean,
'S na gillean ſo bhi dlú dhoibh;
A bheireadh póg le ſireadh dhoibh
Cho milis ris an t ſiucar,
'S a bheireadh míltean dolar dhoibh
'S na ſporanan g' an giulan.

IX.

Tha ſuaicheantas na h-ALB' agaibh
Is dh' fhalbh ſibh leis gu ſunntach,
Am fógh'nnan cruaidh calgarra
'S neo-chearbach cur a chrúin air,
An luigh is gairge riaſgaiche
A bha riamh am meaſg nam flúran,
Is ceann na muice fiadhaiche
A leag Diarmad 's a choill údlaidh.

X.

'S e thubhairt na bha 'g amharc oirbh,
An latha bha 'n REBHEU ann,
Gu'm bu fhreagarach 'air lámhach,
Nuair a thairngeadh ſibh na rúdain;
B' fharumach 'air gluaſad,
A' tarruing ſuas gu ſiubhlach,
'S am breacan cruinn an fhéile
Air ſleiſdean geal nam fiuran.

XI.

'S flathail na daoin uaisl' a th' ann,
'S neul cruadail air gach aon fhear,
Na saighdearan deas cumachdail,
'S gach duine dhiu co ionnsuicht,
Nam bitheadh cás no cunthart ann
Có b' urrainn ga thoirt dhiu'san?
'S i 'n Reisimeid as urramaich'
A chunnaic mi le m' shúilean.

---

## ORAN XXX.

*Cumhadh Iarla Bhraid-Albann.*

I.

'STRUAGH r'a éisdeachd an sgeul
Fhuair mi féin tuille 's luath.
Rinn an t-eug ceann na céille
'S nam beus a thoirt uainn.
Cha 'n'eil léigh tha fo 'n ghréin,
Dheanadh feum dhuit san uair:
'S bochd a'd' dhéigh sinn gu léir,
'S cha 'n'eil feum bhi 'ga luaidh.

II.

Tha do chairdean láidir líonmhor
Anns gach tír a tha m'an cuairt;
So na dh'fhág an aigneadh íoſal,
Do chorp príſeil bhi ſan uaigh;
Is iad mar loingeas gun bhi díonach,
Fad o thír air druim a' chuain:
'S tuſa b'urrainn an toirt ſábhailt,
Ge do bhitheadh an gábhadh cruaidh.

III.

'S ann an diugh a chaidh do cháradh
'An ciſte chlár 'ſan leabaidh 'uair.
Is muladach a'd' dhéigh an tráths'
A' chuid is airde do d' dhaoin' uaiſl'.
Tha gach duin' agad fo phrámh,
'S goirt an cás am bheil an tuath.
'S iad do bhochdan a tha cráiteach:
Thugadh an taic láidir uatha.

IV.

'S iomadh dílleachdan óg falamh
Bha le h-ainnis air dhroch ſhnuagh,
Seann daoine 's bantraichean fanna
Bha faotainn beathachaidh uait.
'S ann bu truagh a' ghaoir a bh'aca
'S deoir gu fraſach air an gruaidh,
Caoineadh cruaidh, is bualadh bhaſan,
'S bhi toirt páirt d'am falt a nuas.

V.

'S muladach an nochd do dhúthaich,
'S dubhach túirseach tha do shluagh:
Cha 'n ioghnadh sin, 's mór an diubhail
An tionndadh so thigh'n oirn co luath;
Am fear a b'ábhaist bhi le dúrachd
Gabhail cúram dhiubh gach uair,
Dh'fhág iad 'na laidhe san úir e
Far nach dúisg e gu la Luain.

VI

'S ann an tráthaibh na Feill-bríde
Tháinig críoch air saoi nam buadh.
'S lom a thug an t-eug an sgríob oirn,
Och mo dhíth cha teichd a luath's!
Bhuail an gath air flath na fírinn
Bha 'gar díonadh o gach cruas:
'S goirid leinn do ré san áite,
Gad' their cách gu robh thu buan.

VII.

Cha do sheall thu riamh gu h-íosal
Air ni chuireadh síos an tuath.
Bu chúl-taic dhoibh anns gach áit thu;
'S tu bha ghnáth 'gan cumail suas.
Cha bu mhiann leat togail úlaidh;
Sin a' chúis d'an d'thug thu fuath.
Bha thu faotainn gaoil gach duine,
'S ghleidh thu 'n t-urram sin a fhuair.

VIII.

Bha thu léirſinneach le ſuairceas ;
Dh'fhas a'd' chom an uaiſle mhór.
Ciall is miſneach, marre cruadal,
Fhuair thu 'n dualchas ſin o d' ſheors'.
Bha thu fioſrach, glic, neo-luaineach;
Bha t'inntinn buan anns a' chóir.
O 'na thug iad air ghiúlan ſluaigh thu,
'S aobhar ſin a luathaich deoir.

IX.

Cha 'n'eil ei'neas ann am Bealach ;
Cha 'n'eil farum ann na ceól ;
Daoine dubhach, 's mnathan galach,
Is iad gun ealaidh ach am brón,
O 'na chaidh do ghiúlan dachaidh
O 'n mhachair air mhúthadh ſeoil ;
'N áit' an éidigh ſin a chleachd thu,
Ciſte, 's léine, 's brat do'n t-ſról.

X.

'Nam bu daoine bheireadh dhinn thu,
Dh'éireadh míltean air an tóir :
O bheul Tatha gu Lathurn íochdrach,
Sin fo chís duit agus cór :
Far an d'fhás na gallain fhíor-ghlan,
Is iad líonmhor ann gu leoir,
A rachadh togarrach gud' dhíoladh,
Nach obadh dol síos le deoin.

XI.

'Sann tha chúis ni's fearr mar tha i,
Dóchas láidir thu bhi beo
Am meafg nan aingeal a tha 'm phárras,
Ann an gairdeachas ro-mhór.
Gur e 'n Ti a ghlac air láimh thu
Thug fan áite fin dhuit cóir
Air oighreachd a's fearr na dh'fhág thu,
'An áros ághmhor Righ na glóir.

XII.

Gad' tha 'm fear a thig a'd' áite
Thall an tráths' thar chuantan mór,
Guidheam dlú gu'n d'thig e fábhailt
(Soirbheas ard re cúl gach feoil)
A dh'fhaotainn feilbh air an t-faibhreas
'S air an oighreachd fin bu chóir,
A ghabhail cúram ga chuid fearainn
'S ga chuid daoine is fean óg.

## ORAN XXXI.

*Oran do'n Eideadh Ghaelach.*

I.

FHUAIR mi nuaidheachd as úr,
'Tha taitneadh re run mo chroídh;
Gu fuighemid fafan na dúthch';
A chleachd finn an tús ar tím.
O'n tha finn le gloineachan lán,
A' bruidheann air mánran binn,
So i deoch Slainte Mhontrofe,
A fheafamh a choir fo dhuinn.'

II.

Chunnaic mi 'n diugh an Dun-eadainn,
Comunn na feile cruinn,
Litir an fhortuin thug fgeul,
Air toifeach an ei'neis dhuinn.'
Piob gu loinneil an gleus,
Air foilleireachd ré an tuim,
Thug finn am follas ar 'n eideadh,
Is co a their Reabail rinn.

III.

Deich bliadhna fichid is corr,
Bha casag do'n chlo m'ar druim,
Fhuair sinn ád agus cloc,
'S cha bhuineadh an seors' úd dhuinn'.
Buchdaill a' dúna ar bróg,
'Se 'm bar-ial bu bhóiche leinn,
Rinn an droch fhasan a bh'oirnn,
Na bodaich d'ar 'n oigridh ghrinn.

IV.

Mhill é pairt d'ar cumachd
O'n bhlár, gu mullach ar cinn.
Bha sinn co lán do mhulad,
'S gun d'fhas gach duine gu tinn,
'S ann a bha 'n cás co duilich,
'Sa thainig uile re'm linn,
'Nuair a rinn pairte Lunduinn,
Gach ait' is urram thoirt dhinn.

V.

'S fhada bha 'n onoir air chall,
Is fasan nan Gall oirnn dlú,
Cota ruigeadh an t sail,
Cha d' tigeadh é dachail dhuinn'.
B'eigin d'on bhrigis bhi ann,
'N uair a chuaidh ar comannd cho ciuin
'S gun drinneadh gach fine nan tráill,
'Sgach fireannach fhagail ruisgt.'

VI.

Tha ſinn anois mar as maith leinn,
'S gur ard ar caraid ſa' chuirt,
A chuir air na daoin' am faſan,
Rinn parlaimid Shaſann thoirt' diu'.
Beannachd gu brath d'on Mharcus,
A thagair an dráſt ar cuis.
F'huair é gach dlighe air ais dhuinn',
Le ceartas an Riogh ſa chrúin.

VII.

F'huair e dhuinn' comas nan arm,
A dheánamh dhuinn Sealg nan Stúc,
'S a ghleadha ar daoine ſa champ,
Le ſagail an naimhdean brúit.
Thogadh e miſneach nan clann,
Gu iomàirt nan lann le ſunnt,
Piob, is bratach re crann,
'Si caiſeamachd ard mu rúin.

VIII.

F'huair ſinn cothrom an dráſt,
A thoileichis gradh gach dúthch',
Comas ar culaidh chur oirnn,
Gun fharaid do phór nan lúb,
Tha ſinn anois mar as coir,
Is taitnidh an ſeol r'ar ſuil,
Chuir ſinn' am brigis air lár
'S cha d'tig e gu brath a cuil.

IX.

Chuir ſinn a ſuas an deiſe,
Bhios uallach freagarach dhuinn',
Breacan an fheile preaſach
Is peiteag d'on eadach úr.
Cót a chadadh nam ball,
Am bitheadh a' charnad dlú',
Oſan nach ceangail ar ceim,
'S nach ruigeadh mar réis an glún.

X.

Toagaidh na Gaidheil an ceann,
Cha bhi iad an ſang n'as mo,
Dh' fhalbh na ſpeirichin teann,
Thug orra bhi mall gun lúgh.
Siubhlaidh iad ſireach nam beann,
A dh' iarruidh dhamh ſeang le'n cú,
'S eatrom theid iad a dhannſa,
Freagraidh iad ſrann gach cuil.

XI.

Tha ſinn an comain an Uaſail,
A choiſinn le chruadal cliu,
Chuir e le teomachd laidir,
Faoíneachd cháich air cúl.
Oighre cinn-feadhna nan Grámach
'S ioma fuil ard na ghnuis
'Sann tha Marcus an áidh
Am mac thig an áit'an Duic.

## ORAN XXXII.

*Oran, na'm Fineachan a fhuair Fearann o'n Ri.*

1782

I.

THA ſgeul úr an trath ſo's duthaigh,
'S chuir é ſúnt ro mhór oirnn,
Gu'n d'fhuair ar cairdean, mar a b'abhaiſt,
Bhi nan áite comhnuidh:
Gach fearann ár-bhaiticht' a bh'ann,
O linn a Chaimp bha górach,
Rinn na h aithrichean a chall;
Ach fhuair a chlann an coir air.

II.

'S Mór an fonas ann ſan rioghachd,
Rioghalachd na h oigri',
A ghluas gu feum, re guaillibh cheile,
'S iad gu leir co deónach,
Cinn fheadhna threun, le'n daoine fein,
Gach reaſamaid an ordugh,
Le cliu gun cheilg, 's le durachd dearbht,
B' e 'n rún bhi 'n feirbheas *Dheorſa.*

III.

Na laoich ghaſta dh'eirigh leat,
Do dh'ior fhuil cheart Chlann *Domhnuill*,
S' lionmhór gaiſgeach treubhach tapaidh,
A thain' amach 'gan comhnadh,
Bha buaidh is feart, nan ruag, s'nam feachd,
Na dhualchas ac o'n ſeorſa,
Dol ſuas gu bras, le luas nan cas,
Sa'n cruaidh-lann ghlas nan dornuibh.

IV.

'Slion'ar laſcair thig o'n *Apinn*,
Piobach bratach Srólach,
Fir chalma ghaſta, is arm nan glaic,
Co ac fhuineach 's bu choir dhoibh,
Bhiodh luaidh amach le fuaim nan ſnap,
A' bualadh chlach re ordaibh
Aig' ſluagh le'n faſan cruadal ceart
Sa fhuair a chleachduinn óg dhoibh.

V.

'S únntach meamnach treubhach ainmeil,
*Camaranich* o Lochaidh,
Fir threin gun chealg, le'm beus bhi garg,
'S iad fein a dhearbh gu leor dheth,
Bhiodh gleus an arm nan eibhle dearg,
'S lann gheur gun chearb ga choir ſin,
Bhiodh reubail marbh an deigh an ſealg,
'N uair dheireadh fearg nan oig fhear.

VI.

'S lionmhór curaidh thig a *Druman*
Feumail ullamh ordail,
Eidear Muileann uisge Thurraid,
Agus mullach Moirbheinn;
Leis nach duilich dol an cunntart;
Tir is muir a sheóladh,
'S fhuair iad urram bualadh bhuillean,
Ann sa h uile comhdhail.

VII.

Tha Sár cheann feachd is laidir taic,
A thig o'n Chaisteil *Leodach*,
Le pairtidh cheart, 's iad ard nam beachd,
A dh'fhas gu reachdmhór fóghluimt,'
Tha 'n leabhai pailt a dh'eiridh leat,
Gu feum do neart a cho'nadh,
'S bhi piob an gleas, is ceann an fheigh,
Le crann is breid an t sroil ris.

VIII.

Thig o'n *Mhor-fhaich* co'lain bhorb,
A theid le foirm ann ordugh,
Gu dana colgail, lan air storbadh,
'S arda stoirm an t-feors' ud,
Dol luath nan eideadh, cruaidh r' am feáchaînn,
Gluasaid ceill is mórchuis,
Aig' sluagh nach geill, tha buaidh nan deigh,
San uaisle fein ga cho' duch'.

IX.

Thig Laoich bharruight a' *Cinnalla'*,
'S ard an air' air mórchuis,
Air mhead na carraid, beus nam fear úd,
Gleuſtachd far an coir dhoibh
An cliu bh'aig' ſinſireachd nan gallan,
Cha chaillear ra'm beó é,
Daoine rioghail dileas daingean,
Fior 'nan gealladh comhradh.

X.

Thig Clann Ghrigair le ſár mhiſnich,
Anns a mheas 'm bu choir dhoibh,
Gu príoſail, aghar, lion'ar laidir,
Rioghail, ſtatail, proiſail:
Chuaidh riamh 'ſgach aite dian ſna blaraibh
'S gniomh an laimh a chódach
'S iad ard ſa chuirt le 'n ainm as ur
Ge d' thuga dhiu 'n Gleann Freoin e.

XI.

Thig o *Chluaini'* ſár dhaoin' uaiſle,
Thairneas ſuas gu ſeólta,
'S fad o'n chualas gu'm be'n dualchas,
Buidhinn buaidh a' chomhruig,
Teine 's luaidhe, s lamhan luatha,
Far an gluais iad comhla'
Ruidh na ruaig air an luchd fuathath,
San cur uatha brónach.

XII.

Thig o *Shruthan* na fir úradh,
Laidir luthmhór eolach,
'S o'n du' ghiuſaich theid gu ſiu'lach,
Ann an tús na do' ruinn,
Luaidh is fudar chuir na ſmúidean,
Is fuil na bruchda dortadh,
Claidhean cuil a bhi 'gan rúſgadh,
'S ruidh gu dlú ſan toreachd.

XIII.

Thig na *Cannanaich* nan deannamh,
'S iad a tional comhla',
Theid ceart ſa chabhaig, 's neart d'an caraid,
An dream is fearrail dochas,
Ga b'e theannadh riu le falachd,
Bhiodh am barail górrach,
'S mairg re'n tachradh an am gaiſgidh,
Aghaidh neart nan comhlan.

XIV.

'S eideach arraiceach treud na *h Alba*,
Dh'eireagh ſealbh gu leor dhoibh,
Gu'm fead iad ſalbh gu ſaor fo'n armadh,
Is eadach ball-bhreac boi'each:
O'n thraoigh gach fearg, a thaobh gach cealg,
Sean argumaid a thoiſeach,
Tha gaól ga dhearbha, s feadar earbs',
A' deagh luchd leanmhuin *Dheorſa*.

XV.

'S mór an onoir th'aig' an Righ,
Rinn dilſin ga luchd fógruidh,
Thug dhoibh a' ris, gach áite prioſal,
Ann's gach tir tha m'eolas,
A bh' aig' an ſinſireachd, ſui chioſean,
A chuaidh gan di le foirneart,
'S maith an durachd th'aig gach duthaigh,
A toirt cliu ga *Mhorachd.*

XVI.

Na cinn cheille 's fearr ſui' 'n ghrein,
Le'n inntinn fein a thoiſich,
Ri gniomh an fheum, a luaigh gu leir,
Sa chuir an geill gun ſóradh,
Le flathan feile, a labhair reaſan
A ghleadha ſteigh na córach,
Fhuair gach oighre an ni, ſan Staoile',
An ſai'bhreas ſan cuid ſtorais.

XVII.

Thainig coir, is dh'fhalbh an eacoir,
Is leum ár croidh' le ſólas,
Tha uaiſlean treun ſan uair ſo fein,
Gu h uallach eatrom ceól mhór,
Tha 'n tuath re ſeide ſuas tein' ei'neis,
Air na ſleibhtean móra,
So a' bhliadhna chrun an reite,
Sin an ſgeul tha co' duight.'

## ORAN XXXIII.

*Oran a Bhotail*

I.

'Nuair a ſhuidheas ſinn ſocair ſa dh' olas ſinn botal,
Cha'n aithnigh ar ſtoc uainn na chuiris ſinn ann
Thig onoir is fortan le ſonas a chopain,
Garſon nach bi deoch oirnn mu 'n tog ſinn ar ceann.

II.

Bheir an ſtuth grinn oirnn, ſeinn gu fileanta,
'S i is [illegible] thoil-inntin binneas nar cainnt,
Chaiſginn ar [illegible]' iota 'n fhir dheoch mhillis,
Bu mhuladach ſ[illegible]ne na m biodh i air chall.

III.

Deoch ſlainte nan gaiſgeach nan Gaelibh gaſta,
Gam b' abhaiſt mar fhaſan bhi poit air an dram,
Luchd gaoil an ſtuth bhlaſta, 's ar dhaoirid an lacha
Nach caomhna am beartas a ſcapa' ſan am.

IV.

Fear 'ga bheil ní gheabh e na ſhireas e,
Fear a tha crionda ſanadh é thall,
Fear a tha mi-'or cha fhulaing ſinn' e,
'S am fear a bheil grinneas theid ioman a nall.

V.

'S ra rioghail an obair ſruth brioghar na togalach
Ioclaint a bhogaicheas croidh tha gann
'S e chuireadh an ſodan air fear a bhiodh togarach
'S chuireadh é am bodach a fear a bhiodh teann.

VI.

Cha' n'eil ſan tír uaſal no cumanta,
Nach' eil air thí gach urram a th' ann,
Ga do bhio' ſtrith ma thogail na muirichinn,
Cia mar a's urrainn ſinn' fuirreach o'n dram.

VII.

Tha e fionnar do'n chreabhaig a h-uile l[illegible]
Thig teas, o na ſpeura thar ſleibhte[illegible]eann,
'Se math ri la reoghta chuir bla[illegible]h's ann am pora
An fhir theid ga dheóin ann ti[illegible]h oſda na dheann.

VIII.

Cuiridh e ſunnt air muinntir eireachdail,
Tiomchioll a bhuird 's cuid eile dhiu danns'
Thogamaid fonn neo throm is ceileirin,
'S freagarrach ſheinnis ſinn deire gach rann.

Fear a buighne bidh é cliutach,
[illegible] ga dhuthaigh 's ga chairdean,
[illegible] air a ghiúlan,
Gar d[illegible] maireachd.

---

## RANN VI.

*Rann do'n Ghae'lic 's do'n Phiob mhoir bliadhna,*
1784.

Innsi' mi ſgeul airid dhuibh,
Air ca'nain, is air ceól,
Raogha na deas ghailic,
'S i is fearr gu innſe ſgeoil,
A chainnt is lionmhor pairtin;
'S is milſe mánran beöil,
Gu freagrach deas-labhrach,
'S i ard chuiſeach gu leoir.

'S i chainnt a bh'aig 'na righridh,
Gan roibh 'n rioghachd ſo nan coir,
'S i bruidhean Dhuic, is Iarlachan,
'S i dh'iarradh iad ma'n bórd,

'S i bh' aig 'na daoin' uaifle,
Sa gheabht' aig' an tuath choir;
'S i bha, fa tha aig' Buachaillean,
A' cuartachadh nam bó.

'N uair a fga[illegible]ntin,
Aig' túr ai'readh mor,
Fhuair a ghaídhlig maighftearachd,
San am fin thar gach feors',
Gur i is fearr gu teangaireachd,
Tha 'n ceann aon neach tha beó,
Geur foilleir fónnmhor oranach,
An feomraichean an óil.

'S lionmhor urram laidir,
Fhuair a ghailic air gach feól,
'S i rinn a cheud facramaint,
Do'n phap' a bha fan Roimh,
Is i th'aig' cleir an áite fo,
Gach la toirt comhairl' oirn',
Gaol filli, is luchd dána,
Chainnt nadurra gun ghó.

S i fhuair finn o na paranta,
A rinn ar 'n áthrach óg,
'S i bu mhaith leinn fhagail,
Aig' an ál tha teachd oirn',
Tha h uile car a dh'innfinn orr,'
A' cur a pris a' móid,

Gur i cainnt is brioghora,
'S i phiob is fearr gu ceól.

A phiob úr ſo thainig do'n bhaile,
A dh'iarraoitin urram,
'S i ceann inneal ciuil an fhearainn,
Sna duthch' uile,
Le meoir luthmhor air a crannaibh,
'S le dlu' bhuillean.
'S ard a chluint i 's binn a langan,
'S grinn a cumachd.

Tha doſan le iobhruidh ballach,
Cochull do 'n t ſide ma muineal,
'S oſgara' dionach a callan
Air thoiſeach mhiltin air thurus,
Profnuchadh rioghail na carraid,
An cabhaig, an ſtri', nan cumaſg,
Cha bhi ſprochd ſan tir am fan i,
Is fortunach an ti g'am buin i.

Is deo' greine leis an luchd ealaidh,
Tha 'n Albainn gu leir, ſann Lunduin,
A phiob is maith gleus, is gearradh,
Laidir falluin, eatrom ullamh,
'S mór an tei'neas i ga leannan,
Bhi aige na ſge' ga cumail,
Fónn cheol ré a' cré na h ainnir,
Beuſan glana na treun chulaidh.

'S e cheud cheol a bh'air an talamh,
A phiob mhor is boi'each guileag,
'S i bh'aig' *Fionn*, aig' *Goll*, 's aig' *Garadh*,
Ann an talla nan laoch fuileach,
'S mairg a chitheadh air ſeól calla,
Caiſmeachd chairiſeach nan curaidh
Mhoſgladh i le ſeid ga h ainail,
Gu feum ealamh an *Fheinn* uile.

Mo ghibht phrioſail gun a ceannach,
Tha 'n coi' thional ſo air chumail,
Breitheachan dileas gan tarruing,
A ni ceart an fhirinn uile,
Gheibh gach fearr a reir na healaidh,
Ann ſam bi é fhein na urrainn,
'S tha é ſaór aig maith an airi',
A phiob fhaotainn thar gach duine.

## RANN VII.

*Ranh do'n Ghae'lic 's do'n Phiob mhoir bliadhna,*
1785.

So cruinneachadh uaiſlin meaſail,
Tha a' cumail ſuas am faſan,
Na cainnt a tha buagh-mhor fiofrach,
Le 'n fior bhriſc, a chualas eachdraidh,
Tha i luath 's cha' n'eil i liotach,
'S tha i cruaidh ma labhrar ceart i,
'S cha 'n 'eil a luchd fuath bicheant,
Si bha tric aig' luchd nam breacan.

Can'mhuin gan truailleadh gun mheaſgà,
'S gaidheil gan dual i bhi aca,
'S nadura ga fuaim bhi mioſail,
'S miſneachail an Sluagh a chleachd i,
Cainnt mhathaireil gun bhruaidlein idir,
Ach bhi, lan do Shuairceas tlachd-mhor,
Ceól gáire ga luaidh gu bicheant,
'S luchd dána ga luadh chur-ſeachad.

Tha *Lunduin* gle ard am miſnich,
Le ſpionnadh nan gaidheil gaſta,

A fhuair urram 's gach áit' an ſirt' iad,
Na curaidhean calma reachd-mhór,
Tha gabhail curam riochdail,
A chumail na rioghachd neart-mhor,
'S dh' orduigh gu ſiorruidh nach briosfior,
*Gaidhlig*, *piobaireachd*, is *bratach*.

Tha uaſlean *Dhun-eudain* le gliocas,
Gu rioghail re-bheartach tlachd-mhor,
Cha 'n fhead eacoir bhi nam meaſg ſan,
Sın dhoibh fein is leir an ceartas,
Ris an fheumach tha iad iochdmhór,
Is air na beiſtein tha iad ſmachdail,
Ann am treabhantas no triobloid,
'S mairg a theannadh re leum tharta.

Co theannadh re leum thairis,
Air na laochaibh fearail treubhach,
Na Gaidheil ardanach uaibhreach,
'S iad laidir re guaillibh a cheile,
A chuireadh crith air cach le fuathas,
Ann am bhualadh nan lann geura',
'S mairg air an cromadh na tuathaich,
Comunn cruadalach nach geilleadh.

Tha gach car tha tigh'n m'an cuairt dhoibh,
An trá's as buaghmhóra na cheile,
Am fearann a chuaidh a thoirt uatha,
Gun d'fhuair iad uile gu léir e,

Bithidh gach dligheach far 'm bu dual dhoibh,
'S uachdairain air an cuid fein iad,
Bithidh na h oighreachan ſuas dheth,
'S cha bhi tuathnach na eigin.

'Nuair a ſheallas ſinn air ar falluinn,
Bheir ſinn beannachd air a *Ghreumach*,
Is air *Mac-Shimidh* mór na Moraich,
A, moirear a bu mhàth feum dhuinn,
S a chúirt a b'airde bha 'n *Lunduin*,
Fhuair iad ann urram is eiſteachd,
'S tha 'n rioghachd uile nan comain,
Fhuair iad dhuinn comas ar 'n eideadh.

Tha coi'-thionail rioghail ghaidheil,
Ann trás am baile *Dhun-eudain*,
A' cumail am prios na *gaidhlig*,
A thaobh nadair o's cionn *beurla*,
'S a' gleidheadh *piob* mhór mar b'abhaiſt,
'O 's cionn *clarſaich*, na ceól theudan,
San da thoil-inntin ſin fhagail,
Aig' an álach thig 'nar deighne.

## RANN VIII.

*Rann do'n Ghae'lic 's d'on Phiob mhoir bliadhna,* 1789.

PROSNACHADH cluiche na pioba,
Dh' innsinn pairt deth,
Ann toiseach, a gleusadh,
'Nuair a lionar séid na máladh,
Fonnar freagarrach ga cheile,
Na duis arda,
Lán toil-inntin do'n luchd eisteachd,
Bhios ga cláisin.

Piob uallach na maidin réithe,
'S na'n ceanna cnamha,
Do 'n fhiogh chruaidh thig a Seuméca,
'S fhearr tha fás ann,
Air a thuairneireachd cruinn direach,
Iobhuireach fainneach,
Gaoidhearach, seadanach, finealt,
Le binne chaileachd.

'S freagarrach a chuid a steach dhi,
'S tha 'n taobh 'mach dhi dreachar daicheil,

Tonnagach, Ribeineach, riomhach,
Dofan do'n t fhioda ri frannraich,
Mu mhuineal nam buaidhean príſeil,
Cumail dion air a mín bhragad,
Cuilc na flugan tha ga lionadh,
Air a dhionachadh le ſnaithean.

'Si phiob úr a tha 'n Dun-eudann,
Eabhnas Ghaidheil,
Inneal ciúil a's fhearr fui' 'n ghrein,
Le reaſan arraid,
Tha i ſnaſmhor, maiſeach, finealt,
Cuimir, dreachdmhor, dionach, laidir,
Gu binne, boigheach, ſeocail, ceutach,
Ceolmhor, eatrom, eabhuinn, aluinn.

Piob a chuireadh ſund gu mire,
Fonn is farum,
Air gach diuc is ard cheann-cinnidh,
'S oighre fearainn,
Biodh gach duin' uaſal ga ſireadh,
Gu togail na ſluaigh 's a charraid,
'Nam tharruing a ſuas gach fine,
Dhol a bhualadh nan cruaidh lannan.

Ceol a's rioghaile 's a's fine chuala ſinne,
Bhi air thalamh,
Ceol as brioghmhoire 's a's binne,
S a's grinne thug meoir a crannaibh,

Cha chualas neach riamh a dhìmail,
Dreach is deanadas na hàinnir,
'S fhuair i cliu le beul gach fili,
A bha 's duthaich b fhiach gu rannan.

Tha 'n rioghachd lán eabhnais uile,
'S Dun-eudann gu tric nan aire,
Liughad treun-fhear th' ann a cumail,
Reachd is reasan a choi-thionail,
Caint a's geire chuala duine,
'S urramach gach beul a chanas;
A chánain ata reidh ullamh,
Beusach suranach, gle eallamh.

'S onair do'n Ghail'teachd turas,
Na thainig an draft do'n bhaile,
Chumail am prís briogh an t sheanachais,
Tha farmadach leis na Gallaibh,
Gailic Albannach nan curaidh,
'S a phiob bana-mhaistir gach ealaidh,
An ceol 's a chaint afhuair gach urram,
'S luaithe bh' ann 's a's fhaide mhaireas.

## RANN IX.

*Rann Uiſtean.*

Turras a chuaidh mi air aſtar a Chinntaile,
Chunna mi daoin Uailſe tlachdmhor, caoineil pairteach,
Bha aon Bhalfach ann air Bainis, a thug dhamh tamailt,
O na bha eiſean mar ſin damhſa, bi miſe mar ſo dháſan.

Sann an ſin a thoiſich Uiſtean,
Mar a ni cu'n droch naduir,
Taumhannaich ri ſluadh na Duthcha,
'S bé run gu'n gearra' é 'n ſailtean;
'Smath a'n Companach don chu é,
'Sdona 'n companach le cach é,
Cho chuideachd é Bhard no Phiobair,
Aig a mhiomhalachd ſa dha's é.

Aidich fhein nach 'eil thu 'd phiobair,
'Sleig dhiot bhi 'm barail gur Bard thu,
Daoine criodheil iad le cheile,
'S bithidh iad gu leir a tair ort,

Fear ciuil gun bhinneas gun ghrinneas,
Fuadaichi' ſinn as air pairt e',
Mar a thilgeas iad craobh chrionaich,
O 'n Ffhionain a mach as a Gharradh.

Mu chi thuſa Bard na Filli,
No fear dana,
Mu bhios aon diubh giarruidh Gille',
Ghiulan mailaid,
Lean an duine ſin le duthrachd,
Los gu'n ſiu'lá tu huil aite,
Smor a'nglanadh air do dhuthaich,
I chuir cul riut 's thu ga fagail.

Na ma chi thu fear a ſheinneas,
Piob no clarſach,
Feaduidh tuſa 'n tinneal ciuil,
A Ghiulan daſan,
Gus ambi craiceann do dhroma',
Fas na bhallaibh lomma bana,
Mar a chi thu mille' Srathrach,
Air gearran a bhios ri aiteach.

Cia mar a dheana' é oran,
Gun eolas gun tuigſe Naduir,
O nach deana' é air doidh é,
Bu chora dha fuireach ſamhach,
Bruidhinn ghluggach 's cuid di mabbach,
Moran ſtaddich ann am pairt di,

Na ni e phlabbartich chomhradh,
Cho bheo na thuigeas a Ghaelic.

'Sgimmeleir cheanna na'm bord thu,
Far am fuidh thu 'ntol gun pháidh,
Cia mar chunntas finn na geocaich,
Mar bi Uiftean óg fan aireamh,
Cha rabh do bhru riamh aig fiothcha',
Gus an liona tu bhiadh chaich i,
Smor an tolc na chaifge tiotadh,
Nuair a chit thu fdo ghloc paiteach.

'Stric do leab an lagg an otraich,
Na'n cul garraidh,
Bi do cheann air conntom comhnart,
'Sro mhath 'ntait é,
Bithi' na coin a giomlich teofaig,
A toirt diot a bheoil fa chairean,
Do chraos dreamnach toirt phog fallach,
A'd dhearra bhraithrean.

Na'n cluinne' fibh muc a rucail,
Geoidh is tunnagan a racail,
Sann mar fin a bha piob Uiftean,
Bronach muladach a ranaich,
Muineal gun 'Aolmann air tucha,
'Nribheid cho nfheud bhi laidir,
'Se call daonnan air a chulaibh,
Na gaoth bu choir dol fa mhàladh.

Bha lurga coin airſon gaoir,
A'd chraos fairſin,
'Sculai' ſin a thogail Plaigh,
Sa 'n cnai' air malca;
Rinn é tanail ſallach brein,
Mu theid neach fo'n Ghrein an taic riut,
'Sfhearr bhi eidir thu ſa ghaoth,
Na ſeaſamh air tao' an aſga'.

Cia mar a ni Uiſtean óg dhuibh,
Ceol gu dannſa,
Nuair a chithe tu ſruth ronn,
On huile toll a bh' air an tſiunnſair,
'Sgeul tha ſior a dhinnſeas miſe,
Gur he dh'ag e nois cho manntach,
Gun dtug iad dheth leis an tioſar,
Bar na teanga.

'Seidi' Uiſtean Piob an rongain,
'Smor a hanntlachd,
Bithidh i coſa'il ri gaoir chonnſpeach,
A bhiodh an cnoc fraoich a dranndail,
'N circeapoll lai' ri Tongue,
A baiggearachd air muinntir Bainns',
Fhuair miſe piobaire 'n rumbuill,
'Sdh' ag mi ann é.

## RANN X.

*Rann Anna.*

ANNA Nion uilleam a'n Cromba,
Bean gun chonn ſi fhein air ai'rea',
Núair chuaidh mi 'ntoiſeach ga ſeolltainn,
Cho'n é 'mfortan a chuir ann mi,
Bhruidhinn miſe ſamhach ſocair,
Mar dhuine bochd a giarruidh fardaich,
Thoiſich iſe mar chu croſda,
Bhiodh ann ſna dorſan a dranndail.

'Sann aice tha beul na ſgallais,
Gu fanoid a dheanadh air ſeannduin,
Nach Urainn a dheanadh feum dhi,
Mar a bha i fein an geall air,
Chunna miſe laeth' ghluaiſinn,
Leis na Gruagaichean mar chairdeas,
Dhaithnich i gun dalbh an uair ſin,
'Schuir i uaithe mi le angar.

Innſidh mi dhuibh teiſnas Anna,
O na ſaithne dhamh ſan am i,

Bean a dhól a peighinn phiſich,
Cho bheo idir gun an dram i,
Cho neonach leam i bhi miſgeach,
Si 'ncomhnuidh a meaſg a Bhranndi,
'Stric a bha na broinn a leoir dheth,
'Sbha tuille ſa choir na ceann deth.

Cha'n eil a leannan ra fhaicinn,
Ach fear ma ſeach do na ceardaibh,
Se nonoir is ſmo th' aice,
Gu'm fairtlich i air na bardaibh,
Thug i dhiom om beul ſa'n tſhron,
O na dh'ag i beo mi tha mi taingeil,
Chuir i miſe ſamhach balbh,
'Sdhalbh mi mun dtuga' i 'nceann diom.

Smor an treuntas le Anna,
Bhi cho gheur le ſgainneil chainnte,
'Smairg air na thachair bean bheumnach,
Aig am bheil am beul gun aime,
'Mfear a bheir iſe dhathigh,
'Sann air thig a chreach ſa'n calldach,
Nuair ſhaoil é gum bu bhean cheart i,
Sann thachair e ri Bhana-mháighiſdir.

A Bhana-chleuſaiche gun ghrinneas,
Smairg ſleuſgach a theid na carramh,
'Stric i tuiteam leis na Gillean,
Ceap tuiſlidh i do na fearaibh,

A Bhean bhruidhneach mhifgeach ghionach
Ghlearach lonach, fhanntach fhallach,
Roinn gu reuba' air a teangai,
Cofail ri gath geur na Nathrach.

Comhdach nach falaich a craiceann,
Leomach gun feol air cuir leis ann,
Cha'n eil brogan flan mu caffan,
Cha'n eil cota nairt mu leaffan,
Orra tha aogafg na glaiftig,
Neul an Aoig na haodan preaffach,
Cloffach i air fearga', lachdan,
Scoffail i ri dealbh na Leifge.

Tigh tha lan do mhnathan mifgeach,
'Solc an tait an drinn mi tachairt,
Ga'd thaine me ann gun fhios damh,
'S fhearr falbh tra na fuireach aca,
Banamhaifdir a chomuinn bhrifdich,
Anna tha ainmeil fan Eachdrai',
Mu gheibh cach i mar fhuair mis i,
Cha dtig iad gu brath ga faicinn.

## RANN XI.

*Rann a ghabhas Maighdean ga leannan.*

CHA neolas graidh dhuit,
Uifge ſhrabh na ſhop;
Ach gradh an fhir thig riut,
Le blas a tharruing ort;
Eirich moch Didomhnuich,
Gu lic chomhnairt phlattaich;
'S thoir leat beannachd Pobuill,
Agus currachd Sagairt;
Tog ſud air a ghualinn,
Agus ſluaſaid mhaide,
Faigh naoi gaſſan ranaich,
Air an gearra le tuaith;
Is tri chnaimhean ſeannduine,
Air an tarruing é uaidh;
Loiſg air teine crionaich é,
Dean ſud gu leir na luath;
Suath ſin ra gheala-bhroilleach,
An aghaidh na gaoth tuath;
'Stheid miſe 'nra ſa'm barrantas,
Nach falbh 'mfear úd uait.

## RANN XII.

*Rann I-challum-chille.*

Beannachadh I-chalum-chille,
Innis tha beannuichte cheana,
Eilean a tha 'n iochdar mhuile,
'Se uile fui' chís Mhic Cailein,
Ionad naomha a fhuair urram,
Oſcionn iomad tir is fearann,
Ghabhas dilis rís gach duine,
Thig o'n uile rioghachd aineil.

'S iomad righ a th' ann ſan tulaich,
'S daoin' uaiſle riomhach a bharrachd,
Sa 'n cuirp phríſeil bu mhath cumachd,
Air an leagail ſios fui 'n talamh,
O 'ſe deireadh crich gach duine,
Tuiteam nan uir 's na mín ghaineamh,
Mo dhochus ann Crioſd a dh' fhulaing,
Gu 'n d' ullmhaich e ſith d'an anam.

Míle is da chiad da h uillidh,
Do bhliannachan air dol thairis,

O na ſhuithich a cheud duine,
Dea' chlach bhunaidh ſté a bhalla,
'S iomad dealbh a th' ann a fuireach,
'S leachdannan mharbh air dhea' ghearradh,
Clach ſhnaite o'n bhlar gu mhullach,
'S rinn iad uil' e laidir fallainn.

Fhuair ſinn ſearmain ſhoilleir ullamh,
O'n fhearr a bha' n de 's a chrannaig,
'S chuala mi luchd eiſteachd uile,
Toirt urram do 'n bheul achan i,
'Nois o na dh' eug Callum-cille,
'S nach bu dú dha fein bhi maireann,
Tha aoibhneas air duthaich mhuile,
Du'all a bhi 'n aite Chalum.

---

## RANN XIII.

*Rann Co'dhunaidh.*

Tha miſe 'm ſhuidh air an uaigh,
Tha 'n leaba' ſin fuar gu leoir,
Gu'nfhios agam cait' an tim,
Gus an teannar mi fhín da coir;
Comhdach flanin 's leine lin,
Is ciſte dhu' dhionach bhord,

Air mhead ſga 'n cruinnich mi ni,
Sud na theid leam ſios fo'n 'Oid ;

'Sbeag air curam ro 'n bhas,
'Mſad a bhios ſinn laidir og,
Saoilidh ſinn mu gheibh ſinn dail,
Gur e air naite fuireach beo ;
Feaduidh ſinn fhaicinn air cach,
'S iad gar fagail gach aon lo,
Gur nadurra dhuinne gach trath,
Gu bheil am bas a teanna oirn ;

Tha mo pheacaſa' ra throm,
Smuladach ſin liom an dráſd,
Tha mi ſmaoineacha' gu tric,
Liuthad uair a bhriſd mi naithn ;
Le miann mo dhroch inntin fein,
Leis an rabh mo chrebhag lan ;
Gun chuimhn air ughdarras Dhe,
Le duthrachd am bheul nam laimh ;

Ge'd is mor mo pheaca gniomh,
Smi 'n cionta ciad pheacaidh Adh'mh,
Cheannacha' mi le fuil gu daor,
A dhoirte ſgaoilteach air a bhlár,
Tha mo dhuil ſcho dochas faoin,
Ri iochd fhaotinn air a ſga',
Gu'n glacar manam gu ſith,
Le fulannas Chrioſd amhain ;

Tha mo dhochas ann a'n Criosd,
Nach dibir e mi gu brath;
Nuair a leagar mo chorp a sios,
Ann an staid iosail fo'n bhlar;
Gun togar manam a suas,
Gu rioghachd na'm buadh sna'n grás,
Gum bi mo leaba fo dhion,
Cois cathrach an ti is aird';

Cha bhiodh meagall ro an aog,
Ge'd thigeadh é 'm thaobh gun dail,
Nam bithinn do pheaca saor,
'Ndeis a ghaoil a thug mi dha;
Tha mo dhuil ann san Dia bheo,
Gun dean e trocair orm an drasd,
Mo thoirt a 'steach a dhionad naomh,
'Ncuideachd Mhaois Is Abraham;

Ga'aidh mi nois mo chead an tsluagh,
Lan toirt suas doibh ann am chainnt,
Fagaidh mi aca na chnuasich,
Na stuaghan a bhann am cheann,
Los gu nabair iad ra cheile,
Mar a leugh sinn fhein gach rann,
Co air an dteid sinn ga'n sirreadh,
Nois cho'n eil am Philli ann.

## LIST

OF

# SUBSCRIBERS.

### A

HER Grace the Duchefs of Athol
Mr John Anderfon, Kingaffie
Mr John Anderfon, Druimantuirk

### B

Dugald Bannatyne, Efq. Glafgow
William M'Leod Bannatyne, Efq.
Mr Archibald Ballantine, Edinburgh
Mr Alexander Baillie, of Little Tarull
Mr Robert Baigrie, Leith
Mr Henry Balneavis, of Edradour
Mr John Bayne, merchant, Oban
Mr John Bell, writer, Inverary
Mr Archibald Bell, writer, Inverary
Mr Donald Bell, meffenger, Inverary
Mr Archibald Bell, Killichamaig
Rev. John Bethune, Dornach
Rev. William Bethune, Sky
Mr John Bethune, Breabolt, Sky
Mr John Beatton, Mongaftle

Mr Niel Beton, Oroboſt, Sky
Mr Angus Beaton, bookſeller, Edinburgh
Mr Andrew Black, Invervoidde
Mr Alexander Blew, Arinachkine
Mr James Boog, of Shalbo
Mr Charles Borrie, Athol-houſe
Mr Daniel Brodie, Glaſgow
Mr Peter Brolachan, ſenior, Campbleton
Mr Peter Brolachan, junior, Campbleton
Mr John Brown, merchant, Inverary
Mr John Brown, Achbeg
Mr Donald Brown, Eaſter Duncroſk
Mr William Brown, Aberuchill
Henry Butter, Eſq. of Pit-Lochrie
Mr Thomas Butter, ſchoolmaſter, Fortingal
John Buchanan, Eſq. Cambuſmore
Rev. John Buchanan, Harris
Mr James Buchanan, writer, Glaſgow
Mr James Buchanan, at the Saracen's Head
Mr Archibald Buchanan, comptroller of the cuſtoms, Campbleton
Mr Archibald Buchanan, vintner, Callander
Mr John Buchanan, Carſtoun
Mr John Buchanan, Narachan
Mr Peter Buchanan, Leney
Mr William Byron, Holloton

## C

Ewen Cameron Eſq. of Fasfern
Ewen Cameron Eſq. of Glenevis
Angus Cameron, Eſq. Kenlochleven
John Cameron, Eſq. of Callort
George Cameron, Eſq. of Letterfinley
Capt. Donald Cameron, Strontian
Lieut. John Cameron, Strontian
Lieut. Ronald Cameron, 76th regiment

Lieut. Donald Cameron, Fort-William
Lieut. John Cameron, Glenroy
Lieut. Ronald Cameron, Muirſhearlach
Mr James Cameron, Kenlochleven
Mr George Cameron, engraver, Edinburgh
Mr Donald Cameron, of Clunes
Mr John Cameron, of Drimnaſally
Mr Hector Cameron, merchant, Glaſgow
Mr Ewen Cameron, of Muick
Mr John Cameron, Graſs-market, Edinburgh
Mr John Cameron, Lochairkaig
Mr James Cameron, Moulin
Mr John Cameron, Moulin
Mr John Cameron, Weſter Camguran
Mr Duncan Cameron, Kirktoun
Mr John Cameron, Kenlochbeg
Mr John Cameron, Culchinna
Mr Allan Cameron, Lundavra
Mr Donald Cameron, Lickroy
Mr Donald Cameron, Fort-William
Mr Ewen Cameron, Fort-William
Mr Allan Cameron, merchant, Fort-William
Mr John Cameron, teacher, Auchdrom
Mr John Cameron, Low-bridge
Mr Hugh Cameron, merchant, Strontian
Mr John Cameron, Lindally
Mr John Cameron, Inveruiſkvolin
Mr Alexander Cameron, Moy
Mr John Cameron, Glenſulag
Mr Dugald Cameron, Barr
Mr Dougald Cameron, Achnaherie
Mr Ewen Cameron, Earinck
Mr Donald Cameron, Stronlia
Mr Donald Cameron, Kenlochiel
Mr Lachlane Cameron, Stronleah
Mr John Cameron, Achdaleu
Mr Okean Cameron, Glenpean
Mr Alexander Cameron, Glencamagary

Mr Donald Cameron, Glenhurrich
Mr Donald Cameron, Poloch
Mr Allan Cameron, Scamadale
Mr Alexander Cameron, Achanelan
Mr James Cameron, Glenboradale
Mr Donald Cameron, Clafh
Mr Ewen Cameron, Arundle
Mr Donald Cameron, merchant, Ranachan
Mr Donald Cameron, Strontian
Mr Dougald Cameron, Anaheilte
Mr Alexander Cameron, Gortaneorn
Mr John Cameron, Kenlochaline
Mr Hugh Cameron, Knock Morvern

Right Honourable John Campbell Earl of Breadalbane, 8 copies
Right Honourable John Campbell Lord Stonfield, 2 copies
William Campbell, Efq. of Glenfallach
Mr Colin Campbell, younger, of Glenfallach
Alexander Campbell, Efq. of Barcaldine, 2 copies
John Campbell, Efq. of Airds, 2 copies
Donald Campbell, Efq. of Sonnachan
Donald Campbell, Efq. of Dunftaffnage
John Campbell, Efq. of Otter
Colin Campbell, Efq. younger, of Baliveolan, 2 copies
Patrick Campbell, Efq. of Ardchattan, 2 copies
Robert Campbell, Efq. of Afknifh,
David Campbell, Efq. of Glenlyon,
Alexander Campbell, Efq. of Ormidale
Alexander Campbell, Efq. of Ballchyle
Robert Campbell, Efq. of Dunlofkine
Duncan Campbell, Efq. collector of excife
General Campbell, Strachur, 2 copies
Dugald Campbell, Efq. of Ederline
Dugald Campbell, Efq. of Carradell, 2 copies
Archibald Campbell, Efq. of Jura
James Campbell, Efq. Silvercraig

John Campbell, Esq. of Lochend, 2 copies
Archibald Campbell, Esq. of Glenmore
Duncan Campbell, Esq. of Glenfeachan
John Campbell, Esq. lieutenant-governor of Fort-George, 2 copies
John Campbell, Esq. writer to the signet, 8 copies
Lieutenant-colonel Alexander Campbell, Glendarual
Major Colin Campbell, Glendarual
Major Archibald Campbell, of Askomell
Capt. N. Campbell, Inerliver
Capt. James Campbell, 42d regiment, 2 copies
Captain Colin Campbell, of the 44th regiment
Lieut. Hugh Campbell, Barcaldine
Lieut. Niel Campbell, 2d batal. Royals
Lieut. Dugal Campbell, Achlian
Lieut. James Campbell, Corryghoyell
Lieut. Kenneth Campbell, Harries
Lieut. Ronald Campbell, Achrioch
Lieut. Daniel Campbell, Ardtarig
Lieut. Archibald Campbell, Sunipoll
Lieut. John Campbell, Auch
Lieut. William Campbell, 74th regiment
Ensign William Campbell, Barnamuck
Ensign Alexander Campbell, Affint
Capt. Niel Campbell, of Milford
Rev. Alexander Campbell, M. A. Kilcalmonill
Rev. Patrick Campbell, Kilninver
Rev. Dugald Campbell, Kilmichael
Rev. Hugh Campbell, Kilmartin
Rev. Archibald Campbell, N. Knapdale
Rev. Dugald Campbell, Ross, Mull
Mr Alexander Campbell, comptroller of the customs, 2 copies
Mr Peter Campbell, younger, of Combie
Mr Colin Campbell, younger, of Kilmuiline
Mr Colin Campbell, younger, of Edesline
Mr Patrick Campbell, writer, Greenock
Mr Malcolm Campbell, of Barmoloch
Mr Duncan Campbell, junior, Greenock

Mr Duncan Campbell, writer, Campbleton, 2 copies
Mr Patrick Campbell, of Corries
Mr Archibald Campbell, Killchamaig
Mr Alexander Campbell, of Blaracherin
Mr Donald Campbell, ſtudent of divinity, Glenorchy
Mr Colin Campbell, collector of the cuſtoms
Mr Alexander Campbell, Fort-William
Miſs Catharine Campbell, Lix
Miſs P. Campbell, Lochdochart
Mr Dun. Campbell, of Aros, Mull
Mr John Campbell, of Knock, Mull
Mr Archibald Campbell, of Killuchronan
Mr John Campbell, of Trachadale
Mr Archibald Campbell, of Treſhniſh
Mr Don. Campbell, merchant, Campbleton
Mrs Margaret Campbell, Camuſnaherie
Mr Dun. Campbell, ſurgeon, Killin
Mr James Campbell, ſurgeon, Mull
Mr Alexander Campbell, Barniaddy
Mr John Campbell, Chamberlain, of Tiry
Mr Archibald Campbell, merchant, Kinchraichan
Mr John Campbell, wright, Lochgilphead
Mr James Campbell, inn-keeper, Foord
Mr Robert Campbell, Barnaline, Lochow
Mr Angus Campbell, Upper Fernach
Dr Dun. Campbell, Glaſſghour
Mr Angus Campbell, Dunſtaffnage
Mr Alexander Campbell, merchant, Glaſgow
Mr Alexander Campbell, grocer, Glaſgow
Mr Malcolm Campbell, grocer, Glaſgow
Mr Alexander Campbell, candle-maker, Glaſgow
Mr John Campbell, land-waiter
Mr Murdoch Campbell, taylor, Greenock
Mr John Campbell, Coilleſſan
Mr James Campbell, Inveiary
Mr Peter Campbell, Kinchregan
Mr Alexander Campbell, Achlean
Mr Dun. Campbell, Brailey

Mr John Campbell, Drimnamuikloch
Mr Niel Campbell, Achenewie
Mr James Campbell, junior. writer, Edinburgh
Mr Col. Campbell, land-waiter, Campbelton
Mr Dugald Campbell, Kintarbert
Mr Martin Campbell, Campbelton
Mr Niel Campbell, factor, in Kintyre
Mr Archibald Campbell, Easdale
Mr Alexander Campbell, Stronchormaig
Mr Alexander Campbell, merchant, Oban
Mr Archibald Campbell, Craigintagart
Mr Duncan Campbell, Drimliart
Mr Patrick Campbell, Clasghour
Mr Donald Campbell, Corlarich, Sky
Mr Murdoch Campbell, Corlarich, Sky
Mr Colin Campbell, Sannuige, Islay
Mr Archibald Campbell, Ardnahow
Mr Colin Campbell, factor, Rossneath
Mr John Campbell, of the Prince of Wales cutter
Mr James Campbell, Barcaldine-Wood
Mr John Campbell, at Airds
Mr Dugald Campbell, Appine carrier
Mr Alexander Campbell, Back-wynd, Glasgow
Mr Kenneth Campbell, Scalpa
Mrs Campbell, Scalpa
Mr Kenneth Campbell, Strond, Harris
Lieut. Colin Campbell, late 74th regiment, at Auch
Mr John Campbell, collector of the customs, Islemartin
Mr Alexander Campbell, music-master
Mr Patrick Campbell, Royal Bank
Mr Alexander Campbell, merchant, Perth
Mr James Campbell, merchant, Loggierate
Mr John Campbell, flax-dresser
Mr Dun. Campbell, Easter Carie
Mr John Campbell, mason, Kenmore
Mr John Campbell, manufacturer, Killin
Mr Malcolm Campbell, Killin

Mr John Campbell, Benmore, Glendochart
Mr William Campbell, Benmore
Mr James Campbell, flax-dreffer, Comrie
Mr John Campbell, Callender
Mr Dun. Campbell, Inverfcadle
Mr Patrick Campbell, Inverfcadle, 2 copies
Mr Archibald Campbell, Gergudel
Mr Donald Campbell, Mingary
Mr Donald Campbell, Glenmaffon
Mr Alexander Campbell, Kilmun
Mr Donald Campbell, Lochgoilhead
Mr Lachlan Campbell, Achdacheranmore
Mr Ronald Campbell, Achinbreack
Mr George Campbell, Ardtarig
Mr Andrew Campbell, Balimore
Mr Archibald Campbell, Affipoll
Mr John Campbell, Fidden
Mr Malcom Campbell, Baliphetris
Mr Archibald Campbell, Searinifh
Mr Hugh Campbell, Killundine
Mr John Campbell, fhip-mafter, Oban
Mr Patrick Campbell, of Auch and Beinndourain
Mr John Campbell, North Poll
Mr Alexander Campbell, excife-officer, Dunbarton
Mr John Cameron, brewer, Fasfern
Mr Patrick Carmichael, Cuftom-houfe, Port-Glafgow
Mr John Carmichael, Balichatrigine
Mr Donald Carmichael, teacher, S. Uift
Mr Archibald Carmichael, Renton
Mr John Carmichael, Crieff
Lieut. John Chifholm, Fafnakyle
John Chifholm, M. A. P. Fafnakyle
Eneas Chifholm, M. A. Crochel
Mr Hugh Chifholm, Kintail
Mr Hugh Chriftie, Lochearnhead
Lieut. Alexander Clark, Invernahavan, 2 copies
Mr John Clark, clerk of the mail-coach, Edinburgh
Mr Donald Clark, Auchmore, of Ovie

Mr Robert Clark, Garachran
Mr Gordon Clunes, Dornoch
Mr William Colby, vintner, Killin
Robert Colquhoun, Efq. Camiftrodan
Mr Dun. Colquhoun, taylor, Appin Stewart
Mr Lauchlan Colquhoun, Cuil, Appin
Mr Angus Colquhoun, Arturr
Mr Peter Comrie, furgeon, Comrie
Mr Charles Connachar, merchant, Logierait
Mr Donald Connachar, Logierait
Mr Duncan Cowan, merchant, Edinburgh
Ronald Crawford, Efq. of Frifkey
Mr Samuel Crawford, furgeon, Iflay
Mr John Crawford, hofier
Mr Robert Craigie, advocate
Mr John Corrie, Crogan, Mull
Mr Alexander Caldel, Moulin
Mr George Cromar, Tayndrom
Mr Hugh Cumming, fchoolmafter, Balrain, Stratherie
Mr John Cumming, Auchdalew
Mr Patrick Cunningham Acha, Benderloch
Mr John Curry, meffenger, Iflay
Mr Lachlan Curry, South Uift
Mr Archibald Currie, Garachran

## D

George Dempfter, Efq. M. P.
David Dale, Efq. Glafgow
Mr Andrew Davidfon, of Overfkibo
Mr Colin Daves, Torblaran
Mr John Dallas, Airds
Mr John Darrach, tailor, Kilcalmonell
Mr James Dewar, Tempar, Rannach
Mr John Dewar, tailor, Luffantulich
Mr John Dewar, Wefter Temper
Mr John Dewar, merchant, Killin

Mr John Dow, of Tirchard
Mr John Dow, Haggertſon's wynd
Mr John Dow, grammar-ſchool, Glaſgow
Mr Murdo Downie, writer, Edinburgh
Mr John Downie, merchant, Glaſgow
Mr Patrick Downie, merchant, Stornaway
Mr A. Downie, Urray, Dingwall
Mr Donald Duff, merchant, Logierait
Mr Donald Duff, Tumble
Mr John Duff, Pitlochry
Mr John Dunbar, Glenlochy, Abernethy
Mr Robert Dunmore, merchant, Glaſgow

F

Lieut. John Farquharſon, 42d regiment
Mr Alexander Farquharſon, ſchoolmaſter, Blair in Athol
Mr John Farquharſon, Aberfeldy
Mr Duncan Farquarſon, carter, Ponton-ſtreet
Rev. Duncan Ferguſon, Binbicula
Mr John Ferguſon, junior, of Glenſhellich
Mr James Ferguſon, Edinburgh
Mr James Ferguſon, Paiſley
Mr Fergus Ferguſon, teacher, N. Uiſt
Mr Daniel Ferguſon, teacher, Comrie
Mr Robert Ferguſon, Killichangie
Mr John Ferguſon, Weſter Dundurn
Mr John Ferguſon, maſon, Callander
Mr Robert Ferguſon, Stronvar, Balquhidder
Mr James Finlay, merchant, Glaſgow
Mr Duncan Fiſher, Weſt Tarbert
John Fletcher, Eſq. of Bernie
Donald Fletcher, Eſq. younger, of Bernie
Angus Fletcher, Eſq. of Dunan
Lieut. Andrew Fletcher, Bernie
Mr Archibald Fletcher, writer to the ſignet

Mr Archibald Fletcher, tailor, Achalader
Mr Angus Fletcher, Ardvrecknifh
Mr Hugh Fletcher, fheriff-officer, Appin
Mr Thomas Fleming, Moulin
Mr John Fleming, Bridge-end of Tilt
James Forbes, Efq. Ardchoyline
Mr John Forbes, teacher, Fofs
Mr James Forbes, Findynet
Mr Donald Forbes, Ribigle
Alexander Frafer, Efq. of Struy
Colonel Frafer, of Bruick
William Frafer, Efq. of Culbockie
Rev. William Frafer, M. A. Keantra
Rev. Paul Frafer, Craignifh
Rev. Alexander Frafer, Invernefs
Rev. John Frafer, Glafgow
Rev. Alexander Frafer, Kirkhill
Rev. William Frafer, Arafaig
Rev. Alexander Frafer, Kilmalie
Rev. John Frafer, Kilmorach
Mr Simon Frafer, Bublany
Mrs Frafer, Brueach
Mrs Elizabeth Frafer, Blair in Athol
Mr Simon Frafer, younger, Foyers
Mr Alexander Frafer, Foyers
Mr Donald Frafer, Dulcrag
Mr David Frafer, officer of excife, Ardnamurchun
Mr Thomas Frafer, ftudent of divinity, Coll
Mr John Frafer, at Kirktoun, by Dornoch
Mr Neil Fullerton, Prince William Henry cutter

## G

Rev. Andrew Gallie, of Kincardine
Mr Archibald Galbreath, ftudent of divinity, Inverary
Mr Ephraim Gardner, Glafgow
Rev. John Gillefpie, Arrochar

Mr Thomas Gillefpie, Glencoich, Killinan
Mr Archibald Gillies, Bowmore, Iflay
Mr Dugald Gilchrift, of Ofpifoile
Mr George Gillanders, of Highfield
Her Grace the Duchefs of Gordon, 8 copies
Lieut. George Gordon, Tongue
Lieut. Robert Gordon, Rhine
Mr John Gordon, of Carrol
Jofeph Gordon, Nairdale
Rev. Patrick Graham, Aberfoyle
Mr Robert Graham, of Burden
John Graham, Efq. of Drunky
Mr Patrick Graham, Balichatrigine
Mr Robert Graham, gardiner, Greenock
Mr William Graham, Rogart
Sir James Grant, of Grant, 2 copies
James Grant, Efq. of Corimony
James Grant, Efq. of Shuglie
Patrick Grant, Efq. of Glenmorifton
Colonel William Grant, of Rothimurchus
Major James Grant, Birchfield
Major Louis Grant, Achernuk
Capt. Grant, Glenmorifton
Capt. Gregory Grant, Lakefield
Capt. Allan Grant, of Inverwick
Lieut. Robert Grant, 55th regiment
Lieut. John Grant, Achterblair
Lieut. William Grant, 55th regiment
Lieut. Charles Grant, 55th regiment, 2 copies
Dr Gregory Grant
Enfign John Grant, of Atinlia
Rev. Patrick Grant, Duthil
Rev. John Grant, Abernethy
Mr John Grant, Gartmore
Mr Alexander Grant, of Port-Clair
Mr P. Grant, Fort-Auguftus
Mr John Grant, vintner, Polchor
Mr John Grant, vintner, Lufs

Mr Alexander Grant, Tullachgrebin
Mr James Grant, Dilrachin
Mr James Grant, Laggan
Lieut. Alexander Grigorſon, Greenock
Mr John Grigorſon, Ardtoriniſh
Mr Charles Grierſon, merchant, Glaſgow
Mr Duncan Gray, merchant, Glaſgow
Mr Donald Gray, Kilbride
Mrs P. Gray, Jura

## H

Capt. Archibald Hamilton, Oban
Mr James Hamilton, Prince William Henry cutter
Mr William Hagart, Leith
Mr William Hardie, Glaſgow
Mr Donald Henderſon, Ariveon
Mr Donald Henderſon, Lubnamart
Mr James Hill, maſter of the Iſlay packet
Mr Hugh Houſton, of Brora
Mr James Huſack, officer of exciſe, Dunkeld
Mr Peter Hunter, Glaſgow
Mr Robert Hutchiſon, bookſeller, Campbelton.

## I J

Mr William Ingram, Glaſgow, 6 copies
Mr Hugh Innes, Callort
Mr Hugh Inglis, printer, Edinburgh
Mr William Johnſton, Achtrichtan
Mr Archibald Johnſton, Taycarmigan

## K

Rev. William Kieth, Golſpie
Rev. John Kennedy, Auchteraw
Mr Hugh Kennedy, merchant, Glaſgow, 2 copies

Mr Duncan Kennedy, merchant, Glaſgow
Mr Daniel Kennedy, merchant, Glaſgow
Mr Daniel Kennedy, gardiner, Glaſgow
Mr Donald Kennedy, grocer, Anderſton
Mr Duncan Kennedy, teacher, Logierait
Mr Samuel Kennedy, Fombowy
Mr John Kennedy, Auldlochran
Mr John Kennedy, Comrie
Mr Angus Kennedy, Paiſley
Mr Daniel Kerr, merchant, Paiſley

## L

Colonel Adam Livingſton, of Bantaſkine
Mr Duncan Livingſton, Inverghaunain, engineer to the king's road
Mr John Livingſton, Fort-William
Mr Malcolm Livingſton, North Garvant
Mr Niel Livingſton, Oban
Mr Hugh Leſlie, writer, Dornach
Mr Gabriel Laird, bookſeller, Greenock
Mr Co. Lindſay, writer, Inverary
Mr James Litch, Grachvoil

## M

Rev. Alexander Macadam, of Nigg
Angus Macalaſter, Eſq. of Loup
John Macalaſter, Eſq. of Cour
Capt. William Macalpine, Drumlane
Mr Donald Macalpine, Brenichyle
Mr Daniel Macalpine, Glaſgow
Rev. Archibald Macarthur, Kilninean
Mr Archibald Macarthur, ſtudent of divinity
Mr Peter Macarthur, writer, Inverary
Mr John Macarthur, vintner, Glaſgow

Mr John Macarthur, merchant, Tarbert
Mr Duncan Macarthur, teacher, Rora
Mr Donald Macarthur, Coirrecharmig
Mr Robert Macarthur, Callander
Mr Donald Macarthur, king's carpenter
Mr Arthur Macarthur, Greenock
Mr John Macarthur, Ballimeneach
Mr Duncan Macarthur, Tobermory
Mr Aulay Macaulay, Sandaig
Mr John Macaulay, Badintarbet
Mr Murdoch Macaulay, ſhip-maſter
Mr Donald Macaulay, Lenſheder, Lewis
Mr George Macaulay, Catterniſh, Lewis Iſland
Mr Niel Macbrayne, of Summer Lee, 3 copies
Mr Kenneth M'Callum, merchant, Glaſgow
Mr Dugald M'Callum, merchant, Greenock
Mr Donald M'Callum, merchant, Inverveach
Mr Hugh M'Callum, merchant, Campbelton
Mr John M'Callum, ſtore-keeper, Eaſdale
Mr Alexander M'Callum, cow-feeder, Edinburgh
Mr John M'Callum, Auchnafrie
Mr John M'Callum, Coileatir, Glenfaloch
Mr Edward M'Callum, Benglaſh, Glenfaloch
Mr Edward M'Callum, Crianlarach
Mr Donald M'Callum, tailor, Muckern
Mr John M'Calman, Portſonachan
Mr Donald M'Calman, Invernahile
Mr Andrew M'Carra, merchant, Edinburgh
Mr John M'Caſkill, ſurgeon, Sky
Mr Kenneth, M'Caſkill, of Ruduna, Sky
Mr Hugh M'Coll, Salchari
Mr Dugald M'Coll, Glaſgow
Mr Archibald M'Coll, Druimchoiſh
Mr John M'Coll, Druimchoiſh
Rev. Donald M'Coll, Inverco
Mr John M'Coll, Ballacheliſh
Mr Donald M'Coll, Glenahyle
Mr Donald M'Coll, Tayantobar

Mr Donald M'Cormick, Achoſragain
Mr Duncan M'Cormick, Achoſragain
Mr John M'Corquodale, writer, Inverary
Mr H. M'Corquodale, merchant, Greenock
Mr John M'Corquodale, merchant, Balabeg
Mr Duncan M'Corquodale, merchant, Oban
Mr Angus M'Cuaig, Cragaboſs, Iſlay
Rev. David M'Culloch, Strathfillan

Right Honourable Alexander Macdonald, lord of Slate
Colin Macdonald, Eſq. of Boiſdale, 4 copies
Mrs Macdonald, 2 copies
Lieut. Donald Macdonald, Boiſdale
John Macdonald, Eſq. of Kenlochmoidart
John Macdonald, Eſq. of Moror
Simon Macdonald, Eſq. younger, of Moror, 2 copies
Eneas Macdonald, Eſq. of Scothouſe, 2 copies
Mr Norman Macdonald, of Scalpa
Capt. Allan Macdonald, 84th regiment
Capt. M'Donald, 55th regiment
Capt. Charles Macdonald, at Airds
Lieut. Donald Macdonald, at Ayr
Lieut. James Macdonald, S. Uiſt
Lieut. William Macdonald, Blarich
Lieut. Angus Macdonald, junior, Milton
Lieut. R. Macdonald, 42d regiment, by Dornoch
Lieut. Duncan Macdonald, 15th regiment
Lieut. Alexander Macdonald, late 82d regiment
Adjut. Donald Macdonald, late 100th regiment, Dalchoſme
Enſign Angus Macdonald, late 84th regiment
Rev. Norman Macdonald, D. D. Ariſaig
Mr Coll Macdonald, of Bariſdale
Mr Donald Macdonald, of Broadford
Mr Ronald Macdonald, of Meable, 2 copies
Mr John Macdonald, ſheriff-ſubſtitute, Sky
Mr Donald Macdonald, factor for General Macleod
Mr John Macdonald, late of Crowlin

Mr Angus Macdonald, Milton
Mr Angus Macdonald, grocer, Edinburgh
Mr Donald Macdonald, of Lochanmoydart
Mr James Macdonald, Bororadale
Mr John Macdonald, cotton-ſpinner, Glaſgow
Mr Donald Macdonald, Bunaw
Mr Gilbert Macdonald, teacher, Campbelton
Mr Andrew Macdonald, merchant, Oraſaig
Mr Hugh Macdonald, Meuble
Mr Archibald Macdonald, Lagavuline
Mr John Macdonald, Sandaig
Mr James Macdonald, merchant, Portrie
Mr Angus Macdonald, merchant, Portrie
Mr Archibald Macdonald, Armidale
Mr Angus Macdonald, Coniſta
Mr Duncan Macdonald, ſmith, Portrie
Mr William Macdonald, poſtmaſter, Sconſier
Mr James Macdonald, Knock Slate
Mr Angus Macdonald, Gillen Slate
Mr Dugald Macdonald, Drimmore
Mr John Macdonald, merchant, Kildonan, S. Uiſt
John Macdonald Eſq. Borniſh
Mr Renald Macdonald, Borniſh, S. Uiſt
Mr Ewen Macdonald, Dreamiſdale
Mr Alexander Macdonald, Boiſdale
Mr Donald Macdonald, Balliſher
Mr Allan Macdonald, merchant, N. Uiſt
Mr Alexander Macdonald, Valay, N. Uiſt
Mr John Macdonald, Kyles, Bernara
Mr Niel Macdonald, Sandwick
Mr John Macdonald, of Strathy, Sutherland
Mr Angus Macdonald, Dalilea
Mr Peter Macdonald, Fort-Auguſtus
Mr Alexander Macdonell, Garva
Mr William Macdonald, Finelairg, Strathſpe
Mr Dun. Macdonald, Rinichulick
Mr William Macdonald, St. Martins
Mr Archibald Macdonald, glaſier, Edinburgh

Mr Donald Macdonald, Blair in Athol
Mr John Macdonald, Auchochar
Mr Alexander Macdonald, Brolofs
Mr John Macdonald, Bealachroy
Mr Donald Macdonald, Balranald
Mr John Macdonell, Aberardor
Mr Ranald Macdonell, Glenturatt
Mr Angus Macdonald, Cranachan
Mr Alexander Macdonald, Dalilea
Mr Donald Macdonald, Drimintorran
Mr Angus Macdonald, mafon, Fort-William
Alexander Macdonald, Efq. Glenco, 2 copies
Angus Macdonell, Efq. of Achtrichtan
Coll Macdonald, Efq. Dalnefs
Mr Aneas Macdonald, Achtrichtan
Mr James Macdonald, at Glenco
Mr Donald Macdonald, furgeon, Fort-William
Mr John Macdonald, junior, Duchamifs
Mr Angus Macdonell, Inch
Mr Ronald Macdonell, Keapach
Mifs Juliet Macdonell, Keapach
Mr Alexander Macdonell, M. Ap. Badanach
Mr Allan Macdonald, of Gallavy
Mr Archibald Macdonell, Brealaggan
Mr Angus Macdonell, Strathmafhie
Mr Donald Macdonald, Glenartney
Mr Alexander Macdonald, Penninerin, S. Uift
Mr Archibald Macdonald, Sanda.
Rev. James Macdiarmid, Weems
Rev. Hugh Macdiarmid, Comrie
Mr Angus Macdiarmid, preacher, Iflay
Mr Colin Macdiarmid, Glenure
Mr George Macdiarmid, Eafthaugh
Mr John Macdiarmid, Dunan, Rannach
Mr Dun. Macdiarmid, Kynnachanone
Mr Donald Macdiarmid, Archyle
Mr Archibald Macdiarmid, Kenknock
Mr John Macdiarmid, Tomchrocher

Mr Duncan Macdougall, Dunollie
Mr Allan Macdougall, writer to the ſignet, Edinburgh
Mr Patrick Macdougall, Gallanach
Rev. Dugald Macdougall, Lochgilthead
Mr Samuel Macdougall, younger, of Soroba
Mr Alexander Macdougall, ſtudent of philoſophy, Edinburgh
John Macdougall, Eſq. of Lunga
Mr Donald Macdougall, Lochfinehead
Mr John Macdougall, Clatich, Lochow
Mr Dun. Macdougall, Bridge-end, Iſlay
Mr John Macdougall, Pitlochry
Mr James Macdowall, ſurgeon, Fort-William
Mr Alexander Macdougall, Milton, of Artalanaig
Mr Dun. Macdougall, Crogan
Mr Allan Macdougall, Drimſaynibeg
Mr John Macdougall, Upper Fernoch
Mr Alexander Maceachan, Hovebeag, S. Uiſt
Mr John Maceachan, ſurgeon, Moydart
Mr Hector Maceachan, Pennineran, S. Uiſt, 2 copies
Rev. Ronald Maceachan, S. Uiſt
Mr Gilbert Macewen, teacher, Callander
Rev. Dun. Macfarlane, Perth
Rev. Alexander Macfarlane, Killfinan
Rev. John Macfarlane, Saoile
Mr Peter Macfarlane, drover, Glaſgow
Mr Robert Macfarlane, manufacturer, Luſs
Mr Donald Macfarlane, teacher, Glenary
Mr Patrick Macfarlane, teacher, Glenco
Mr William Macfarlane, Edindonich
Mr John Macfarlane, junior, merchant, Tarbert
Mr John Macfarlane, dyer, Connele
Mr Dun. Macfarlane, Blarcrine
Mr Dun. Macfarlane, Auchnagavan
Mr Norman Macfarlane, Gariſtock
Mr John Macfarlane, merchant, Glendochart

Mr Robert Macfarlane, Lix, Glendochart
Mr Peter Macfarlane, junior, Comrie
Mr Walter Macfarlane, General Excife-office, Edinburgh
Mr Charles Macfarlane, Auchnard
Mr Robert Macfarlane, teacher, Edinburgh
Mr Andrew Macfarlane, Auchroffan
Mr George Macfarlane, Auchroffan
Mr John Macfee, mufician, Inverary
Mr John Macfaiden, miller, Strathlachan
Rev. Jofeph R. Macgregor, Edinburgh
Capt. John Macgregor, Invernefs
Mr Robert Macgregor, ftudent of philofophy, Ardtrafkirt
Mr John Macgregor, teacher, Kinnoul
Mr John Macgregor, merchant, Kinnoul
Mr Robert Macgregor, factor to Rathimurchus
Mr John Macgregor, Glafgow
Mr Alexander Macgregor, Dalquhurn
Mr Dun. Macgregor, junior, merchant
Mr Robert Macgregor, Paifley
Mr Dugald Macgregor, Taynuilt
Mr John Macgregor, of the Cuftom-houfe, Invernefs
Mr Gregor Macgregor, Ardcheanrochdar
Mr Gregor Macgregor, Gartnafuara
Mr Gregor Macgregor, Ardnandave
Mr James Macgregor, Kirktoun
Mr Alexander Macgregor, Dalnahatnich
Mr Malcolm Macgregor, at Ovie
Mr Patrick Macgregor, Glentarkin
Mr James Macgregor, Garrechew
Mr Roderick Macgregor, tailor, Edinburgh
Mr Niel Macgibbon, writer, Inverary
Mr James Macgibbon, teacher, Killin
Mr Patrick Macgibbon, Windfor, Jamaica
Mr Alexander Macglafhen, mufician, Edinburgh
Mr John Macglafhen, teacher, Inverneadan
Mr Dugal Macglafhen, Stronchmore

Rev. John Mackeich, Tarbert
Mr Don. Mackeich, of Damſide
Mr John Machardy, Kingaſſie
Mr James Macintyre, of Glenoe, 4 copies
Capt. John Macintyre, late ſecretary to the Board of
Ordnance, Bengal, 4 copies
Donald Macintyre, Eſq. of Blarchoni, Glenartney
Donald Macintyre, Eſq. Blarmore
John Macintyre, Eſq. Murlakan, Balquhidder
Joſeph Macintyre, D. D. Glenorchy, 2 copies
Rev. Dun. Macintyre, Fort-William
Rev. John Macintyre, miniſter, Amalrie
Mr Samuel Macintyre, ſurgeon, Glenorchy
Mr John Macintyre, ſurgeon, Maryburgh
Mr Ewen Macintyre, of Drumafoor
Mr Archibald Macintyre, of Reſhpoll
Mr James Macintyre, writer, Gordonburgh
Mr James Macintyre, teacher, Glendochart
Mr Peter Macintyre, teacher, Inverarnan
Mr John Macintyre, junior, Craig
Mr John Macintyre, Stronmilochan
Mr John Macintyre, drover, Glaſgow
Mr Hugh Macintyre, drover, Glaſgow
Mr John Macintyre, Inverary, 8 copies
Mr Alexander Macintyre, merchant, Glaſgow
Mr Archibald Macintyre, dancing-maſter, Eaſdale
Mr John Macintyre, ſhip-grieve, Eaſdale
Mr Donald Macintyre, Cuſtom-houſe, Oban
Mr Donald Macintyre, Clachanſoile
Mr Donald Macintyre, ſawer, Glaſgow
Mr Donald Macintyre, Glaſgow
Mr Donald Macintyre, Dalchanan
Mr Donald Macintyre, Tullich
Mr Donald Macintyre, Narachan
Mr Donald Macintyre, Blair in Athol
Mr Donald Macintyre, gardiner, Inverary
Mr Donald Macintyre, officer, Inverary
Mr Alexander Macintyre, meſſenger, Inverary

Mr Peter Macintyre, Geddies's Clofe, Edinburgh
Mr John Macintyre, Inverary
Mr John Macintyre, gardiner, Inverary
Mr Malcolm Macintyre, Glafgow
Mr Malcolm Macintyre, fhoemaker, Glafgow
Mr Angus Macintyre, Glafgow
Mr Alexander Macintyre, Inverary
Mr Archibald Macintyre, gardiner, Paifley
Mr Dun. Macintyre, Kilblathan
Mr Alexander Macintyre, merchant, Fort-William
Mr Peter Macintyre, Kilblain
Mr Dun. Macintyre, innkeeper, Inverary
Mr Dun. Macintyre, Bunaw
Mr Duncan Macintyre, grocer, Edinburgh
Mr Dun. Macintyre, wright, Inverary
Mr Peter Macintyre, Kilblathan
Mr John Macintyre, merchant, Edinburgh
Mr John Macintyre, Kinnchrachin
Mrs Macintyre, Kinnchrachin
Mr James Macintyre, Mam
Mr Archibald Macintyre, Accurach
Mr Gilbert Macintyre, Duchail
Mrs Mary Macintyre, Lornfurnace
Mrs Mary Macintyre, Roxburgh's Clofe, Edinburgh
Mr Finlay Macintyre, dyer, Benderloach
Mr Dun. Macintyre, Dwo
Mr Malcolm Macintyre, Inverinanbeg
Mr Dun. Macintyre, Inverinanmore
Mr John Macintyre, Killchamanaig
Mr Archibald Macintyre, Dippen
Mr Jofeph Macintyre, carpenter, Oban
Mr John Macintyre, at Letter
Mr Archibald Macintyre, Drimliart
Mr John Macintyre, fenior, Glafghour
Mr John Macintyre, junior, Glafghour
Mr Patrick Macintyre, Glafghour
Mr Hugh Macintyre, Derinanfaor
Mr Duncan Macintyre, forrefter, Dalnefs

Mr Donald Macintyre, Inverellan
Mr John Macintyre, Dailchaderly
Mr Peter Macintyre, Inverellan
Mr John Macintyre, Kenlocheatie
Mr Duncan Macintyre, in Barr
Mr Peter Macintyre, Cadderlie
Mr Dun. Macintyre, of the Mally ſloop, Oban
Mrs Jean Macintyre, Ardachy
Mr Donald Macintyre, Ardachy
Mr John Macintyre, Ardachy
Mr Donald Macintyre, Achanrear
Mr Patrick Macintyre, Ruardchoirck
Mr Eugen Macintyre, merchant, Port, Appin, 4 copies
Mr Archibald Macintyre, miller, Taycharnan
Mr John Macintyre, Brecklet
Mr Duncan Macintyre, Gortanlongart
Mr John Macintyre, Kilchonnan, Iſlay
Mr Archibald Macintyre, tailor, Edinburgh, 4 copies
Mr Angus Macintyre, Carnach
Mr Duncan Macintyre, ſtore-keeper, Balicheliſh
Mrs Janet Macintyre, Dailchaiderly
Mr John Macintyre, Innvercharnan
Mr Ewen Macintyre, wright, Maryburgh
Mr Alexander Macintyre, Camuſnaherie
Mr Patrick Macintyre, Claſhfern
Mr Patrick Macintyre, writer, Fort-William
Mr Alexander Macintyre, Fort-William
Mr Duncan Macintyre, Fort-William
Mr Donald Macintyre, vintner, Fort-William
Mr Allan Macintyre, Maryburgh
Mr Duncan Macintyre, Drumafoor
Mr John Macintyre, Annate
Mr Peter Macintyre, Glendarual
Mr John Macintyre, Inveronich
Mr Niel Macintyre, Ardelniſh
Mr Donald Macintyre, Glaſgow
Mr Gilbert Macintyre, Leſmore
Mr John Macintyre, Badenach

Mr Samuel Macintyre, Coul, Badenoch
Mr John Macintyre, merchant, Kenmore
Mr Duncan Macintyre, Kenmore
Mr John Macintyre, merchant, Stuicks
Mr John Macintyre, Lagancha
Mr John Macintyre, Miggerney
Mr Malcolm Macintyre, Invercharnan
Mr Duncan Macintyre, Craigelik
Mrs Macintyre, Craigelik
Mr James Macintyre, Kenmore
Mr James Macintyre, ſmith, Killin
Mr Hugh Macintyre, Inverarnan
Mr John Macintyre, Dalchlachaig
Mr Donald Macintyre, Auchiner
Mr Patrick Macintyre, baker, Callander
Mr John Macintyre, Gartnafuran
Mr John Macintyre, junior, Glaſgow
Mr John Macintyre, Glaſgow
Mr Peter Macintyre, mariner
Mr Alexander Macintyre, Cannonmills
Mr John Macintyre, New Town, Edinburgh
Mr Duncan Macintyre, Tulibanuchar
Mr Malcolm Macintyre, Reſipoll
Mr John Macintyre, ſmith, Obarfoil
Mr Colin Macintyre, innkeeper, Edinburgh
Mr John Macinnis, Salachan
Mr John Macinnis, joiner, S. Uiſt
Mr Lachlan Macinnis, Drimfarn
Mr Donald Macinnis, junior, Bunrie
Mr Thomas Macilchonel, Little Port, Lochearn
Rev. Murdoch Maciver, Lochalſh
Rev. Colin Maciver, Glenelg
Mr Kenneth Maciver, merchant, Stornaway
Mr Alexander Maciver, ſenior, merchant, Stornaway
Mr Alexander Maciver, junior, merchant, Stornaway
Mr Donald Maciver, ſhip-maſter, Stornaway
Mr Roderick Maciver, ſhip-maſter, Stornaway
Mr Ewan Maciver, Greſs, Lewis Iſland

Mr Alexander Macintoſh, Glenelg
Mr George Macintoſh, Glaſgow
Mr Duncan Macintoſh, Rathimurchus
Mr Angus Macintoſh, merchant, Fort-William
Mr Alexander Macintoſh, teacher, Locharkaig
George Mackay, Eſq. of Bighouſe
Mrs Louiſa Mackay, Bighouſe
Mrs Mackay, of Barvas
Capt. John Mackay, Fort-Auguſtus
Dr Alexander Mackay, Kylſtrom
Mr Donald Mackay, of Eriboll
John Mackay, Eſq. of Borgie
Mr Robert Mackay, Glaſgow, 2 copies
Mr Hugh Mackay, writer, Campbelton
Mr Robert Mackay, Edinburgh
Mr Kenneth Mackay, Muckle Torboll
Mr Donald Mackay, Claſhady
Mr Hugh Mackay, of Clibrig, by Tongue
Sir Hector Mackenzie, Baronet, of Gairloch, 2 copies
Mr Kenneth Mackenzie, Dundonald, 4 copies
Thomas Mackenzie, Eſq. of Aplecroſs, 2 copies
Laurence Mackenzie, Eſq. collector of exciſe
John Mackenzie, Eſq. of Lentron, 2 copies
Capt. Alexander Mackenzie, 71ſt regiment, Rives
Lieut. John Mackenzie, of Guenard
Lieut. John Mackenzie, Aſſint
Enſign Alexander Mackenzie, Ledbeg
Enſign Alexander Mackenzie, Letterice
Rev. William Mackenzie, Aſſint
Rev. Lachlan Mackenzie, Lochcarron
Rev. Roderick Mackenzie, by Dingwall
Mr John Mackenzie, fiſh-curer, Cullaig, Aſſint
Mr Hector Mackenzie, of Inveraſpidale
Mr Thomas Mackenzie, of Langwell
Mr George Mackenzie, of Achnahaird
Mr Roderick Mackenzie, of Achvany
Mr Roderick Mackenzie, junior, Kiſhorn
Mr Murdoch Mackenzie, of Letterice

Mr Alexander Mackenzie, of Lochend
Mr Roderick Mackenzie, of Kernſary
Mr Colin Mackenzie, of Faſchrinich, Lochbroom
Mr William Mackenzie, of Eaſterfearn
Mr Colin Mackenzie, of Achilty
Mr John Mackenzie, of Kineray
Mr Charles Mackenzie, of Rikoy, Tore
Mr Thomas Mackenzie, of Ord
Mr Kenneth Mackenzie, Ledbeg
Mr Murdoch Mackenzie, Lukmilm
Mr Murdoch Mackenzie, Stronchrubie
Mr Donald Mackenzie, Skinet
Mr Hugh Mackenzie, teacher, Tongue
Mr Duncan Mackenzie, Eray
Mr John Mackenzie, merchant, Strath
Mr Kenneth Mackenzie, of Strathnaſhalg
Mr George Mackenzie, Kildonan, Lochbroom
Mr Alexander Mackenzie, of Badchro, Gairloch
Mr William Mackenzie, Skinidiae
Mr William Mackenzie, Pollew
Mr Murdoch Mackenzie, Inveraſpidale
Mr John Mackenzie, Balton
Mr Murdoch Mackenzie, Rivachan
Mr Donald Mackenzie, ſhop-keeper, Inverary
Mr Duncan Mackenzie, Campbelton
Mr Nicol Mackenzie, Glackeriſka
Mr Kenneth Mackenzie, Dachcairn, by Dingwall
Mr Peter Mackenzie, Paiſley
Mr John Mackenzie, waiter, South Bridge
Mr John Mackellar, Kilmun
Mr John Mackellar, Kilmun
Mr Malcolm Mackellar, Glaſgow
Mr Finlay Mackercher, Kerrewmore
Rev. John Mackilican, Dores
Mr Alexander Mackinlay, Cuſtom-houſe, Greenock
Mr Dun. Mackinlay, Anie
Mr John Mackinlay, Ardchillary
Mr Alexander Mackinlay, Kilmun

Rev. Donald Mackinnon, Strath
Lieut. John Mackinnon, Corrichatan
Rev. John Mackinnon, Glendarual
Mr John Mackinnon, Mibort, Strath
Mr Charles Mackinnon, Breckish
Mr John Mackinnon, Duisdale Beg
Mr Charles Mackinnon, Glasnokile
Mr John Mackinnon, Argyle-house
Mr Robert Mackinnon, tailor, Kilcolmonell
Mr John Mackown, Crortachony
Donald Maclachlan, Esq. of Clanlachlan, 2 copies
Major Lachlan Maclachlan, late 73d regiment
Lieut. Art. Maclachlan, Coultreville
Rev. L. Maclachlan, Inverary
Mr Dugald Maclachlan, surgeon, Glasgow
Mr Robert Maclachlan, of Dunda
Mr Alexander Maclachlan, merchant, Port-Glasgow
Mr Archibald Maclachlan, writer, Fort-William
Mr Alexander Maclachlan, deputy post-master, Fort-William
Mr Archibald Maclachlan, younger, of Craigantoirie
Mr Peter Maclachlan, of the late 74th regiment
Mr Donald Maclachlan, land-waiter, Greenock
Mrs Unnie Maclachlan, Bowmore
Mr Dun. Maclachlan, gardiner
Mr John Maclachlan, Aryhoulan
Mr Donald Maclachlan, Glensanda
Mr Lachlan Maclachlan, Kilbridemore
Mr John Maclachlan, Ballingry
Mr Donald Maclachlan, Laggan, Morvern
Mr Hugh Maclachlan, vintner, Tarbert
Mr Dugald Maclachlan, Coiruanain
Mr Dugald Maclachlan, Achnacraig
Mr Ewen Maclachlan, Achnacraig
Mr James Maclachlan, shoemaker, Edinburgh
Rev. James Maclagan, Blair in Athol
Mr John Maclagan, M. D. Taymouth
Rev. Archibald Maclay, Bute

Mr Angus Maclardy, Otter, Ferrey
Mr Lachlan Maclather, tailor, Islay
Dr Malcolm Maclaren, Inveresrigan
Mr John Maclauren, student of divinity, Ardtorinish
Mr John Maclaren, teacher, Bridge of Turk
Mr Alexander Macleran, messenger, Inverary
Mr Dun. Macleran, St. Catharine's
Mr Don. Maclaren, senior, merchant, Moulin
Mr Lachlan Maclauren, Inverleith
Mr Alexander Maclaurin, Edinburgh
Mr Archibald Maclaren, Blairgarie
Mr Dun. Maclaren, Dalveich
Mr Finlay Maclaren, merchant, Callander
Mr Peter Macleran, Ardveich
Mr John Macleran, teacher, Appine
Mr John Macleran, Stockwall, Glasgow
Mr Duncan Maclaurin, drover at Locheärnhead
Hector Maclean, Esq. of Trumpan
Donald Maclean, Esq. of Kingerloch, 2 copies
John Maclean, Esq. of Bororay
Lachlan Maclean, Esq. of Torloisk
Alexander Maclean, Esq. of Coll
Mrs Maclean, Coll
Allan Maclean, Esq. of Drimnan
Alexander Maclean, Esq. of Shuna
Mr Alexander Maclean, of Mingary
Capt. Lachlan Maclean, of Islamonk
Lieut. Angus Maclean, Cuidrach
Lieut. Murdoch Maclean, Greenock
Lieut. Hugh Maclean, Cliad
Lieut. Archibald Maclean, Scuir, Mull
Mr Andrew Maclean, surgeon, Mull
Mr Donald Maclean, clerk to the chamberlain, of Kintyre
Mr John Maclean, Glasgow
Mr Donald Maclean, Inverary
Mr John Maclean, Cluny
Mr Colin Maclean, Kingerloch

Mr Hector Maclean, Salachan, Ardgour
Mr Donald Maclean, Achalenny
Mr Donald Maclean, Crogan, Mull
Mr John Maclean, Crogan, Mull
Mr Hector Maclean, Ardfinaig
Mr John Maclean, Torrinbeg
Mr John Maclean, Lagan, Ulva
Donald Maclean, Efq. Iflamouik
Mr Allan Maclean, Crofspoll
Mr Archibald Maclean, Kilmoluag, Tyrie
Mr John Maclean, merchant, Ballaminach, Tyrie
Mr John Maclean, Gruline
Mr Niel Maclaine, of the Highland Society, London
Mr John Maclean, of Achdindrein
Mr Niel Maclean, Eafdale
Mr Archibald Maclean, Pennycrofs
Mr Godfrey Maclean, Elifter
Mr Niel Maclean, Breabift, Sky
Mr Hector Maclean, Vallin
Mr John Maclean, Edinbain
Mr Archibald Maclean, Heifker
Mr Niel Maclean, Ardfinaig
Mr Archibald Maclean, Sollas, N. Uift
Mr John Maclean, junior, Cluny
Mr Allan Maclean, Ruthven
Mr John Maclean, of Inverfcadle
Mr John Maclean, Quality-ftreet, Leith
Alexander Macleod, Efq. of Ullinifh
James Macleod, Efq. of Raafy
Mrs Macleod, of Raafy
Major Alexander Macleod, Dunvegan
Major Roderick Macleod, Balmeanach
Capt. Alexander Macleod, Cleggin
John Macleod, Efq. of Unifh
Lieut. John Macleod, junior, Unifh
Lieut. Norman Macleod, Gruile
Mr Malcolm Macleod, of Eyre

Dr Murdoch Macleod, of Eyre
Alexander Macleod, Esq. of Bay
Dr Macleod, Glasgow
Dr William Macleod, Luskentue
Mrs Macleod, Luskentue
Rev. Norman Macleod, Morven
Rev. John Macleod, Kenlocharkeig
Rev. Roderick Macleod, Bracadale
Rev. John Macleod, Harriss
Mrs Macleod
Mr Kenneth Macleod, of Swardle, Sky
Mr Murdoch Macleod, surgeon, N. Uist
Mr Roderick Macleod, of Balnacile
Mr Macleod, of Rogart, by Dornach
Mr Donald Macleod, junior, Arnisdale
Mr Norman Macleod, Drynach
Mr William Macleod, merchant, S. Uist
Mr Murdoch Macleod, Frasland, Sky
Mr William Macleod, of Hamir
Mr Niel Macleod, Gesto
Mr Alexander Macleod, Ferrinilea
Mr Norman Macleod, Balmore
Mr Malcolm Maclennon, ship-master, Stornaway
Mr Donald Maclennon, Bervie, Uig.
Rev. George Macleish, Saddle
Rev. John Macleish, Killchonnan, Islay
Mr John Maclulich, post-master, Tarbert
Duncan Macmillan, Esq. of Dunmore
Allan Macmillan, Esq. of Glenpeinmore
Lieut. Alexander Macmillan, Glenpeinmore
Rev. William Macmillan, Jura
Mr Daniel Macmillan, shoemaker, Glasgow
Mr Hector Macmillan, grocer, Glasgow
Mr Archibald Macmillan, Murlagan, Lochairkaig
Mr John Macmillan, Glengarry
Mr Angus Macmillan, merchant, Fort-William
Mr Alexander Macmillan, Murlagan
Mr Donald Macmartin, Corlarach

Fran. Macnab, Efq. of Macnab
Major-general Archibald Macnab
Lieut. Duncan Macnab, Roudle
Mr John Macnab, writer, Edinburgh
Mr John Macnab, Catnifh
Mr Alexander Macnab, Baron, Glenorchy
Mr Duncan Macnab, near Falkirk
Mr John Macnab, Barchaftlan
Mr Peter Macnab, Edindonich
Mr Malcolm Macnab, Barchaftlan
Mr Archibald Macnab, Campbelton
Mr Dun. Macnab, Sleoich
Mr Robert Macnab, Millmore
Mr Robert Macnab, Portend
Mr Archibald Macnab, Callender
Mr John Macnab, fenior, Callender
Mr John Macnab, junior, Callender
Mr Donald Macnab, fmith, Barachaftlan
Mr Daniel Macnab, piper to Macnab, of Macnab
Mr Daniel Macnaughtan, Edinburgh
Mr Dun. Macnaughtan, fchoolmafter, Muirtown
Mr Finlay Macnaughtan, meffenger, Stirling
Mr Duncan Macnaughtan, Glenlyon
Mr Dun. Macnaughtan, Meggernie
Mr Robert Macnaughtan, Inverarnan
Mr Dun. Macnaughtan, teacher, Callender
Mr Hugh Macnaughtan, Tarbert
Mr Duncan Macnaughtan, junior, Meggernie
Rev. Donald Macnicol, Lifmore
Mr Patrick Macnicol, Lifmore, 2 copies
Mr Archibald Macnicol, factor for Lord Stonfield
Mr Alexander Macnicol, Lambafh
Mr Dun. Macnicol, Achnafaundach
Mr John Macnicol, Corries, Glenorchy
Mr Nicol Macnicol, Achalader
Mr Archibald Macnicol, Carnwall
Mr Nicol Macnicol, Glafgow
Mr James Macnicol, Duiletter

Mr Alexander Macnicol, Sockoch
Mr Donald Macnicol, Arrichaſtlich
Mr Peter Macnicol, Paiſley
Mr John Macnicol, muſician, Glenorchy
Mr Donald Macnicol, ſmith, Port Appin
Mr Duncan Macnicol, Port Appin
Mr Donald Macnicol, Kirktoun
Mr Ronald Macnicol, Ruebodach
Mr John Macnicol, Ruebodach
Mr Archibald Macnicol, Inverary
Capt. Godfrey Macniel, of the Weſt Fencibles
Mr. Hector Macniel, Canna
Mr Roderick Macniel, Pabby, Harriſs
Mr John Macniel, Oranſay
Mr Dun. Macnie, Lochearnhead, ſhoemaker
Mr Alexander Macniven, Leittermore
Mr John Macnuior, Gargunnock
Sir John Macpherſon, baronet, 2 copies
Capt J. Macpherſon, of Benachar, Badenoch
Capt. Charles Macpherſon, Gordonhall, 2 copies
Capt. John Macpherſon, Invereſkie, 2 copies
Mr James Macpherſon, of Belleville, 2 copies
Lieut. Evan Macpherſon, Cullachie
Lieut. Hugh Macpherſon, Lochfinehead
Lieut. Donald Macpherſon, Gaſkmore
Enſign Allan Macpherſon, Fort-William
Mr Macpherſon, of Invernahaun
Rev. Martin Macpherſon, Sleat, 2 copies
Mrs Macpherſon, Sleat
Mr Peter Macpherſon, Callender
Mr Alexander Macpherſon, deputy barrack-maſter, Duort-caſtle
Mr Alexander Macpherſon, Couluſmore, 2 copies
Mr Alexander Macpherſon, Shion
Mr Kenneth Macpherſon, Gauloch
Mr Alexander Macpherſon, by Ruthven
Mr Donald Macpherſon, Laggan
Mr Evan Macpherſon, Ruthven

Mr John Macpherſon, Ballachroan
Mr John Macpherſon, Tomachlagan
Mr Andrew Macpherſon, Sawmiller
Mr Charles Macpherſon, Sherowbeg
Mr Alexander Macpherſon, Blaragy
Mr Evan Macpherſon, Muckoul
Mr Alexander Macpherſon, Taynluib
Mr John Macpherſon, Corychoily
Mr Alexander Macpherſon, Couſtone
Mr Duncan Macphail, Leadchary
Mr John Macphie, of Crief
Mr Donald Macphie, Fort-William
Rev. John Macqueen, Applecroſs
Rev. Allan Macqueen, N. Uiſt
Rev. Edmund Macqueen, of Barra
Mr William Macqueen, late of Carolina
Mr Murdoch Macqueen, of Skirriniſh
Mr Charles Macquarie, Lochbuy
Mr Archibald Macquilkan, writer, Campbelton
Mr Donald Macquiſtan, Campbelton
Mr Farq. Macrae, Inverinate
Mr Dun. Macrae, Inverinate
Mr Archibald Macrae, of Ardintoul
Mr Farq. Macrae, of Conchrae
Mr Dun. Macrae, junior, of Achtertyre
Rev. John Macrae, Glenſheil
Mr Peter Maccraw, merchant, Comrie
Rev. Hugh Mactaviſh, Inverchaolan
Mr John Mactaviſh, writer, Inverary
Mr Donald Mactaviſh, Acharn
Mrs Anna Nic-Thauſh, Maighdean-chiuil an Duin-eidean
Mr Archibald Mactaviſh, meſſenger, Inverneſs
Mr Donald Mactaviſh, Tomchrochar
Mr Donald Mactaviſh, Tirchardie
Mr Archibald Mactamſom, Eaſt Crigans
Mr Alexander Macturk, Achachar
Rev. Patrick Macvean, of Kenmore

Mr Charles Macvean, Tulloch
Mr Malcolm Macvean, merchant, Glenorchy
Mr John Macvean, Callort
Mr Peter Macvean, in Carnis, Glenaray
Mr John Macvean, Inifhdaive
Mr Alexander Macvean, Kenknock
Mr John Macvean, Botuarniemore
Mr Dun. Macvean, Botuarniebeg
Mr John Macbean, Fort-William carrier
Mr John Macvean, Inifhchaorach
Mr Patrick Macvean, Inifhchaorach
Mr James Macvean, Stirling
Mr Archibald Macvicar, poftmafter, Inverary
James Rivers Maxwell, Efq. of South Carolina
James Maxwell, Efq. Chamberlain of Mull
Mr Archibald Mathie, collector, Inverary
Mr Alexander Mathifon, of Attadale
Capt. Donald Mathifon, of Shinifk
Capt. John Martin, Hodigary
Rev. Donald Martin, Kilinuir
Mr John Martin, Carndow
Mr Thomas Manfon, Strachur
Mr Niel Marquis, grocer, Glafgow
Allan Mafterton, Edinburgh
Mr Farq. Mathifon, Attadale
Mr James Mathifon, Tulluch
Rev. Archibald Menzies, Dull, Appin,
Mr Robert Menzies, M. A. Edinburgh, 2 copies
Lieut. Menzies, Bolfracks
Mr Robert Menzies, writer, Edinburgh
Mr Archibald Menzies, merchant, Edinburgh
Mr John Menzies, Cuftom-houfe, Edinburgh
Mr Alexander Menzies, ftabler, Edinburgh
Mr Colin Menzies, Cuftoms, Greenock
Mr John Menzies, Farteyer
Mr John Menzies, writer, Edinburgh
Mr Alexander Menzies, Cofheville
Mr John Menzies, Innervare

Mr William Menzies, wright, Sheſtal
Rev. John Melvill, Dunoon
Rev. John Moncreiffe, miniſter of Rannach
Mr Matthew Moon, merchant, iſland of Bute
Rev. Mr Roderick Moriſon, Kintail
Mr William Moriſon, writer, Edinburgh
Mr Donald Moriſon, elder, Glaſgow
Mr Donald Moriſon, Tarbet, Harriſs
Mr James Moriſon, merchant, Stornaway
Mr Kenneth Moriſon, Stornaway
Mr John Moriſon, Druimchork
Mrs Moriſon
Mrs Moriſon, Tanira
Mr Hugh Moriſon, meſſenger, Kilbeg
Simon Munro, Eſq. London, 2 copies
William Munro, Eſq. of Achaniſs, by Dornach
Archibald Munro, Eſq. of Stuchtaghay
Mr William Munro, writer, Inverary
Rev. Hugh Munro, Uig
Rev. George Munro, S. Uiſt
Mr George Munro, of Rives
Mr Martin Munro, Paiſley
Mr Donald Munro, Glenary
Mr George Munro, Culrain
Mr William Munro, of the 55th regiment
Mr Robert Muirhead, merchant, Glaſgow
Rev. John Murdoch, Bowmore
Mr John Murchiſon, of Beclary, Glenelg
Lieutenant-colonel Alexander Murray
Mr Roderick Murray, of Suaniboſt, Lewis
Mr John Murray, Talliſkir, Sky
Mr George Murray, teacher, Sornaway
Mr James Murray, merchant, Edinburgh

## N

Robert Naſmyth, Eſq. advocate
Mr Kenneth Nicolſon, of Edirahile, Uig

Mr John Nicolſon, of Carniſh, Uig
Mr Donald Nicolſon, of Aird
Mr Patrick Nicolſon, Nuntoun, 2 copies
Mr John Nicolſon, Borline
Mr Malcolm Nicolſon, Scorbreak
Mr Malcolm Nicolſon, Kiltarlity
Mr Walter Nielſon, merchant, Glaſgow
Mr William Neilſon, Gartchoſan, Iſla

## P

Mr William Paterſon, ſtudent of divinity, Leſmore
Mr Peter Paterſon, writer, Glaſgow
Mr Lachlan Paterſon, brewer, Port Appin

## R

Alexander Robertſon, Eſq. of Strowan, 4 copies
Rev. James Robertſon, Callender
Alexander Robertſon, Eſq. collector of exciſe, Inverneſs
John Robertſon, Eſq. younger, of Tullibelton
Robert Robertſon, Eſq. younger, of Auchlecks
Dun. Robertſon, Eſq. of Trinafor
Capt. William Robertſon, younger, of Leod, 2 copies
Lieut. John Robertſon, of the 55th regiment
James Robertſon, Eſq. younger, of Kindrochit
Rev. Harry Robertſon, Kiltearn
Mr James Robertſon, controller of the cuſtoms, Stornaway
Mr Andrew Robertſon, merchant, Glaſgow
Mr John Robertſon, waiter, Inverary
Mr Andrew Robertſon, Glaſgow
Mr Niel Robertſon, Killmore
Mr Donald Robertſon, miller, S. Uiſt
Mr William Robertſon, Perth
Mr Robert Robertſon, Logurait

Mr Thomas Robertfon, Ballinliug
Mr Duncan Robertfon, Eafthaugh
Mr William Robertfon, Tulloch
Mr John Robertfon, teacher, Murlegan
Mr Peter Robertfon, vintner, Dalwhinie
Mr Niel Robertfon, Invercomrie
Mr James Robertfon, Tumble Bridge
Mr John Robertfon, Finlarig
Mr Daniel Robertfon, fox-hunter, Breadalbane
Mr Patrick Roberfon, fox-hunter, Cachladow
Mr William Robertfon, Teuchnouk, by Beauly
Hugh Rofe, Efq. of Actnock
Profeffor Richardfon, Glafgow
Rev. Robert Rofe, Invernefs
Rev. Walter Rofs, Clyne
Lieut. John Rofs, Ederton
Mr David Rofe, teacher, Lairg
Mr John Rofs, of Inveran, by Dornoch
Mr George Rofs, Midfearn, by Tain
Mr John Rofs, junior, merchant, Stornaway
Mr Roderick Rofs, tackfman, Cromore
Mr William Rofs, Lindall
Mr Alexander Rofs, carpenter, Strath
Mr William Rofe, teacher, Strathfillan
Rev. Thomas Rofs, Kilmanivaig
Mr Patrick Ranken, furgeon, Strontian
Mr John Ranken, fmith, Ballachelifh,
Mr Angus Ranken, Torgulbin
Mr John Reid, collector of the cuftoms, Stornaway
Mr David Reid, Pitlochry
Mr David Reid, Inch of Tullymit
Mr Mungo Reid, Braes of Fofs
Mr John Rowan, fhoemaker,

S

Duncan Stewart, Efq. of Ardfheal
Alexander Stewart, Efq. of Invernahyle

Lieut. Dugald Stewart, Invernahyle
John Stewart, Eſq. of Balachaoliſh
Colonel Allan Stewart, 2 copies
Capt. Dun. Stewart, Woodſide
Capt. James Stewart, Edinburgh
Mr James Stewart, of Derculich
Ronald Stewart, Eſq. of Faſnacloich
Mr Peter Stewart, of Tartneſs
Mr John Stewart, of Culroſs
—— Stewart, Eſq. of Ardvorlich
David Stewart, Eſq. of Glenbuckie
Robert Stewart, Eſq. of Gairth
Joſeph Stewart, Eſq. junior, of Foſs
Lieut. Stewart, of the Invalids, Fort-Auguſtus
Lieut. John Stewart, Iſhaig
Lieut. Duncan Stewart, Leck
Lieut. Kenneth Stewart, Sky
Mr Angus Stewart, Invereſragan
Enſign James Stewart, Killin
Rev. Patrick Stewart, Killin
Rev. John Stewart, Luſs
Alexander Stewart, Eſq. Fort-Auguſtus, 3 copies
John Stewart, Eſq. of Croſsmount
John Stewart, Eſq. of Shierglaſs
Gilbert Stewart, Eſq. of Foncaſtle
Rev. Charles Stewart, Strachur
Rev. Dun. Stewart, Balquhidder
Mr Duncan Stewart, deputy barrack-maſter, Fort-William.
Mr Adam Stewart, writer, Edinburgh, 2 copies
Mr Robert Stewart, writer, Edinburgh
Mr Alexander Stewart, Leck
Mr John Stewart, Lagnaha
Mr Charles Stewart, Coiliſnacon
Mr Robert Stewart, Achadaſhinaig, Mull
Mr William Stewart, teacher, Kenlochſpelre
Mr James Stewart, Eriſka
Mr David Stewart, Duniverig, Monteith

Mr Alexander Stewart, Shanochyle
Mr James Stewart, Offerance
Mr Dun. Stewart, Ardcheanrochdan
Mr Robert Stewart, Duart, Glenfinglafs
Mr John Stewart, Duart, Glenfinglafs
Mr James Stewart, Duart, Glenfinglafs
Mr Robert Stewart, Auchnahard
Mr Walter Stewart, Ederlackhie
Mr Alexander Stewart, merchant, Mouline
Mr John Stewart, merchant, Pitlochry
Mr Charles Stewart, Pitlochry
Mr Henry Stewart, of Balingry
Mr John Stewart, Blair in Athol
Mr Donald Stewart, Blair in Athol
Mr James Stewart, Blair in Athol
Mr Dun. Stewart, Blair in Athol
Mr Alexander Stewart, Blair in Athol
Mr John Stewart, Tighnafiad
Mr John Stewart, Pityoulifh
Mr John Stewart, Tempar, Elder
Mr William Stewart, junior, Dalchalloch
Mr Allan Stewart, Innerhaddan
Mr William Stewart, Perth
Mr Donald Stewart, Cafhlie
Mr Malcolm Stuart, Cambuflai
Mr Finlay Stewart, Multon, Eonan, Glenlyon
Mr Robert Stewart, Kirktoun, of Fortingale
Mr Duncan Stewart, joiner, Glenorchy
Mr Robert Stewart, Lochearnhead
Mr Alexander Stewart, merchant, Callander
Mr Dun. Stewart, Achlefkin
Mr Donald Stewart, Craickinifh
Mr Alexander Stewart, Ifhaig
Mr Dun. Stewart, Ardfhell
Mr Don. Stewart, fenior, Achnacon
Mr Don. Stewart, junior, Achnacon
Mr John Stewart, Achnacon
Mr James Stewart, Shuna

Mr Allan Stewart, drover, Glafgow
Mr Peter Stewart, drover, Glafgow
Mr John Stewart, Portnecroifh
Mr John Stewart, Achnadarrach
Mr Allan Stewart, Coull, Appin
James Stewart, Efq. Fafnacloich,
Mr Allan Stewart, Colifnacon
Mr Peter Stewart, at Clathick
Mr Sohn Stewart, Tempar, Rannach
Mr John Stewart, merchant, Edinburgh
Lieut. John Scobie, Glendow
Lieut. John Scobie, Milnefs
Dr Hugh Scobie, Ardmore, by Tain
Mr Kenneth Scobie, Achmore, Affint
Mr James Scot, merchant, Moulin
Mr Alexander Scot, Mulleon
Mr Finlay Scot, Balagulan
Mr James Scot, Kingaffie
Lieut. Donald Shaw, Harrifs
Mr Angus Shaw, Dunvegan
Mr Alexander Shearer, officer of excife
Mr Robert Sinclair, merchant, Greenock
Mr Duncan Sinclair, teacher, Dalavich
Mr Archibald Sinclair, Glenorchy
Mr Donald Sinclair, Croitachruaran
Mr Angus Sinclair, Kilchrinan
Mr Alexander Sinclair, Kilchamaig
Mr John Sinclair, Balleveollan
Mr Archibald Sinclair, Paifley
Mr John Sinclair, Taymouth
Mr Hugh Sinclair, miller, Roro
Mr Archibald Sinclair, Auchiner
Rev. John Smith, Campbelton
Mr Donald Smith, Lochgilphead
Mr Patrick Smith, merchant, Glenorchy, 2 copies
Mr Niel Smith, tailor, Glafgow
Mr Archibald Smith, Crunnachy
Mr John Spalding, Mouline

Mr Thomas Stevenſon, Oban
Mr F. Stobie, Dunkeld
Rev. Alexander Stronach, Lochbroom
Mrs Stronach
Mr Thomas Stoddart, Killinan
Mr Donald Stalker, merchant, Comrie
Major George Sutherland, of Rierchar
Mr David Sutherland, of Debidale
Mr James Sutherland, of Uppat
Mr Robert Sutherland, Clyne, Milnton

## T

Right Honourable George Hay, Marquis of Tweedale, 2 copies
Profeſſor Thorkeline, of Copenhagen
Mr William Taylor, writer, Dornach
Mr Daniel Thomſon, merchant, Edinburgh
Mr Alexander Thomſon, grocer, Edinburgh
Mr Dugald Thomſon, Achrear
Mr Patrick Thomſon, ſerjeant, late Weſt Fencibles
Mr Dugald Thomſon, Dunoon
Mr John Tolme, Dunvegan
Mr Thomas Tolme, Dunvegan
Mr Coll Turner, ſmith, in Luſs
Mr Martin Turner, portioner of Druimlie
Mr Donald Turner, Druimlie
Mr John Turner, in Bovuy
Mr Dugald Turner, Barbreck

## W

Rev. John Widrow, Iſlay
Mr Da. Urquhart, Brelangwell
Mr James Wallace, Blair in Athol
Mr Alexander Weir, merchant, Paiſley
John Wright, Eſq. advocate

Mr John Wright, Nicolson's Square, 4 copies
Mrs Wright, 2 copies
Mr Archibald Wright, druggist, Glasgow, 6 copies
Mrs Wright, 2 copies
Mr Malcolm Wright, of Glenmowing
Mr John Wright, junior, merchant, Glasgow
Mr John Wright, gardiner, Anderston
Mrs Wright
Mr John Wright, farmer, Glasgow
Mr John Wright, merchant, Lochowside
Mr John Wright, tailor, Paisley
Mr Donald Wright, vintner
Mr Peter Wright, gardiner
Mr Dun. Wright, Paisley
Mr William Wright, Fort-William
Mr George Wyllie, surveyor of the customs, Stornaway
Mr Alexander Wyllie, ship-master, Stornaway

## Y

Mr Thomas Young, student of divinity, Collinsay
Mr Robert Young, tailor, Garengill
Mr William Young, farmer, Stennymuir
Mrs Jean Young, Cornrigg

THE END.

*Oran Jain Faochag. Le D. Macantsaoir.*

Jain Faochag ann an Saſſunn,
Smor a mhaſladh is a mhichliu:
Chaill e na bhaige do chairdean,
'S tha naimhdean air cinntinn lion'or,
Ge b' fhada theich e air aſtar,
Chaidh a ghlaca, 's tha e cioſnaicht,
Chairich iad e fo na glaſſan,
'S tha niuchair taiſgt aig maor a phríoſuin.

Tha e niſe' 'n aite cumhann
'Se na chruban dubhach deurach
A chas daingeann ann an iarunn
Ga phianadh is e na eiginn;
Baſadh dha bhi ann ſan fhia'rus
Na 'n iargain a tha na chreubhaig,
S' e 'n ſin o cheann cór as bliadhna,
A h uile la ag iarruidh réite.

Ach na'm faidhe' tuſa reit'e,
An eirig na rinn thu ſheanachas,
Baobhar miſnich do gach beiſt é
Gu'm feudadh iad fein do leanmhuinn;
Fear gun ſeadh gun laodh gun reaſan,
Sann ſan eacoir a tha tearbſa,
Theann thu mach o achd na cleire,
'S thug thu moid nach eiſd thu Searmain.

Thug thu di-meas air air an Eaglais,
Air a Chreidimh 's air na faínndean
Chuir thu breugan air an Trionaid,
'S air na h iartaſan a dh'ág iad;
Tha e nis na ghnothach coſail,
A reir an t ſhoiſgeil tha mi cláiſinn
Gun a chuir thu cul ri ſochair,
Na ſaorſainn a choiſinn air Slanuigh'ear.

Chuir thu cúl ri'd mhoidean-baiſde,
'S mor a maſla' dhuit an áicheadh,
Chaill thu chuirt am biodh an ceartas
Raoinich thu 'm peacadh na háite

Ghleidh thu 'n riaghailt ſa'n ſeol ſtiuraidh,
A bh'aig Judas do dhearbh-bhrathair,
'S mor an ſgainnil air do dhuthaich,
Thuſa bhruit gu'n d'rinn thu fás innt.

Ach ga do Sheallta huile doire
Cha raibh coille riamh gun chríonach,
'S tha fios aig an t ſaoghal uile
Nach bi choill uile cho direach :
S' tuſa chraobh tha'n diaigh ſeachda,
Gun chairt, gun mheangain, gun mheuran
Gun, ſnothach, gun bhri gun duilleach,
Gun rúſg, gun urad nam freumhan.

'S tu 'n teun a chaidh ſan deachamh,
'S e'n nead creacht' an deacha t' fhagail,
'S tu 'm fitheach nach d' rinn an ceartas,
A chaidh air theachdaireachd o'n airce :
'S tu 'm madadh-alluidh gun fhiaclan
'S mairg a dhiarradh bhi mar tha thu,
'S tu 'n Ceann-cinnidh aig na biaſtan,
As tha gach duin a 's fhiach a tair ort.

Cha 'n ioghnadh leam thu bhi'd bhalaoch
Is bhi ſalach ann ad nádar
O'n a lean thu ris an duthchas
A bh' aig na ſgiurſairean o'n d' thain thu
'S tu an tiſean a fhuair an túmaidh
Ris an t ſiurſaich air na ſráidean,
Si 'n droch-bheirt a thog ad chloinn thu,
Sann ad ſhlaoightire chaidh t árach

Thoiſich thu 'n toiſeach gu hioſal,
Air a chrine 's air a bhocluduinn,
'Sé 'n donas a thug dhuit bhi ſpórſail,
'Sann bu choir dhuit bhi gad choiſneadh ;
'S olc nach d' fhan thu aig do dhú'chas,
Ad bhriu'air a bruich nam poitean,
A cumail dibhe ris gach Grudair
Nuair a dhruitheadh iad na botail.

Bha thu greis ad thím ad Bhaigeir,
'S laidh thu 'n fhad ſin air na cairdean,
A bhi' oidhch ann ſgach tigh as duthaich,
A dhuraigeadh cuid an trath dhuit;
Mhead ſa bha do dh' ainmheach ortſa,
Chuir thu cuid nam bochd ga phaidheadh
Ciod é nis' a chuir an ſtoc thu,
Ach an robaireachd ſa mheirleadh.

Shaoil thu ga'm faitheadh tu achain
Bu mhaſlach ga'm biodh i'd thairgſe,
Cead ſuidhe 'm Parlamaid Bhreatan,
Gun chiall gun cheartas ad teanachinn;
Duine dall a chaidh air ſeachran,
Nach eil beachdail air na s'fhearr dha,
Le comhradh, tubaiſdeach tuiſleach,
'S le ſior dhroch thuiteamas cearbach.

Duine gun fhearann gun oighreachd,
Gun ni gun ſtaoile gun airgiod,
Gun bheus gun chreideamh gun chreideas,
Gun ghin a chreidis a ſheanachas;
Duine miſgeach briſteach breugach,
Burri tha na bheiſd ſna ainmhidh,
'S trioblaid inntin air itheadh deiſneach,
Gu tric a teumadh a chroidhe chealgaich.

Tha thu ſonraicht ann ad chonan,
A togail conais a mioſg dhaoine.
Cha chualas roimhe do choimeas,
A bhi dhonas air an t ſaoghal,
Ach an Naitheir an Gara-Edain,
A mheall Eubh aig bun na craoibh
A chomhairlich gu buain a mhios i
A dh' fhag ris an Cinnea'-daoine.

Thoiſich thu 'n toiſeach ſan eucair,
Ag innſeadh bhreugan air Ri'-Deorſa,
Cha chreid duine uait an ſgeul úd,
'Scha d' thoir iad eiſdeachd ad cho'radh;

'S beag a dhruitheas do dhroch dhurachd,
Air oighr' a chruin is na córach,
Sa liuthad neach a tha gu toileach,
A toirt onorach ga mhorachd.

Ga beag ortsa Moroir Loudin,
Baithne dhamhsa 'n fónn o'n dh' fhas é,
Duin-uasal fuiſinneach fonn'ar,
Criodh cónnar, aigneadh arda,
Seanailear air thus na harmailt,
A bha ainmeil ann sna blaraibh,
Cha mhisd é madadh air bhaitheal
A bhi tabhunnaich an trás'ris.

'S górach a labhair thu moran
Air cúl Jarlo Bhoid an tamnunn,
Co'ſball onorach le firinn,
A seasamh na rioghachd gu laidir,
'S e gu hard urramach priseil,
Ann an cuirt an Riogh sna Banriogh'n,
Achaindeoin na Faochaig 's na 'm biasdan,
Leis am b' fhiach dol ann am pairt ris.

Bhruithin thu gu leir mu Albainn,
'S b' fhearr dhuit gu 'm fanadh tu samhach,
Na 'n d' tigeadh tu choir na 'n garbh chrioch
Bu mhairg a bhiodh ann ad aite,
Bhiodh tu 'm priosan re do lathan,
Dh' aindeoin na ghabhadh do phairtse,
'S an eiric na rinn thu dhroch-bheirt,
Bheirte chroich mar ghalair bais duit.

Cha 'n ioghnadh dhuit bhi fo mhulad,
Fhuair thu diom gach duin an ál so,
Se sin fhein a bha thu coisneadh,
'S creutair crosd thu o'n dh' fhas thu,
'Slionar mio-run ann ad chuideachd,
Mallachd na Cuigse sa Phap ort;
Mallachd an tsaoghail gu leir ort,
Sino mhallachd fhein marri' cach ort.

FHUAIR mi Sgeul air Muintir Hoptoun,
Cha ſgeul beag, e.
Is Dona b ſ hiach iad riamh an togail,
Sluagh nach freagradh
Gealtairean nan eadan boga
Siol na bleide,
A dh iarras paighe's, nach dean obair
Leis an Eagal.

Dhiarradh orra dol do Shaſgan
Ann Chinſeal Cogaidh,
Gu faigheadh iad ſaor An t Aiſeag,
Air ghaol ſocair,
Leag iad ar Caoineadh 's air baſraich
S'trom an oſnaigh,
Tha iad ren ſaoghal ſu mhaſladh,
Dh' f haiteadh an Crochadh.

Ma gheibh na Gaidhail an tairgſe
Fhuair na daoine ud,
Cha ſoradh iad druim no fairge,
Le ſeol gaoithe,
Siuibhlaidh iad Saſgan is Albain;
Sunntach eatrom
Gun fhiamh gun eagal gun Chearbaich,
Gun Leiſg Saoithrech.

Sliochd nam fineachan is ainmeil
Tha ar an t Shaoghal,
Is mor an Cruadal a bha ann earbſadh
Riu'a Daonnan,
Is onair d'ar Duthaich gun d fhalbh
Sibh thighin an taobh ſo,
S'ann an traths tha Cuis re dhearbhadh,
Is cliu ra fhaotain.

CRIOCH.

## *Oran na'm Balgairean.*

Ho hu o ho na Balgairean,
O's ainmig iad ri'm faotain:
Ho hu o ho na Balgairean.

MO bheannachd aig na Balgairean,
A chionn bhi fealg nan Caorach.
Ho hu o ho, &c.

A'n iad na Caoirich cheann-riadhach,
Rinn aimhreit fea' an t saoghail?
Ho hu o ho, &c.

Am fearann a chur fas eirnn,
Is a mal a chuir an daoiread.
Ho hu o ho, &c.

Cho'n eil ait aig Tuathanach,
Tha bhuannachdſan air claonadh.
Ho hu o ho, &c.

Is eiginn dha bhi fagail,
An ait ann ſan ro' dhaoine.
Ho ha o ho, &c.

Na Bailtean is na h Airidhnean,
Am faighte blas is faoileachd.
Ao hu o ho, &c.

Gun Taighean ach na Laraichean,
Gun aiteach air na Raointean.
Ho hu o ho, &c.

Tha h uile ſeol a b' abhaiſt,
Ann ſa Ghaidhealtachd air caochladh.
Ho hu o ho, &c.

Air cinntin gu mio-nadura,
'S na h aiteana' bha aoidheil.
Ho hu ho, &c.

Cho'n eil Loth no Lair,
'Bhiodh fearach lamh ra taobh ann.
Ho hu o ho, &c.

Cho'n eil Aighean dara.
Bhios ag arach an cuid Laogh ann.
Ho hu o ho, &c.

Cho'n eil feum air Gruagaichean,
Tha h uile buail air fgaoileadh.
Ho hu o ho, &c.

Cho'n fhaigh Gille tuarafdal,
Ach Buachaile nan Caorach.
Ho hu o ho, &c.

Dh'fhatbh na Gabhair phrifeil,
Bu Righ a dh' ordaich faor iad.
Ho hu o ho, &c.

Earba bheag na duflain,
Cho duifgear i le blaoghan.
Ho hu o ho, &c.

Cho'n eil Fiadh air fuaran,
O'n chaill na h Uaiflean gaol doibh.
Ho hu o ho, &c.

Tha gach Frigheir fuafgailte,
Gun duais a cheann a fhaoithreach.
Ho hu o ho, &c.

Is diombach air an duine me,
A ni na Sionnaich aoidhreadh.
Ho hu o ho, &c.

A chuireas Cu g'an ruagadh,
No thilgeas luaithe chaol orr'.
Ho hu o ho, &c,

Gu ma slan na Cuileinean,
Tha fuireach ann an saobhaidh.
Ho hu o ho, &c.

Na'm faigheadh iad mo dhurachd,
Cho churam dhoibh cion saoghail,
Ho hu o ho, &c.

Bhiodh pifeach air an oigridh.
Is bhiodh beo gus am marbhadh aois iad.
Ho hu o ho na Balgairean,
O's ainmig iad ri'm faotain:
Ho hu o ho na Balgairean.

*Oran do Iarla Bhraidealbuinn 's da Reiseamaid.*

I.

DEOCH slainte an Iarla cuir dian nar caramh
'S mo gheibh sinn lan i, gum fag sinn falamh i
Nuair thig i oirne gu'm bi sinn ceolar
'S gu n' gabh sinn orain 'ga th' ol gu saramach.

II.

'S e 'n t' arman suairce a ghluas a Bealach leinn
S' na sar dhaoin-uaisle r'a ghualainn mar ris ann
O n' dh-eirich sluagh leat gu feum 'sa chruadal
Areir do dhualchais bithidh buaidh a dhain-deoin leat

III.

Gur deas am fiuran air thus na n' gallan thu
'Scha ghabh thu curam, roimh ghnius na'n aineolach
Le 'd cho'llain ura 's thu fein gan 'stiutadh
A's fir do dhuthcha, ri d' chul mar bharantas.

IV.

'Stu ceann na riaghailt' atha ciallach carthannach
Na daoine a thriall leat gur briatha am pannal iad
'Stu thog na ciadan a shliochd uam Fiantan
'S 'an am a ghniomha, bu dian sa charraid iad.

V.

Ma thig na Francaich a nan do 'n fhearann so
Bheir sinne tra dhoibh cion fath an aithreachuis
Theid cuid gu bas dhiu 's cuid eile baite
Mu'm faigh iad bata 's mu'm fag iad thairis sinn

VI.

On' fhuair sinn gunnachan, gur ullamh ealamh iad
'S cha 'neilgin uille dhiubh nach freagair ainneal dhuinn
Cha'n fhaic na cuirinean, dol sios na chunthart dhiobh

'S

'S gur rioghail urramach a dhioladh falachd iad.

VII.

Nuair theid gach treun fhear na eideidh ceannartach,
Le'n armuibh gleusda co gheur 'sbu mhath leinn iad
Bithidh iomad creuchdan l'em buillibh beumnach
Cha leigheas leigh iad 's cha ghleidh e 'n tanam riu.

VIII.

'Si sin a gharbh bhratach, a dh' fhalbh o'n bhaile leinn
'S iad fir Bhraidealbuinn gu dearbh a leanas i
Fir ura, chalma, atha luthar meamnach
Ma dhuisgear searg orra 's mairg a bheanas dhoibh

IX.

Tha connspuill araid a Braigh ghlinnfallach Leinn
A shuair buaidh larach sgach aite sann do tharruing iad
Le luchd an lamhaich ri uchd an namhaid
Bithidh cuirp sann araich air lar gun charrachadh.

X.

Cuid eile an phairti, gu dan le fearalachd
Theid lionmhor laidir san aite a gheallas iad
Fir shuntach dhaicheil a grund Earr' ghaidheal
Nach diult 'sna blaruibh le lamhach cairiseach.

XI.

Na hurrachaich eireachdail len urrachair sgallanta
Cuir suas nam peillearainn nach cuallas mearrachdach
S iad buaghar iommairteach s cha dualehas giorrag dhoibh
Sann ruaig cha tilleadh iad sgur cruaidh len lannadh iad

XII.

Na huaislean eilleannach sann uainn nach fannadh iad

S

S ſirr chuartach beinne iad ſ air chuan nam marra-
ichin
Luchd bhualladh bhuillean iad ſa ſhuair an turram
ſin
Sa fuaim an gunnaireachd cho luadh ri deallanaich.

XIII.

'Sann tha ar naimhdean 'ſan am ſo amaideach
'Sa mhiſneach ard tha 'nar ceann, 's a dh' fhanas
ann
Tha 'n Riogh ag earbſadh gun diol ſibh argh'maid
Le ſtri na h' armailt mar dhearbh ar 'nathraichean

XIV.

Nuair thog iad ſrol 's na ſir mhora tarruing ris
'S o 'n fhuair iad eolas ar ſoghlum cabhagach
Cha 'n fhaicear comh luath, do ghaiſgich oga
Am feachd Righ Deorſa, aon phor thug barrachd
orra

XV.

Tha 'n ſamhradh blath ann, o'n dh' fhag an t-ear-
rach ſinn
Ma ni ſinn camp, 'ſe bhitheas ann dhuinn fallain-
eachd
Tha ni ar glean tuibh, cha bhi ſinn gann dhiubh
'S gur lionmhor gall atha cuir aird air aran dhuinn

XVI.

'S e'n togail intinn co ghrinn ſa b-'aithne dhamh
Bhi 'n cuirt an Righ gun bhi ſtri ri ſgalagachd
Cha dean ſinn feoruich air tuille ſtorais
'S cha teirig lon dhuinn ra'r beo air Gearaſdan

CRIOCH.

*Rann do Chloithidh Riomhach.*

GUM bu ſlan do laimh an Iarla, a chuir am‘ charamh
An cloithidh a fhuair me di-ciadain, ann am Bealach,
Stailinn chruadhach, buadhar, ciat‘ach ‘ſe geur tana
Nach lub ‘s nach leumadh ‘s nach bearnadh, ‘s nach gabh camadh
Cloithidh cuil a choiſind cliu, ged‘ fhuair e a dh‘ fheuchainn
‘Stric a thug e buille druiteach le laimh threubhaich
‘Sar cheann ileach laidir dionach, ‘s lann da reir fin
Ghearradh e ubhal air uiſge le fior-gheiread
Cloithidh li-ghorm na‘n tri chlaiſean, fhuair a-chleachda ris na creuchdaibh
B‘ fheirde duin uaſal ua ghlaic e, no‘mbiodh e‘ ſa‘n fheachd ag eiridh
‘S deas a laitheadh e air gaiſgeach, nuair a reachadh e ceart ‘na eideadh
‘S bhiodh ‘ga ghiulan ‘an crios gualann air uachdar breacain an fheilidh
‘Nuair a bha ‘n ſaoghal air aimhreit, ſann ſa‘ champ a ‘ſtric a bha e
‘Scha do chuir riamh fear a ghiulain, cul r‘a namhaid
Gach duine a tharruing a truail e, ſann air a bha buaidh gach larach
‘Se ‘s fearr a thainig riamh a cearduich, ‘ſa rinneadh le Andra Fearara
‘Se rinn Andra ‘n obair chiatfhach, a thoilicheadh miann gach Gaidhil
,S eireachdail a air an‘ tſliaſaid, ‘s cha mhioſadh gu gniomh ſan laimh e
Bha e tamull aig na Fiannan daoine fiadhaich ann

's na blaruibh
'S, rinneadh e'n toiſeach do Dhiarmad, 's ann ag Sliochd Dhiarmaid a tha e.

CRIOCH.

## LUINNEAG.

HO ri il, Ho io a, Ho u il, Ho re
Is he hillin ho ro a ho, hi urabh ho re, &c.
Sann a baidhreach ſinne mun ionnad ſo an de
Air traigh obair' rein a g amharc na reiſe.
Ho ri il, &c.
Bha na piobairin ullamh is bha n drumma na gleus
Na feiddagan ceolmhor gu boidheach ri beus.
Ho ri il, &c.
Sin a gol do dheoch laidir na beairde ſinn f'hein
Los nachfaigheadh mid maſladh tighin dachidh nar ceill.
Ho ri il, &c.
Deoch ſlainte naird chorneil tha oirne gu leir
Gum paigh ſin gu deonach s gun ol ſinn gu re.
Ho ri il, &c.
Sann a fhuair e na fiurain na dhuth channan fhein
Tha cruaidh a nam ruſgaidh air chul nan arm geur
Ho ril il, &c.
S le n gunnachan du, ghorm is ſpuir ura nan gleus
A nam loſgadh an fhudair cho diultadh aon te
Ho ri il, &c.
Bha n ſuaicheantas araid ſ na harmain da reir
Breid ſroil ri crannarda is torc laidir nach geill
Ho ri il, &c.
Nuair a ſgaoileadh a bhrattach is ſar ghaiſgich na deigh
Bu mhaith antus feachd iad thabhairt amach an re-treut.

Ho

Ho ri il, &c.

Sann a theid na fir ura gu siubhlach gufeum
Siad uasal nan giulan s bu lughar an ceum.
Ho ri il, &c.

Bu bhoidheach remfaicsin air faithchidh glan re
Na fir oga lem breacain air am pleitadh an fheill
Ho ri il, &c.

Smairg namhaid a thachradh air na lasgairin treun
Gleidhidh cruadalnan gaidheal buaidh larach dhoib fhein.
Ho ri il ho ro a ho u il ho re
Is he hillin, ho ro a ho, hi, hurabh, ho, re.

CRIOCH.

1794
1524
270

6